Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis

Diardaoin 24 Cèitean 2012 @ 1.30f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air a cumail ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis bho 1.30f, Diardaoin 24 Cèitean 2012

Clàr Chùisean

2.2012.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
(e)	Geàrr-chunntas neo-dhearbhte bhon choinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Airson Fiosrachaidh

2.2012.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas 2012: Prògram aig an ìre seo	Airson Fiosrachaidh
(c)	Sgoil Shamhraidh Dhràma 2012: Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(d)	Còig Latha - tachartas còmhnaidh Gàidhlig: Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(e)	Molaidhean airson Seirbheis Ealain Ghàidhlig ann am Foghlam: Taisbeanadh	Airson Deasbaid
(f)	Iarrtas ballrachd aig Fèis an Rubha	Airson Aontachaidh

2.2012.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2012-13	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Airson Fiosrachaidh
(c)	Tabhartasan nam Fèisean 2012-13	Airson Fiosrachaidh
(d)	Cunntasan Ràitheil gu 31 Màrt 2012	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(e)	Dreach chùmhnant le Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean 2012-15	Aithris Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(f)	Maoin bho ùghdarrasan ionadail: Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(g)	For-tharraing bho Bhanca Dhail Chluaidh	Airson Aontachaidh

2.2012.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a)	Sgeama Tabhartasan Fèisean nan Gàidheal: Taisbeanadh	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

2.2012.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Aithisgean Luchd-Obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Coinneamh Bhliadhnail & Co-labhairt 2012; Beachdan nam ball mu phròg ram	Airson Deasbaid agus Aontachaidh

2.2012.06 EILE

(a)	Ceann-latha na h-ath choinneamh	Airson Aontachaidh
(b)	Coinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Pàipearan tro phost-d a-mhàin

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal, Inbhir Nis bho 2.00f, Diardaoin 23 Gearran 2012
Àireamh air a' chlàr chùisean: 2.2012.01(c)

1.2012.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair
Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Bernard Bell, Donnchadh MacGuaire, Seònaid NicDhòmhnaill, Peigi NicIllFhinnein, Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Dougie Beck (an làthair – eadar-theangachadh), Maria NicAonghais (an làthair – taisbeanadh)

(b) Leisgeulan
Art MacCarmaig, Fiona NicIain, Norma Gunn, Ùisdean Robasdan, Elaine Spence, Agnes Rennie (CnES), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ann Marie Reid (HIE), Iain Mac a' Ghobhainn (Alba Chruthachail)

Leugh Anne Willoughby teachdaireachd bhon Chomhairliche Agnes Rennie agus i ag ràdh gun robh i duilich nach b' urrainn dhi a bhith an làthair aig coinneamh a' Bhùird an-diugh. Chan eil i a' dol a sheasamh mar thagraiche ann an taghadh na Comhairle sa Chèitean agus mar sin cha bhi i a' riochdachadh Comhairle nan Eilean Siar tuilleadh air a' Bhòrd againn. Bha i a' guidhe gach soirbheachadh do dh'Fhèisean nan Gàidheal san àm ri teachd.

Chuir Catrìona fàilte air Peigi NicIllFhinnein chun a' chiad choinneimh aice mar bhall den Bhòrd.

Rugadh gille beag do Chalum Ailig Mac a' Mhaoilein agus a bhean o chionn ghoirid agus chuir am Bòrd meal-a-naidheachd orra.

Thugadh fa-near do mar a bha Art MacCarmaig gu bhith far obair fad cola-deug. Thuirt Buill a' Bhùird gun robh iad an dòchas gum biodh e a' faireachdainn nas fheàrr ann an ùine nach biodh fada.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 8 An Dùbhlachd 2011 a sgaoileadh. Mhol Donnchadh MacGuaire gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Bernard Bell a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann
Aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd chaidh bruidhinn air iPads a cheannach do Bhuill a' Bhùird, a bhiodh a' ciallachadh nach fheumamaid Pàipearan a' Bhùird is eile a sgaoileadh ann an cruth pàipeir tuilleadh.

Dh'fheòraich Bernard Bell an robhar fhathast an dùil sin a dhèanamh.

Thuirt Anne Willoughby gun robhar fhathast an dùil iPads a cheannach ach gun robh sinn a' feitheamh gu deireadh na bliadhna ionmhais gus dèanamh cinnteach gun robh airgead gu leòr fhathast sa bhuidseat airson sin.

1.2012.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal
Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu ruige seo, air cur an gnìomh Pròram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Bha am pròram seo stèidhichte air cùmhnantan le HIE, Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus ùghdarrasan ionadail airson 2011-12. Bha adhartas math ri fhaicinn anns a' mhòr-chuid de na raointean obrach.

Bhruidhinn Anne Willoughby mu phròiseactan a bha fhathast air an comharrachadh fo na dathan Òmar is Dearg:

Àir. 1.3: A' gleidheadh na h-àireimh de dhaoine òga a tha a' dol an sàs sna Fèisean agus clasaichean air a' Ghàidhealtachd aig 3,179 ~ bha am figear seo stèidhichte air an àireimh iomlan ann an 2010/11. Bidh fios againn air an àireimh iomlan airson na bliadhna seo aig deireadh a' Mhàirt nuair a gheibh sinn am fiosrachadh uile.

Àir. 1.15: A' lìbhrigeadh trèanadh do 30 Fèisean gach bliadhna agus do co-dhiù 75 luchd-teagaisg agus luchd-eagrachaidh ionadail nam Fèisean ~ tha sinn an dùil an targaid seo a choileanadh ach cha bhi sinn cinnteach às na h-àireamhan chun a' Mhàirt.

Àir. 1.19: Sanasachd is Margaideachd. Thugadh fa-near do mar a tha leabhraichean nam Fèisean gan reic sa bhùth air-loidhne againn agus aig na Fèisean fhèin. B' e as motha a bha a' ceannach leabhraichean bhuainn airson an reic, Highlander Music. Bidh Comhairle nan Leabhraichean a' ceannach beagan leabhraichean ach cha bhi mòran. Thuirt Donnchadh MacGuaire gum biodh e a' dol gu Coinneamh a' Bhùird aig Comhairle nan Leabhraichean a dh'aithghearr agus gun togadh e a' chùis mu na leabhraichean againn aig a' coinneimh oir 's e dòigh mhath a bhiodh ann tuilleadh leabhraichean a reic. Feumaidh sinn coimhead air dòighean/cothroman eile gus an reic agus coimhead air stuthan eile a nì sanasachd air ar n-obair.

Àir. 2.1: A' leudachadh na h-àireimh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig, agus sinn a' tòiseachadh leis an àireimh 2,384. A-rithist tha sinn an dòchas gun soirbhich leinn a thaobh seo, ach cha bhi sinn cinnteach às na h-àireamhan gu deireadh a' Mhàirt.

Àir. 2.11: B' e targaid HIE a bh' anns a' mholadh sgrùdadh a dhèanamh air obair Fèisean nan Gàidheal, agus air cho iomchaidh agus èifeachdach agus a bha obair na buidhne, agus b' e HIE fhèin a bha a' dol ga dhèanamh. Chan eil mòran de choltas ann a-nis gu bheil sin a' dol a thachairt.

Àir. 3.2: Cothroman a thaobh chùmhnantan airson Iomairt Chiùil na h-Òigridh ann an sgìrean eile ~ Fhuair sinn fios bho Chomhairle Lodainn an Iar agus iad a' faighneachd am b' urrainn dhuinn an cuideachadh le pròiseact gus ceòl traidiseanta a thoirt a-staigh do na clasaichean YMI aca. Ma thachras seo cuidichidh e le bhith coileanadh na targaid seo.

Thug am Bòrd fa-near do na puingean seo agus bha iad toilichte gun robhar a' coileanadh an uiread de thargaidean sa Phròram.

(b) Fèis Bhlais 2012

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh leis an fhiosrachadh as ùire mu phlanaichean airson Blas 2012. Seach nach robh Art an làthair, bhruidhinn Calum Ailig Mac a' Mhaoilein mun phròiseact. Cuideachd chaidh fios a sgaoileadh mu na tachartasan a bha a' dol air adhart le cinnt aig an ìre-sa. Bha tachartasan eile ann a bhathar an dòchas a chumail ach dh'fheumamaid maoineachadh a bharrachd fhaighinn mus deigheadh iad sin air adhart.

Chaidh iarrtas a chur a-steach gu Alba Chruthachail airson £50,000 agus bha sinn an dòchas gun cluinneamaid an do shoirbhich leinn ro dheireadh a' Mhàirt.

Bha Donna NicRath trang ag obair air a' phròram, agus bha i cuideachd, ann an co-bhuinn ri buidhnean eile, ag obair air a' Phròram Oideachaidh.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don obair a rinneadh gu ruige seo.

(c) Pròiseactan Dràma 2011-12: Fiosrachadh ùr

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh ùr mun adhartas a rinneadh mu

choinneimh amasan a' phròghraim dràma sna sgoiltean, agus na cois bha an clàr-ama airson na cuairt aig Meanbh-Chuileag agus iad air a' chuairt sin an-dràsta fhèin.

Nam biodh gin de an Buill ag iarraidh a dhol gu tachartas Mheanbh-Chuileag, bu chòir dhaibh fios a chur gu Dougie Beck no Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a chuireas cùisean air dòigh dhaibh leis na sgoiltean a tha an sàs ann.

Dh'innis Calum Ailig Mac a' Mhaoilein mu na bha a' tachairt a thaobh nam pròiseactan dràma: a' chuairt aig Meanbh-Chuileag, bùithtean-obrach le Aonghas MacLeòid ann an sgoiltean an Eilein Sgitheanaich is Loch Aillse agus planaichean airson Sgoil Shamhraidh 2012.

Tha Dougie Beck cuideachd air a bhith trang ag obair le sgoiltean ann an Loch Abar is Earra-Ghàidheal, agus e a' cumail bhùithtean-obrach agus gan cuideachadh le bhith sgrìobhadh dhealbhan-cluiche. Thèid an aon dealbh-chluich deug a shealltainn ann an Talla a' Chorrain san Òban air 1 Cèitean agus tha fàilte mhòr ron a h-uile Ball den Bhòrd nam biodh iad ag iarraidh a dhol ann. Thèid tuilleadh fiosrachaidh mun tachartas seo a sgaoileadh nas fhaisge air an àm.

Chuir Dougie Beck an cuimhne dhaoine seach gur e seo an 10mh ceann-bliadhna aig Meanbh-Chuileag mar phàirt de dh'Fhèisean nan Gàidheal, bhathar an dòchas taisbeanadh dràma sònraichte a chur air nas fhaide air a' bhliadhna mar chomharra air sin – ach cha deach aontachadh fhathast dè buileach an cruth a bhios air sin.

Thug am Bòrd taing don a h-uile duine a bha an sàs sna pròiseactan dràma airson an cuid dìchill is spàirn.

(d) Tachartas Gàidhlig Còmhnaidheach: Fiosrachadh ùr

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird mun tachartas Ghàidhlig chòmhnaidheach agus bhruidhinn Calum Ailig Mac a' Mhaoilein mun phròiseact.

Thèid an tachartas a chumail eadar 9-13 Giblean anns na Gearrannan, Càrlabhagh, Eilean Leòdhais. Chaidh fiosrachadh a sgaoileadh am measg nan àrd-sgoiltean aig toiseach na bliadhna agus chan eil àite air fhàgail a-nis. Bidh 16 sgoilearan a' gabhail pàirt ann (12 clann-nighean, 4 ghillean). Tha a' mhòr-chuid aca air a' chiad no an dàrna bliadhna san àrd-sgoil le duine no dithis a tha nas sine, agus tha iad a' tighinn bho air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (bho àiteachan mar Baile Dhubhthaich, Inbhir Pheofharain, Inbhir Nis, Malaig agus Uibhist).

Bidh na sgoilearan a' dèanamh diofar rudan mar croitearachd, iasgach, còcaireachd, ealain, gearradh na mòna, ceòl agus seinn. Bidh tachartasan eile ann cuideachd mar Chèilidh agus farpais-cheistean.

Thugadh buill fa-near don adhartas agus bha iad toilichte gun do sheall an uimhir de dheugairean ùidh sa phròiseact.

(e) Pròiseact nan Òran Ùra: Fiosrachadh ùr

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh air adhartas a rinneadh a thaobh a' phròiseict airson òrain ùra a thathar a' ruith ann an co-bhuinn ri Watercolour Music.

Thuirt Calum Ailig Mac a' Mhaoilein gun robh an ceann-latha airson cur a-staigh airson àite sa phròiseact seo air 17mh Gearran agus gun d'fhuaras ceithir iarrtasan.

Bha am Bòrd den bheachd gur e pròiseact air leth inntinneach a bh' ann agus gur e cothrom air leth a bhiodh ann don fheadhainn a bha gu bhith an sàs ann.

1.2012.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is cosgais 2011-12

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn a' Bhuidseit airson teachd-a-steach agus cosgaisean bho agus gu Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 am Màrt 2012, agus a' sealltainn nan suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg suas gu 31 Am Faoilleach 2012.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil: £4,356.83
- Cunntas Àrd-rèidh: £143,975.09
- Cunntas Bhlais: £1,749.53

(c) Tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2011/12

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2011-12, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu 31 Am Faoilleach 2012.

Chaidh grunn thabhartasan a phàigheadh agus feumar gach iarrtas airson tabhartas ann an 2011/12 a bhith againn ro 31 Màrt 2012.

Tha sinn a' dol a choimhead air na tabhartasan airson Uairean Bliadhnail a chaidh a phàigheadh agus thèid maoineachadh sam bith nach deach a chosg a chur mu choinneimh chosgaisean eile.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(d) Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 Dùbhlachd 2011

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 31 Dùbhlachd 2011, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(e) Buidseat 2012-13

Chaidh dreach den Bhuidseat airson Teachd-a-steach is Cosgaisean ann an 2012-13, a dheasaich Art MacCarmaig is Anne Willoughby, a sgaoileadh agus chaidh aontachadh leis a' Bhòrd.

Dh'fhaighnich Donnchadh MacGuaire an robh an luchd-obrach uile ann an sgeama peinsein. Thuirt Anne Willoughby gun robh cothrom aig a h-uile neach-obrach a dhol an sàs san sgeama againn ach bha e an urra riutha fhèin an dèanadh iad sin. Tha reachdas ùr aig an Riaghaltas a bhios ga chur an gnìomh sa Ghiblean a bhios a' ciallachadh gum feum a h-uile duine pàigheadh a-steach gu sgeama peinsein.

(f) Tabhartasan do dh'Fhèisean 2012-13

Chaidh aithisg a dheasaich Anne Willoughby a sgaoileadh a bha cur an cèill nan tabhartasan do dh'Fhèisean ann an 2012-13. Thugadh fa-near do mar a bha ìsleachadh 10% sa mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar agus do mar nach d'fhuaras dearbhadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid dè bhiodh iadsan a' toirt dhuinn.

Bhathar a' dèanamh gach oidhirp feuch am biodh na tabhartasan aig an aon ìre agus a bha iad ann an 2011/12, ach chaidh na tabhartasan airson cuid a chlasaichean a lùghdachadh beagan.

Aon uair 's gum faigh Fèisean na litrichean le tairgse, faodaidh iad tilleadh gu Fèisean nan Gàidheal gus bruidhinn mun t-sùim a fhuair iad agus dragh sam bith a dh'fhaodadh a bhith aca mun sin.

Fhuair Fèisean a tha a' cleachdadh Uairean Bliadhnail tabhartas air an son, agus feuchaidh

sinn ri dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig an uiread 's as urrainn de dh'Fhèisean orra.

Chaidh aontachadh gun toireadh Anne Willoughby taisbeanadh seachad aig an ath choinneimh den Bhòrd air dè an siostam a bh' ann airson a bhith a' toirt thabhartasan do na Fèisean, ciamar a bu chòir dhuibh cur iarrtas a-steach airson tabhartasan agus mar sin air adhart. Bheir sin tuigse nas fheàrr do Bhuill a' Bhùird air mar a tha cùisean ag obair.

Ghabh Buill a' Bhùird ris na tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2012/13.

(g) Adhartas a thaobh Aonta le Iomairt na Gàidhealtachd & nan Eilean 2012-15

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Art MacCarmaig le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird mu chòmhraidhean le HIE mu dheidhinn na taice a bheir iad dhuinn bhon Ghiblean 2012. Tha HIE a' tabhann suas ri £480,000 (£170,000 ann an 2012-13, £160,000 ann an 2013-14 agus £150,000 ann an 2014-15).

Feumaidh sinn maoineachadh a lorg ann an àiteachan eile ma tha sinn a' dol a lìonadh a' bheàirn a bhios ann air sgàth nan gearraidhean.

Thugadh Buill a' Bhùird fa-near don fhiosrachadh seo.

(h) Dreach de dh'Aonta le Alba Chruthachail 2012-15

Chaidh aithisg agus dreach de dh'aonta le Alba Chruthachail a dheasaich Art MacCarmaig a sgaoileadh. Chaidh dreach de Chùmhnant a chur gu Alba Chruthachail agus aon uair 's gun tèid aontachadh bu chòir don Chathraiche againn a làmh a chur ris. Thèid suimeannan a phàigheadh gach ràithe bhon Ghiblean.

Ghabh Buill a' Bhùird ris a' chùmhnant agus thug iad ùghdarras don Chathraiche làmh a chur ris às leth a' Bhùird, aon uair 's gun gabh Alba Chruthachail ris.

Thug am Bòrd taing do dh'Art airson na h-obrach cruaidhe a rinn le bhith deasachadh a' chùmhnaint.

1.2012.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Aithisg Bhliadhnail air Làimhseachadh Cunnairt

Chaidh aithisg a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird mu làimhseachadh cunnairt taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal. Bhruidhinn Anne Willoughby mu na cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann agus mar a thèid an comharrachadh agus dèiligeadh riutha.

Dh'aontaich am Bòrd gun robh iad riaraichte gun tugadh fa-near do chunnartan agus gun robhar a' dèiligeadh riutha mar bu chòir.

1.2012.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Taisbeanadh le Maria NicAonghais, Oifigear Leasachaidh

Thug Maria NicAonghais, an t-Oifigear Leasachaidh airson Loch Abar, taisbeanadh seachad mu a h-obair còmhla ri Fèisean ann an Loch Abar, Glaschu agus siorrachd Pheairt.

Tha i a' gabhail uallach airson nam Fèisean a leanas: Fèis Eige, Fèis nan Garbh Chrìochan, Fèis Lochabair, Fèis Òigridh na Mara, Fèis Ghleann Albainn, Fèis Ghlaschu, Fèis Innis an Uillt agus Fèis Lannraig a Tuath.

Tha Fèis an t-Sratha air a dhol a-mach à bith ach thathar an dòchas gun tòisich Fèis eile ann an sgìre Pheairt.

Chaidh gu math do dh'Fhèis nan Deugairean a chuir Fèis Lochabair air dòigh, chaidh a chumail san Dàmhair agus ghabh 15 pàirt ann. A thuilleadh air na clasaichean àbhaisteach airson ionnstramaidean is obair buidhne, chaidh tòrr obrach a dhèanamh air na meadhanan.

Chaidh tachartas maidne a chumail o chionn ghoirid ann am Baile a' Chaolais an lùib Fèis Teaghlaich. Rinn na h-inbhich Ùlpan, agus bha Sgioba-G ann airson beagan dràma is geamannan, agus bha cròileagan ann cuideachd. Ged nach robh cus dhaoine ann, chòrd e ris an fheadhainn a bha an làthair. Bhathar an dòchas tachartas eile den aon seòrsa a chumail ann an àite eile.

Bha Maria trang a' cuideachadh le bhith ag ullachadh airson Fèis Alba agus a' Chèilidh air Chuairt airson na bliadhna-sa.

Tha Fèis Lochabair an dùil Làithean Fèise a chumail gach ràithe a bheireadh cothrom don chloinn obair le diofar oidean.

Tha Fèis Ghlaschu an dòchas Fèis nan Deugairean a stèidheachadh.

Tha Maria air a bhith ag obair còmhla ri Iomairt Ghàidhlig Loch Abar air diofar phròiseactan, gus bileagan a sgaoileadh, agus tha i air a bhith a' cuideachadh le Gàidhlig.

Bhathar cuideachd a' coimhead ri Fèis a stèidheachadh san sgìre faisg air Obar Pheallaidh.

Thug Buill a' Bhùird taing do Mharia airson taisbeanadh air leth ùidheil a thug sealladh gu math soilleir dhaibh air a h-obair san sgìre aice.

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

Chaidh tè a sgaoileadh le Art MacCarmaig cuideachd mun obair aige mar oifigear leasachaidh airson Fèis Rois. Bha am Bòrd fìor thoilichte leis mar a bha dol don obair a bha Fèis Rois a' dèanamh còmhla ri clann ann an Sgoil Dhrumainn. Thog Donnchadh MacGuaire dragh mu mar nach robh mòran oileanaich Ghàidhlig a' sealltainn ùidh ann am Fèis Rois nan Oileanach. Dh'fhaodadh gu bheil grunn nithean a' toirt buaidh air an seo.

Bhruidhinn Peigi NicIllFhinnein mun obair a tha Jenna a' dèanamh còmhla ri Comataidh Ionadail Mòd Bharraigh agus bha i a' smaoineachadh gum faodadh cothroman a bhith ann, ann an sgìrean eile far am faod comataidhean airson Mòdan ionadail is Fèisean nan Gàidheal obair còmhla. Thuirt Calum Ailig Mac a' Mhaoilein gun robh e a' coimhead ris a' chùis seo.

Thug am Bòrd taing don luchd-obrach airson na h-obrach aca.

(c) Coinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt 2012

Thèid a' Choinneamh Bhliadhnail agus a' Cho-labhairt againn a chumail air 21/22 Sultain 2012. Bhruidhinn sinn ris an Taigh-òsta West End sa Ghearasdan mu bhith gan cumail an sin, agus thuirt iad gun robh iad comasach air sin a dhèanamh. Thug iad dhuinn prìs ghlè mhath airson àiteachan-fuirich, seòmraichean coinneimh, dìnnear is eile.

Dh'aontaich am Bòrd gun deigheadh a' Choinneamh Bhliadhnail is Co-labhairt a chumail san Taigh-òsta West End, sa Ghearasdan.

1.2012.06 EILE

(a) A' dearbhadh ceann-latha na h-ath choinneimh

Chaidh aontachadh gun deigheadh an ath choinneamh a chumail air 24 Cèitean nar n-Oifisean ann an Inbhir Nis.

Thuirt Seònaid NicDhòmhnaill nach b' urrainn dhi a thighinn a dh'Inbhir Nis, ach gum biodh e comasach dhi pàirt a ghabhail sa choinneimh air a' fòn. Bu chòir do bhall sam bith eile a bha ag iarraidh pàirt a ghabhail air a' fòn sin innse dhuinn.

Seach nach robh gnothach sam bith eile, chuir an Cathraiche crìoch air a' choinneimh le bhith toirt taing do Mharia airson an taisbeanadh aice agus do Dougie Beck airson eadar-theangachadh.

Fèisean nan Gàidheal

Unapproved Minutes of the meeting of the Executive Group held on Thursday 10 May 2012 from 10.00 am via telephone conference

Àireamh air a' chlàr chùisean: 2.2012.01(e)

EX1.2012.01 PRELIMINARIES

(a) Present

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Moreen Pringle (Fèisean nan Gàidheal Business Officer).

(b) Apologies

Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Morag Anna MacLeod (Highland Council), Ann Marie Reid (HIE).

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

Minutes of the meeting held on 22 November 2011 had been circulated and were approved.

(d) Matters arising

There were no matters arising not already on the Agenda.

EX1.2012.02 PROGRAMME UPDATES

(a) Fèisean (verbal –Arthur)

The Easter Fèisean had all taken place and been well attended with numbers being up for most of them. Fèis an Earraich had offered Ùlpan courses for some of their tutors which had been successful. They had also offered a media course for teenagers which had been enjoyed by those taking part.

The offer letters for 2012-13 grants had been issued. Most had now been returned although a few were outstanding and were being chased up. A couple of Fèisean had queries about the level of grant they had been awarded and this was being dealt with.

The new Fèis Dates leaflet had now been finalised and would be sent to the printers later in the week.

(b) Blas Festival 2012 (verbal – Arthur)

Plans for Blas 2012 were progressing well. Unfortunately our application for funding to the Year of Creative Scotland had been unsuccessful. The Blas programme of events had been prepared based on the budget currently available. Additional sponsorship funding was being investigated. Additional events would be added to the programme if monies become available.

The Blas launch will take place in Eden Court on 21 June (invites will be issued nearer the time).

Tickets for Blas events are currently on sale via the Blas Website and the official printed brochure will be available by the time of the Launch.

A further update on Blas will be brought before the Board at the Meeting on 24 May.

(c) YMI (verbal – Arthur)

Arthur advised that YMI had been within budget for 2011-12 and was going well.

The Highland Council DVD of YMI work was now finished and had been launched in mid-March. Arthur will have a copy for Board Members at the meeting on 24 May.

West Lothian Council have approached Fèisean nan Gàidheal asking if we would assist them in expanding the Traditional Music Tuition in their area. Arthur is going to be meeting with them to discuss this proposal further. The possibility of extending YMI into the Western Isles was also being investigated.

(d) Còig Latha Residential Event (verbal –Arthur)
The residential event had taken place from 9 – 13 April in Gearrannan, Carloway, Isle of Lewis. There had been 16 participants who had been involved in music and song tuition as well as activities such as crofting, fishing, cooking, art and peat cutting.

The participants had thoroughly enjoyed the week and had got a lot from it in terms of tuition and enhancing their language skills etc.

Calum Alex had worked very hard to put this week together and thanks went out to him. He had also received a tremendous amount of support from the local community.

The event had received good media coverage and Jenny Forbes who had been helping out over the week had filmed various parts and it was hoped to make these available via our Website and You Tube.

The funding is currently in place to hold another similar event, probably at the same time next year. This will probably take place in the same venue as it works well, however the potential is there to hold similar events in different areas and these would be looked at afresh.

(e) Gaelic Drama (verbal –Arthur)
The work with schools, after-school clubs and Stòrlann is all going well.

The Drama Festival had taken place recently in Oban. 115 pupils from 7 schools had been involved and 10 plays had been performed.

Sgoil Shamhraidh Dhràma 2012 will take place in Portree in July. There are 12 people registered already and the closing date is 18 May. The final performance will again take place in Sabhal Mòr Ostaig in conjunction with the Fèis Alba Cèilidh Trailers.

(f) Cèilidh Trails (verbal – Arthur)
The auditions for this year's Cèilidh Trail groups had all taken place. Nicola Simpson is now trying to firm up all the performance dates so that the Ceilidh Trails leaflet can be produced.

There have been problems with LEADER funding being very slow to pay out. All the claims are up-to-date we are just waiting for the funding to come in. This is the final year of the LEADER funding so we will have to investigate alternative funding for the future.

Fèis Fhoirt were successful in getting two years of Creative Scotland funding to run a Cèilidh Trail in their area. Fiona Johnston spoke about the possibilities of taking their cèilidh trailers to Aberdeen for a performance, workshop etc. She was going to discuss the proposals with Calum Alex.

(g) Gaelic Song-writing project (verbal – Arthur)
The Gaelic song-writing project had recently taken place in conjunction with Watercolour Music. Four participants had been involved, spending one weekend song-writing and another weekend recording the songs. Copies of the songs had not yet been received but are due soon. It is hoped to put clips up on our Website and You Tube.

Arthur advised that he and Calum Alex are also looking into another potential project to enable young people to collect and record traditional songs. A grant application would be made to the Heritage Lottery Fund.

EX1.2012.03 FINANCIAL ISSUES
(a) Income and Expenditure 2011-12 (circulated - Anne)
A report on Income and Expenditure for 2011-12 had been circulated.
Anne advised that everything was mostly on budget and that some funding was still due in from other Agencies. Andy Cumming is currently working on the Management Accounts and these should be ready shortly and will be available at the forthcoming Board meeting.

(b) Income and Expenditure 2012-13 (verbal - Anne)
A written report had not been circulated as there had not been much expenditure in April but this would be available at the forthcoming Board meeting.

Core funding from Creative Scotland and Bòrd na Gàidhlig had been received and the first payment from Highland Council is due shortly.

(c) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:
- £5,267.58 in the Current account
- £165,993.37 in the High Interest account
- £4,251.08 in the Blas account

(d) Grants to Fèisean 2012-13 (circulated - Anne)
A report showing the grants awarded to Fèisean (and those paid out to date) had been circulated. As it is the start of a new financial year there has not been much claimed to date.

Some Fèisean have still to return their letters of offers and until such time as these are received we will be unable to pay them any grant monies.

An updated copy of the report will be brought before the Board later in the month.

(e) Funding Overview 2012-13 (verbal – Arthur)
Arthur gave an overview of the financial funding for the current year. The HIE and HC grants had remained the same. There was a 10% cut in the CnES funding and the Argyll & Bute Council contribution had yet to be finalised. A meeting to discuss a Service Level Agreement with them is due to take place on 21 May.

Calum Alex and Iona are currently applying to Colmcille for funding towards the Cuairt nam Bàrd project. This forms an annual tour of poets and musicians. A group from Scotland had recently visited Ireland for their leg of the tour and it was now our turn to organise the Scottish leg. It is intended to hold this during Blas week so that the events can be included in the Blas programme. This project will also tie in with Fèisean nan Gàidheal's international Working criteria.

Fèisean nan Gàidheal need to find a further £13,000 over the year but Arthur is confident this can be achieved. We will need to look into future fundraising over the coming years as our funding from other agencies may be reducing.

EX1.2012.04 STAFFING ISSUES (verbal – Arthur)
All staff appraisals had now taken place – except for Anne's which Arthur would be doing shortly. Arthur would need to make arrangements for his own appraisal to be done too.

Jenna Morrison has advised that she is expecting a baby in November – congratulations to her & her husband Benji.

Angus MacLeod got married recently in Inverness – best wishes were sent to him and his new wife Angela.

EX1.2012.05 DEVELOPMENT ISSUES
(a) Draft Agreement with HIE 2012-15 (circulated - Arthur)
A copy of the Draft Agreement had been circulated. Arthur and Anne had met with Ann Marie Reid of HIE to go over the agreement and discussed some amendments to it.
Ann Marie had been happy with the proposed amendments and was going to discuss them further with HIE's legal team. If the revised agreement is received in time it can be discussed and, hopefully, signed off at our Board Meeting later in the month.

(b) Annual Conference 2012 (verbal – Anne)
Anne advised that our Annual Conference/AGM will take place in the West End Hotel, Fort William on 21/22 September 2012.

(c) Board Membership (verbal –Arthur)
It was noted that Catriona MacIntyre, Maggie Cameron and Fiona Johnston, among others, are due to stand down from the Fèisean nan Gàidheal Board in September. Arthur is going to look into the proposals for Board Membership to ensure that we have a good strong Board in place with suitable skills to oversee the organisation. It is not intended to change the current procedure of electing Board Members from the Fèisean as this ensures that it is the Fèisean that govern the organisation.

EX1.2012.06 BOARD MEETING
(a) Agenda items for forthcoming Board meeting
As well as the usual Agenda items there would be:

- HIE Agreement
- A presentation by Anne Willoughby on the Grants Scheme
- Discussion on the proposed Programme for the AGM/Conference
- A presentation on our proposed Arts & Education Service

EX1.2012.07 GENERAL
(a) AOCB (verbal)
No other items of business were raised.

(b) Date and venue of next meeting
The next Executive Group Meeting will be held by phone conference on Wednesday 5 September at 10.00 am.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air na gnìomhan ann am pròram obrach na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES), Comhairle Earra Ghàidheal agus Bòid (CEB) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh cùmhnantan maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart nach ruighinn targaidean.
Ò (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh.
G (Uaine) = Air targaid.

Àir.	Dleastanas sa Phlana Leasachaidh	An Urra ri	Comharran Coileanaidh/Toraidhean	Adhartas	Ìre
1	**LÌBHRIGEADH SHEIRBHEISEAN**				
1.1	Seirbheisean	A h-uile duine	A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo. Bidh sinn a' toirt taic ri 45 Fèisean ann an 2011-12 agus, ged a tha sgioba nas lugha againn, bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre. An-uiridh dh'ùraich sinn poileasaidhean na buidhne airson deagh stiùireadh agus modhan-obrach a bhrosnachadh, agus bidh gan sgrùdadh gu cunbhalach.	**U**
			A' cumail a' dol le seirbheisean agus pròiseactan a lìbhrigeadh aig àrd ìre, le deagh stiùireadh agus deagh chleachdadh ann am modhan-obrach na buidhne (AC)		
			Plana a chur an gnìomh airson èifeachdas luach 3% de thaic-airgid Bhòrd na Gàidhlig (£3,750) a dhèanamh taobh a-staigh cosgaisean ruith na buidhne agus a thoirt gu leasachaidhean ùra mu choinneamh àrdachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. (BnG)	Chaidh plana gu Bòrd na Gàidhlig air mar a ghabhadh seo a choileanadh. A bharrachd air sàbhailaidhean ann an cogaisean (àrachas, fòn agus siubhal), a chaidh a chleachdadh son ar program, tha luach na h-obrach a rinn sinn leis na Iomairtean Gàidhlig aig co-dhiù £50k.	**U**
1.2	Luchd-obrach	Ceannard/ Bòrd	A' cumail co-dhiù 15 obraichean Ionann is Làn-thìde ann an sgìre HIE (InG)	Tha 13 neach-obrach againn an-dràsta le 11.2 Ionann is Làn-thìde, ach le luchd-teagaisg is cunnradairean, bidh tòrr a bharrachd na 15 obraichean Ionann is Làn-thìde.	**U**

			£23,393 air a chleachdadh airson taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh agus cosgaisean ruith Fèisean nan Gàidheal (CnG)	An dèidh airgead a thoirt do na Fèisean, tha an còrr a tha air fhàgail bho Chomhairle na Gàidhealtachd air a chosg air a' bhuidhinn a ruith.	
		Manaidsear Leasachaidh	Taic air a thoirt ri co-dhiù dithis tro Sgeama Greis Gnìomhachais/Sgeama Luchd Ceasnachaidh CnaG (BnG)	Cha robh e comasach ach aon neach a thairgse dhuinn tron sgeama Greis Gnìomhachais. Cha b' urrainn dhuinn taic a thoirt do chuideigin tron sgeama Luchd Ceumnachaidh ach bha oileanach còmhla rinn airson 3 seachdainean sa Ghearran 2012 air greis obrach.	**U**
		Ceannard/ Manaidsear Gnìomha	Poileasaidh pàighidh a dheasachadh airson airson 2011-12 agus air adhart, a tha a' toirt fa-near Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba (BnG)	Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair taobh a-staigh riaghailtean na roinne phoblaich a tha gu math coltach ri Poileasaidh Pàighidh an riaghaltais.	**U**
1.3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean	Ceannard/ Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Gnìomhachais	A' cumail oirnn le Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean (AC)	Sgeama thabhartasan ann agus tabhartasan luach £221k air an gealltainn airson 2011-12 agus gam buileachadh mar a chaidh aontachadh.	**U**
			Taic a chumail ri co-dhiù 40 Fèis tro sgeama maoineachaidh agus comhairle phractaigeach (BnG)	Tabhartasan air an tabhann do 45 Fèisean airson 2011-12.	
		Manaidsear Gnìomha	Taic do co-dhiù 30 Fèis air a' Ghàidhealtachd 's sna h-Eileanan gach bliadhna (InG)	Tabhartasan air an tabhann do 37 Fèisean ann an sgìre InG, le 23 ann an sgìrean dùbhlanach.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	A' cumail oirnn a' maoineachadh leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean (AC)	Tha sinn air tagraidhean fhaighinn son na sgeama seo.	**U**
			Taic do thrì pròiseactan ùra, innleachdach gach bliadhna tro mhaoin leasachaidh airson Fèisean (InG)	Tha sinn mar thà air taic a thoirt do ghrunn phròiseactan le Fèis Arainn, Fèis Fhoirt, Fèis Spè agus Fèis Rois.	
		Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	Tabhartasan taice do 19 Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd (CnG)	Tabhartasan air an tabhann do 21 Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd airson £119,191, le £25,634 bho mhaoin na comhairle.	**U**
			£24k air a roinn eadar 19 Fèisean (CnG)		
			Pròg ram ionnsachaidh loinneil ann an cèol traidiseanta a thabhann dhaibhsan a bhios ag iarraidh pàirt a ghabhail anns na Fèisean (CnG)	Tha sinn an dùil gur ann mar seo a bhios cùisean ach iarraidh sinn fiosrachadh bho chom-pàirteachan airson a dhaingneachadh.	**U**
			A' cumail an àireamh de dh'òigridh an-sàs anns na Fèisean agus ann an clasaichean aig co-dhiù 3,179 (CnG)	Ghabh 3,408 pàirt anns na Fèisean air Ghàidhealtachd ann an 2011-12.	**U**
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar (CnES)	Tabhartasan air an tabhann do 6 Fèisean ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar.	**U**
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Tabhartasan air an tabhann do 7 Fèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	**U**
1.4	A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach	Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)	Chaidh gach ball den Sgioba Leasachaidh a chomharrachadh mar Phrìomh Oifigear airson grunn Fhèisean. Feumaidh iad obrachadh gu math cruaidh airson dèanamh cinnteach gum biodh an dàimh seo soirbheachail.	**U**
		Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.	Gach poileasaidh air ùrachadh ann an 2009-10 agus rim faotainn bhon làrach lìn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Bidh iad fo sgrùdadh gu cunbhalach agus chaidh Poileasaidh ùr son Saor-thoilich aontachadh leis a' Bhòrd-Stiùiridh.	**U**

				Tha Clàr Cunnartan ann leis a' Bhuidheann Riaghlaidh a' cumail sùil air air le aithisg bhliadhnail mu choinneimh a' Bhùird sa Ghearran 2012.	
		Manaidsear Gnìomha/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.	Uairean bliadhnail gan tairgse ann an 2011-12 mar phàirt den tairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a rinn feum dhiubh roimhe.	**U**
				Cumaidh an Sgioba Leasachaidh orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrach air am fastadh fon sgeama agus tha cùnnradh gun fheumadh dhaibh a dhol dhan Fhèis Trèanaidh.	
			Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)	Jenna Chuimeineach ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar.	**U**
			Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Cairistìona Nic an t-Saoir ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	**U**
1.5	A' Cho-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Gnothaichean/ Oifigear Trèanaidh	A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)	Bidh co-labhairt 2011 air a cumail ann an Sruighlea air 23 agus 24 Sultain far an robh mu 80 compàirtiche le Alasdair Allan BPA, Ministear airson Ionnsachadh agus Sgilean, air aoigheachd.	**U**
1.6	Àrachas	Manaidsear Gnìomha	Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean.	Àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2011 le àrachas ùr iomchaidh.	**U**
1.7	Stòras Ionnstramaidean Ciùil	Oifigear Gnothaichean	A' toirt ionnstramaidean do dh'Fhèisean air iasad	A' leantainn air agus tha an t-seirbheis air a cleachdadh gu tric le Fèisean, tha ionnstramaidean air iasad a' mhòr-chuid den bhliadhna.	**U**
1.8	Teisteanasan Sgrùdaidh	Neach-tionail/ Manaidsear Gnìomha	Feumar teisteanas sgrùdaidh leasaichte a bhith aig gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.	Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG.	**U**
				Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile agus bidh siostam ùr ga chur an gnìomh bhon Ghiblean 2012 airson seo a shìmplicheadh agus ar cuideachadh ann a bhith a' cumail sùil air cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig aig an aon àm.	
			A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dìon Chloinne taobh a-staigh an t-siostam ùr aig a' bhuidheann Teisteanas Sgrùdaidh Alba (AC)	Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG.	**U**
1.9	A' cumail Stòr-dàta Luchd-teagaisg nam Fèisean	Oifigear Gnothaichean	Am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn daonnan.	Tha am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn air stòr-dàta Fèisean nan Gàidheal.	**U**
1.10	A' leasachadh, a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte	Oifigear Gnothaichean	A' leantainn oirnn a' dèanamh as motha airgead as urrainnear bho reic stuthan-foillsichte	Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean, m.s.a.a. Tha bùth air an làrach-lìn ùr aig http://www.feisean.org/ga/buth/index.php.	**U**
1.11	A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach	Oifigear Gnothaichean/ Luchd-obrach uile		Tha *Faileas* air a chur ri chèile a-nis gu cunbhalach agus air a sgaoileadh gu dealanach a-mhàin gus airgead a chùmhnadh.	**U**
				Fiosrachadh mu gach cùis co-cheangailte ris na Fèisean air a sgaoileadh gu cunbhalach – cothroman	

				maoineachaidh, naidheachdan VAN, naidheachdan SCVO, cothroman obrach, tachartasan m.s.a.a.	
1.12	Taic do dh'Fhèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlanach aig InG (InG) Taic a thoirt airson Fèisean ùr a stèidheachadh far a bheil coimhearsnachdan gan iarraidh agus ma bhios maoin ann dhaibh (AC)	Ghabh sinn ri iarrtas ballrachd bho Fèis an Iar Thuath agus tha Fèis Thròdairnis air ath-stèidheachadh, a dhà dhiubh sin ann an Sgìrean Dùbhlanach.	**U**
1.13	Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fhèisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeilich	Manaidsear Gnìomha/ Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh agus Fèis Spè. (AC)	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean Loch Abar tron bhuidhean eadar-Fèisean a bharrachd air seirbheisean iomchaidh a thoirt gu Fèis Spè agus Fèis Bharraigh. Ag obair a' feuchainn ri airgead a lorg airson Fèis Spè airson an cumail a' dol an dèidh Cèitean 2012.	**U**
1.14	Na Fèisean ag obair còmhla	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh		Tha maoin airson a' leigeil le Fèisean obrachadh còmhla a' tighinn bhon Mhaoin Leasachaidh. Bha Fèis Rois agus Fèis Eilean an Fhraoich ag obair còmhla air bùithtean-obrach. Bha grunn Fhèisean ag obair còmhla aig Fèis Alba agus air na Cèilidhean air Chuairt.	**U**
1.15	Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail	Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Manaidsear Leasachaidh	A' toirt trèanadh do 30 fèis sa bhliadhna agus do co-dhiù 75 luchd-teagaisg agus luchd-eagrachaidh nam Fèisean coimhearsnachd (InG)	Bha 44 de luchd-eagrachaidh nam Fèisean aig an Fhèis Trèanaidh sa Mhàrt 2012 le 98 seiseanan trèanaidh air an lìbhrigeadh. Bha 23 a' gabhail pàirt ann an cùrsaichean Ìre I & II airson luchd-teagaisg aig SMO sa Ghearran 2012. Bha 3 air cùrsa Ìre III. Thug sinn taic-airgid do 3 luchd-teagaisg cùrsa Ùlpan a dhèanamh. Ghabh 16 luchd-teagaisg pàirt ann an cùrsaichean Gàidhlig airson luchd-tòiseachaidh.	**U**
				Tha trèanadh luchd-obrach a' leantainn air mar a dh'fheumar, agus bidh co-dhìu 3 seiseanan againn rè na bhliadhna. Bha dà latha trèanaidh ann còmhla ri luchd-obrach Fèis Rois san Lùnastal agus dà latha a bharrachd san Dàmhair.	**U**
				Tha seiseanan inntrigidh do neach-obrach ùr sam bith, agus fhuair buill ùr a' Bhùird seisean air thoiseach air a' chiad chonneamh aca san Dùbhlachd 2011.	
				Tha Moreen Pringle air a bhith air a' chùrsa Ùlpan nuair bhios cothrom ann agus i air Aonad 72 a ruighinn.	
1.16	A' cruthachadh Lìonra	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, Leudachadh cothroman com-pàirteachaidh le buidhnean ealain agus buidhnean Gàidhlig eile, cho math ri buidhnean poblach, agus cumail a' dol co-obrachadh le buidhnean stèidhichte, a' gabhail a-steach Fòram Chiùil Traidiseanta na h-Alba. (AC).	Cumaidh sinn ar ballrachd air, agus a' cur ri obair an Fhòram Chiùil Traidiseanta. Tha còmhraidhean air a bhith againn le Alba Chruthachail a thaobh cur an-gnìomh na h-aithisg air Ealain Thraidiseanta ach cha do thachair cus mu deidhinn gu ruige seo.	**U**
				Thug sinn taic ris a' bhuidhinn ealain ATLAS san Eilean Sgitheanach le goireasan oifis. Tha sinn a' toirt taic do dh'Iomairt Ghàidhlig an Eilean Sgitheanaich agus Comann nam Pàrant gu h-ionadail. Tha luchd-obrach eile a' toirt taic do na h-Iomairtean Gàidhlig far a bheil iad stèidhichte. Bidh Tobar an Dualchais agus Stòrlann	

				a' dèanamh feum de ghoireasan oifis ann an Inbhir Nis.	
			Ag obair ann an co-bhonn ri buidheann-stiùiridh Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig agus oifigear Ealain na Gàidhlig gus Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig ùrachadh agus adhartachadh (BnG).	Bidh sinn a' gabhail pàirt ann am buidheann stiùiridh nan Ealan Ghàidhlig, nuair a thèid iarraidh oirnn, agus a' frithealadh choinneamhan nam buidhnean Gàidhlig air an cur air dòigh le Bòrd na Gàidhlig.	
				Bidh Ceannard Fèisean nan Gàidheal an sàs anns a' chùrsa air Ceòl Traidiseanta is Gàidhlig aig SMO bho àm gu àm. Bha an t-Oifigear Trèanaidh againn an-sàs airson aon theirm cuideachd.	
				Bidh Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar a' frithealadh coinneamhan de Fòram Ealain Ghàidhlig nan Eilean Siar.	
		An luchd-obrach	Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)	Chuir ar luchd-obrach barrachd air 3,000 uair seachad a' cumail taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn. Tha sinn air a bhith an-sàs ann am planaichean airson Iomairtean anns an Eilean Sgitheanach, ann an Loch Abar agus Inbhis Nis a dhealbhadh agus an cur an gnìomh. Tha sinn a' cumail seisean Cofaidh is Còmhradh san oifis againn ann am Port Rìgh gach Dimàirt agus tha dùil aig oifis Inbhir Nis an leithid a steìdheachadh. Tha sinn air obrachadh còmhla ri Àrd-sgoil Phort Righ ann a bhith a' cruthachadh irisean dhaibh cho math ri meanbh-fhèis a chumail do na sgoilearan uile ann an S1 a tha a' dèanamh Gàidhlig aig deireadh Iuchar 2011.	**U**
1.17	A' tagradh	An luchd-obrach/ An Ceannard ga stiùireadh	Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba (AC).	Bidh sinn a' cur seachad tòrr ùine air obair tagraidh agus thèid seo a leudachadh ri linn suidheachadh an ionmhais san fharsaingeachd. Bidh sinn gu tric a' cur freagairtean gu co-chomhairlean a bheireadh buaidh air ar n-obair, no far am faodadh buaidh a bhith againn air poileasaidh.	**U**
1.18	Ceanglaichean Eadar-nàiseanta	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh/Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean ann an obair eadar-nàiseanta mar Celtic Neighbours far a bheil com-pàirteachas againn le Èirinn agus a' Chuimrigh. (AC)	Tha ceanglaichean leantainneach againn ri Celtic Colours tron fhèis Bhlas. Tha ceanglaichean le Èireann tro thursan aig Fèisean agus Cuairtean Cèilidh. Bidh sinn an-sàs sa phròiseact Celtic Neighbours agus bidh còmhlan seinn na buidhne seo a' dol air chuairt ann an Lunnainn agus anns a' Chuimrigh sa Ghearran. Thug an Ceannard seachad taisbeanadh mu na Fèisean aig co-labhairt ann an Dùn nan Gall air a cur air dòigh le NPLD a bha a' coimhead ri òigridh a thàladh do mhion-chànanan tro na h-ealain. Bidh sinn ag obair le Conradh na Gaelige airson Cuairt nam Bàird a chur air dòigh am-bliadhna.	**U**

1.19	Sanasachd is Margaideachd	Ceannard/ Oifigear Gnothaichean	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean sna meadhanan, le co-dhiù dusan sgeulachd naidheachd ionadail / roinneil, agus trì sgeulachdan naidheachd nàiseanta, agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (InG)	Bidh tòrr sgeulachdan naidheachd a' nochdadh mu ar deidhinn, agus bithear a' cruinneachadh agus a' tasgadh nan sgeulachdan sin gu cunbhalach. Bidh sinn a' dèanamh oidhirp barrachd sgeulachdan a chruthachadh mu phròiseactan sònraichte, m.e. Blas, Cèilidhean air Chuairt agus an Sgoil Shamhraidh Dhràma.	**U**
			A' lorg barrachd obair chom-pàirt leis an roinn choimeirsealta agus seo a' togail air an urrasachd a fhuair Blas, agus cuideachd ag amas air barrachd bathar nam Fèisean a reic (AC).	Bidh cuireadh air a thoirt do chompanaidhean a dh'fhaodadh taic a thoirt seachad uair sam bith a bhios tachartas freagarrach againn. Tha sinn a' còmhradh ri Cal Mac agus RBS mu thaic urrasachd son Blas 2012.	**U**
				Tha stuthan ri fhaighinn tron bhùth air loidhne againn aig www.feisean.org ach tha cothroman ann barrachd a dhèanamh le seo.	**Ò**
			A' dèanamh cinnteach gm faigh Comhairle na Gàidhealtachd aithne ann an stuthan foillsichte sam bith agus gun tèid suaicheantas na Comhairle a chleachdadh air bileagan, postairean, brataichean, ann an sanasan naidheachd, làraich-lìn agus ann an teachdaireachdan aig bonn phost-d. (CnG)	Bidh suaicheantas na Comhairle, agus na suaicheantais aig Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig a' nochdadh air gach nì a bhios sinn a' foillseachadh. Cumaidh seo a' dol.	**U**
			Lethbhreac de shanasan naidheachd agus sanasan tachartasan air fad a chur air adhart gu mygaelic.com agus Bòrd na Gàidhlig. (BnG)	Bidh sinn a' cur sanasan naidheachd dhan sgioba aig mygaelic.com agus do Bhòrd na Gàidhlig gu cunbhalach.	**U**
1.20	An Làrach-lìn agus TFC	Oifigear Gnothaichean/ Gach neach-obrach mar as iomchaidh		Làrach ùr beò aig www.feisean.org, www.blas-festival.com agus www.feisceilidhtrails.org.	**U**
				Chaidh prìomh làraich Fèisean nan Gàidheal ath chruthachadh agus a thoirt air falbh bho Sitekit airson airgead a shàbhaladh agus airson ùrachaidhean a dhèanamh na b' fhasa. Tha earrannan ùr air a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig agus thathas a' leasachadh App an-dràsta cuideachd.	
2	**LEASACHAIDHEAN ÙRA**				
2.1	Ag ullachadh Poileasaidh Gàidhlig do dh'Fhèisean nan Gàidheal, a thèid a ghabhail os làimh le ballrachd na buidhne	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' leasachadh agus leudachadh chothroman air cànan agus cultar na Gàidhlig tro lìbhrigeadh Poileasaidh Gàidhlig. (AC)	Thathar planaichean Gàidhlig air an cur a-steach gu Fèisean nan Gàidheal le ùrachaidhean gach bliadhna. Mar phàirt de na coinneamhan measaidh gach bliadhna, bruidhinnear mu chleachdadh na Gàidhlig le gach Fèis. Bha seisean aig a' cho-labhairt bhliadhnail mu leudachadh cleachdadh na Gàidhlig aig na Fèisean agus bha iad air am brosnachadh agus an cuideachadh planaichean a ghabhadh coileanadh a chur a-steach.	**U**
			A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)	Chaidh aontachadh ri Poileasaidh Gàidhlig ùr a chaidh a sgaoileadh gu gach Fèis, le stiùireadh na chois. Feumaidh Oifigearan Leasachaidh a-nise dèanamh cinnteach gun tèid a chur an gnìomh. Bheir an sgioba Gàidhlig againn an taic as motha as urrainn dhaibh gus barrachd chleachdaidh a bhrosnachadh.	**U**

			An àireamh chloinne a tha a' faighinn oideachadh ann an Gàidhlig àrdachadh bho 2,384. (CnG)	Fhuair 2,556 de chom-pàirtichean anns na Fèisean air Ghàidhealtachd oideachadh ann an Gàidhlig.	**U**
2.2	A' cruthachadh Sgioba Leasachaidh Gàidhlig	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais. (BnG)	A' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' cleachdadh stuthan gu tur dà-chànanach, agus seo na chùmhnant den tabhartas. Thèid bruidhinn air an seo còmhla ri gach Fèis aig na coinneamhan measaidh ach feumar prìomhachas a thoirt dhan Ghàidhlig.	**U**
			A' cumail taic ri Fèisean le obair Ghàidhlig a' dèanamh feum den Sgioba-G.	Tha an Sgioba-G againn a' cumail orra a' cuideachadh Fèisean le bhith cur an gnìomh a' Phoileasaidh Ghàidhlig, tro phròg raman obrach mu choinneimh feumalachdan dhaoine, nuair a dh'iarrar, ag amas air togail air ìre bhuntaiteach, agus cleachdadh na Gàidhlig.	
2.3	A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	Measadh cunbhalach ga dhèanamh air adhartas mu choinneamh poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh. (BnG)	Chaidh rannsachadh a dhèanamh a-measg luchd-teagaisg nam fèisean airson toiseach tòiseachaidh air an fhiosrachadh seo a thional agus slat-tomhais a thoirt dhuinn air soirbheas na h-iomairt. Chaidh aontachadh ri Plana Gnìomh fa leth leis a' bhòrd-stiùiridh sa Chèitean agus tha sinn ga chur an gnìomh a-rèir a' chlàr-ama. Chaidh trèanadh/cùrsaichean ann an sgilean Gàidhlig a thabhann do luchd-teagaisg nam Fèisean agus tha clasaichean dà-latha air a bhith ann an Glaschu, Inbhir Nis agus sa Ghearasdan.	**U**
2.4	A' cruthachadh Fhèisean a tha tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin agus teagasg airson teaghlaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a stèidheachadh.	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	Barrachd Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig agus cothroman do phàrantan a bhith ag obrachadh còmhla ris an cuid chloinne ann an Gàidhlig.	Tha 6 Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig ann a-nis le barrachd teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean nach eil gu tur tro mheadhan na Gàidhlig. Le àrdachadh anns an àireamh de luchd-teagaisg le Gàidhlig, thig leudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.	**U**
			Tachartasan teaghlaich aig Fèisean a chur air dòigh airson neartachadh cleachdadh na Gàidhlig. (AC)	Bha clasiachean teaghlaich aig Fèis Eilean an Fhraoich a-rithist ach tha feum air barrachd chothroman a chruthachadh do phàrantan agus clann a bhith ag obair còmhla tro Fhèisean stèidhichte no tachartasan eile.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh/ Bòrd	A' dèanamh cinnteach à dealas don Ghàidhlig am measg Fhèisean ùra	Chan fhaighear ballrachd mar Fhèis ùr mura h-eilear air dealas a shealltainn don Ghàidhlig.	**U**
				Feumaidh am Bòrd a-nis aontachadh ri buill ùra gus dèanamh cinnteach gu bheil dealas aca don Ghàidhlig.	
2.5	A' leasachadh Dràma Gàidhlig	Oifigearan Dràma/ Manaidsear Leasachaidh/ Ceannard	A' cur air adhart tachartasan dràma Gàidhlig mar Sgoil Samhraidh Dràma Ghàidhlig agus, ma bhios maoin ann, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann-dràma-oideachaidh. (AC)	Chaidh beachdachadh air Plana Gnìomh fa leth airson dràma ann an 2011-12 leis a' bhòrd-stiùiridh sa Chèitean, agus tha sinn ga chur an gnìomh a-rèir a' chlàr-ama aontaichte. Tha seo a' gabhail a-steach dà chuairt le Meanbh-chuileag, cuairt le dealbh chluiche na Nollaig, sreath bhùithtean-obrach air sgilean dràma agus GLPS ann an cuid de sgoiltean na Gàidhealtachd.	**U**
			Turas sgoiltean fad 6 seachdainean leis a' bhuidheann dràma Meanbh-Chuileag. (BnG)		
			A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. (BnG)		

			A' cumail a' dol le sreath Fhèisean dràma (AC)		
			A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)	Chaidh Sgoil Shamhraidh 2011 air adhart ann am Port Rìgh, leis a' chuirm mu dheireadh ann an Sabhal mòr Ostaig cuide ri luchd-ciùil bho na Cèilidhean air Chuairt. Chaidh fiosrachadh a-mach gu àrd-sgoiltean mar thà mu thachartas 2012.	**U**
			Sgoil Shamhraidh Dràma 2011 air a chumail, le co-dhiù 20 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)	Bha 24 oileanach a' gabhail pàirt agus bha 115 san èisteachd aig a' chuirm dheireannach.	
2.6	Taic a' leantainn do Chuairtean Cèilidh nam Fèisean	Prìomh agus Oifigearan Leasachaidh eile	Ann am compàirt ri Fèisean, agus le maoin bho LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Cèilidh (AC)	Fhuiar còig Cuairtean Cèilidh taic tro mhìosan an t-samhraidh 2011 le 100 cuirm uile gu lèir.	**U**
		Prìomh Oifigear Leasachaidh	A' leudachadh agus a' neartachadh Chuairtean Cèilidh nam Fèisean, an lùib seo bithear a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh sanasachd air an iomairt gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus mar a tha i a' cur ri turasachd chultarach (InG)	Bha sanasachd is prògraman nan Cuairtean air an leasachadh gu mòr an taice ris na bliadhnaichean a dh'fhalbh. Bha bileag-fiosrachaidh ann a chaidh a sgaoileadh fad is farsaing agus sanasachd anns na pàiprean naidheachd ionadail. Bha na postairean air an cur ri chèile gu proifeiseanta cuideachd.	**U**
			A' co-obrachadh le càch, DVD a chur ri chèile a' sealltainn mar a nìthear dannsaichean cèilidh, a bhios feumail do na Fèisean, Cuairtean Cèilidh is suidheachaidhean eile. (AC)	Tha an t-Àrd Oifigear Leasachaidh air cur a-staigh airson maoin dhan phròiseact seo.	**U**
2.7	A' brosnachadh Fhèisean ionadail a bhith a' tasgadh stuthan a ghabhadh a chleachdadh airson teagasg san sgìre aca	Oifigear Trèanaidh	A' co-òrdanachadh co-dhiù sia pròiseactan dualchais ionadail le muinntir Fèis na sgìre air an ceann, agus seo a' toirt dhuinn stòrais air-loidhne a bhios an-asgaidh (InG).	Chaidh coinneamh a chumail eadar Fèis Bharraigh, Fèisean nan Gàidheal and Cobhar Bharraigh airson toiseach tòiseachaidh a dhèanamh air pròiseact dualchais ach tha trioblaidean air a bhith ann Comataidh a chumail ri chèile. Ma dh'fhaoidte nach bu cus cothroman a bharrachd ann an 2011-12 ach tha sinn ag obair air pròiseact co-cheangailte ri seinn seann-nòs sa Ghàidhlig airson 2012 agus bidh sinn a' cur iarrtasan airgid a-steach a dh'aithghearr.	**U**
			A' leantainn le taic a thoirt do dh'Fhèisean ionadail stuthan bhon dhualchas a chruinneachadh agus am foillseachadh air an eadar-lìon. (AC)		
2.8	Buidheann Leasachaidh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig	Ceannard/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' cumail a' dol le lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig agus a' toirt taic don obair anns a bheil Oifigear Ealain CS/BnG an-sàs (AC)	Bidh sinne a' chumail taic cho mòr 's as urrainn dhuinn le cur an gnìomh na ro-innleachd agus a' dealbhadh ro-innleachd ùr. Bidh grunn nithean anns a bheil sinn an-sàs a' cur ris na gnìomhan a th' anns an ro-innleachd agus anns na h-amasan san dreach Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2012.	**U**
		Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	Ag obair ann an co-bhonn ri oifigearan Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail gus Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig a chur an gnìomh tro obair làitheil Fèisean nan Gàidheal. (BnG)		
2.9	Fòram Ciùil Traidiseanta	Ceannard/ Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh/ Manaidsear Leasachaidh	Trèanadh agus leasachadh pearsanta a leasachadh, fosgailte do neach sam bith a tha an-sàs ann am brosnachadh agus eagrachadh nam Fèisean, agus do bhuidhnean eile an-sàs ann an lìbhrigeadh leasachaidhean ann an ceòl traidiseanta (AC)	Tha sinn an dùil gun gabhadh seo a lìbhrigeadh ann an 2011-12 tro Fhèis Alba, Blas, an Sgoil Samhraidh Dràma, Fèis Trèanaidh agus trèanadh luchd-teagaisg.	**U**
2.10	Cruthachadh òrain ùr Gàidhlig	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' clàradh, a' dèanamh margaideachd air agus a' reic CD le ceòl traidiseanta is seinn Ghàidhlig tro iomairt nam Fèisean airson sgrìobhadh òrain (InG)	Bha sgrìobhadh òrain mar phàirt den trèanadh aig Fèis Alba airson nan Cèilidhean air Chuairt. Bha sinn an-sàs ann am pròiseact le Stòras Watercolour arson taic a	**U**

			A' togail air soirbheas ann an 2010, a' cumail a dol le barrachd taic do sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig. (AC)	thoirt do dheugairean aig a bheil ùidh agus cothrom clàraidh a thoirt dhaibh tron Ghearran agus Am Màrt.	
2.11	Leasachadh Bùird	Ceannard/ Bòrd le taic-airgid InG	A' toirt sùil air dleastanasan, obair is èifeachd Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal, ro 31 an Dùbhlachd 2010 (InG)	Cha deach seo air adhart mar a bhathar an dùil.	**D**
2.12	Rannsachadh	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' dèanamh rannsachadh air mar a chruthaichear 'goireas cultarach' nam Fèisean anns am biodh raointean sòisealta, cleasachd agus teagaisg, a' cur teicneòlas airson teagasg air astar agus ceanglaichean ris na gnìomhachasan cruthachail gu feum, ann an coimhearsnachd chugallach Ghàidhlig (InG).	Chaidh taic a thairgse do Cheòlas ann an Uibhist a Deas airson rannsachadh mu ionad cultural a stèidheachadh, le gealltanas gum bi buannachd na chois do na Fèisean ann an Uibhist cuideachd. Chan fhaca sinn an aithisg dheireannach fhathast.	**U**
2.13	A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean	Thachair Fèis dheugairean ann an co-bhonn ri Fèis Lochabair san Dàmhair 2011. Bha seo soirbheachail ged a bha na h-àireamhan beag ach tha i a' toirt dhuinn bonn-stèidh airson leudachadh mas e is gu bheil Fèisean Loch Abar air a shon.	**U**
				Bha deugairean an sàs anns na Cèilidhean air Chuairt agus Blas. Bha deugeairean an-sàs ann an dràma aig an Sgoil Shamhraidh agus san mheanbh-fhèis a chuir sinn air dòigh ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh.	**U**
				Taic leantainneach do Fhèis Rois nan Deugairean, Fèis an Earraich, Fèis Spè, Fèis Eilean an Fhraoich is Fèisean eile a' frithealadh air deugairean.	**U**
			Fèis dheugairean tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh aig àm tron bhliadhna (AC)	Bidh tachartas còmhnaidh do dheugairean, a' gabhail a-steach cuid de chur-seachadan fèise anns Na Gearrannan ann an Leòdhas aig a' Chaisg 2012. Tha fèill mhòr air a bhith air seo agus tha sinn air an àireamh de dheugairean a bha a dhith a ruighinn.	**U**
3	**COM-PÀIRTEACHAS AGUS CÙMHNANTAN**				
3.1	Cùmhnant Iomairt Chiùil na h-Òigridh ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd	Ceannard/ Co-òrdanaiche YMI/ Oifigear Gnìomha	A' leantainn oirnn a' leasachadh obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann an co-bhuinn ri YMI air a' Ghàidhealtachd agus còmhla ri ùghdarrasan ionadail eile mar a bhios cothroman a' nochdadh (AC)	Bidh ICO a' leantainn air a' Ghàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2011-12.	**U**
				Bidh Rae NicEacharna fhathast a' cumail stiùir air cùisean do dh'Fhèisean nan Gàidheal bho latha gu latha.	
				Chaidh DVD a chur ri chèile den obair ICO a tha a' dol air adhart air Ghàidhealtachd. Tha an dàrna leth a' sealltainn an teagasg ann an ceòl traidiseanta air a lìbhrigeadh le na Fèisean agus chaidh seo a chur air bhog aig coinneamh de Chomataidh ECS aig Comhairle na Gàidhealtachd air 8 Màirt.	
3.2	Cothroman airson cùmhnantan Iomairt Ciùil na h-Òigridh ann an sgìrean eile	Ceannard		Tha Comhairle Lodainn an Iar air a bhith a' bruidhinn rinn mu dheidhinn pròiseact far am bitheamaid co-obrachadh airson barrachd cheòl traidiseanta a chur a-steach do na sgoiltean acasan tro ICO.	**U**
3.3	Obair Ghàidhlig sna sgoiltean	Oifigear Dràma/	Taic a thoirt do co-dhiù 50 taisbeanadh sgoile (sa	Bidh Meanbh-Chuileag ag obair sna sgoiltean agus bu	**U**

		Ceannard	Ghàidhlig ann an sgoiltean Gàidhlig agus gu dà-chànanach ann an sgoiltean eile) mar phàirt de Bhlas 2011, le co-dhiù 5,000 sgoilear a' gabhail pàirt (BnG)	mhiann leinn a h-uile càil a bhios sinn a' dèanamh ann an sgoiltean a chur còmhla agus an reic mar Sheirbheis Ealain Gàidhlig ann am Foghlam. Bha pròg̀ram farsaing oideachaidh a chumail mar phàirt de Bhlas 2011 ann an grunn sgoiltean a' toirt taic do phròg̀ram na fèise.	
3.4	Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim	Ceannard/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh		Tha sinn air plana le cosgaisean a chruthachadh airson Gàidhlig a theagasg anns na sgoiltean air an aon stèidh ri ICO. Tha na h-Oifigearan Dràma againn an-sàs ann an obair ann an grunn sgoiltean far nach eil Gàidhlig air a teagasg airson sgilean cainnt a thoirt air adhart agus òigridh a bhrosnachadh ann an Gàidhlig. Tha cothroman ann obair a bharrachd a dhèanamh ann an sgìrean far a bheil Iomairtean Gàidhlig air an stèidheachadh agus 's dòcha gum bi barrachd chothroman san àm ri teachd an dèidh do Riaghaltas na h-Alba 'Studying Scotland' a stèidheachadh.	**U** **U**
3.5	Cosnadh tro chùmhnantan	Ceannard	A' dèanamh cinnteach gu bheil co-dhiù 25% de theachd-a-steach FnG a' tighinn bho teachd-a-steach malairteach ro 31 Iuchar 2012 (InG)	Tha sinn a' ruighinn na h-ìre seo an-dràsta ach thèid seo a chumail fo sgrùd. Tràth ann an 2012, lìbhrig sinn cùmhnant as leth Stòrlann le dràma anns na sgoiltean.	**U**
3.6	Cothroman Taisbeanaidh	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair agus tro chothroman eile mar a nochdas iad. (AC) A' cur co-dhiù trì tachartasan taisbeanaidh air dòigh a nì sanasachd air na Fèisean gu nàiseanta – 2 ann an Alba, 1 feadh Bhreatainn (InG)	Bidh cuirmean sònraichte aig Blas am-bliadhna a' comharrachadh 25 bliadhnaichean de dh'Fhèis Rois agus 21 Bliadhna de dh'Fhèis Spè cho math ri tachartas far am bi na còmhlain bho na Cuairt Cèilidhean cruinn còmhla aig a' Chupa Camanachd. Bha cuirm eile aig Fèis Rois ann an Eden Court san t-Samhain agus chluich còmhlan bhon fhèis aig Prom na h-Òigridh ann an Talla Rìoghail Albert an Lunnainn. Tha còmhraidhean air a bhith ann le Comhairle na Gàidhealtachd mu phròiseact seinn a bhios a' dol ai adhart fhad 's a tha an Lasair Olimpiadach a' siubhail tron Ghàidhealtachd agus bidh sin a' cur sin air dòigh dhaibh.	**U**
3.7	Leasachaidhean Ro-innleachdail	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	Pàirt iomlan a ghabhail ann an còmhraidhean le Alba Chruthachail mu chruthachadh Ro-innleachd Nàiseanta Ealain airson Òigridh agus com-pàirt ann a bhith a' cur an gnìomh molaidhean anns an aithisg leis a' Bhuidheann-obrach air Ealain Thraidiseanta (AC)	Tha an Ceannard air a bhith aig aon choinneamh mar thà airson còmhradh mu Ro-innleachd Nàiseanta Ealain airson Òigridh agus bha esan agus am Manaidsear Leasachaidh aig coinneamh eile ann an Inbhir Nis sa Ghearran. Chùm sinn còmhradh ri Alba Chruthachail mu Aithisg nan Ealan Thraidiseanta anns a' Chèitean agus tha sinn air taic a thairgse a' cur earrannan dhi an gnìomh.	**U**
3.8	Leasachadh Blas – A' moladh na Gàidhealtachd	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	Ma bhios maoin ann, taic a chumail ri Blas a chumail a' dol (AC)	Chaidh an fhèis Bhlas air adhart ann an 2011 an dèidh dhuinn maoin ùr fhaotainn bho Alba Chruthachail agus airgead bho Eileanan na h-Alba. Le nas lugha de dh'airgead bho Chomhairle na Gàidhealtachd chuidich sin gu mòr leis an fhèis a chur air bhonn.	**U**

			Taic air a chumail ris an fhèis Bhlas gus am bi am fiosrachadh air fad air a sgaoileadh gu dà-chànanach, an làrach-lìn ann an cruth dà-chànanach agus gach consart air a lìbhrigeadh san dà chànan le fear/bean an taighe le Gàidhlig aig gach tachartas. (BnG)	Mar is àbhaist, bha a' Ghàidhlig ri faicinn agus ri cluinntinn aig gach tachartas. Chuir sinn air bhog an Iomairt Shanasachd Ghàidhlig aig Blas agus bha sgrìobhadairean Gàidhlig a' gabhail pàirt cuideachd ann an co-bhonn ri Comhairle nan Leabhraichean agus Acair.	**U**
			A' lìbhrigeadh pròg ram stèidhichte air prìomh amasan Bhlais (CnG)	Choilion pròg ram 2011 seo seach gun robh òigridh is luchd-ciùil eadar-nàiseanta an sàs ann cho math ri tachartasan neo-chumanta leithid Fèis Spè aig mullach a' Chàrn Ghuirm agus tachartas aig Port Adhar Inbhir Nis agus 'Heisgeir' - taisbeanadh ùr bho Julie Fowlis.	**U**
			A' lìbhrigeadh fèis a tha in-ghabhaltach agus a bhios tarraingeach do chaochladh aoisean agus do dhaoine bho dhiofar chultaran (CnG)	Ged nach eilear a' cruinneachadh fiosrachadh mionaideach mun taobh sin den fhèis, tha sinn cinnteach gu bheil Blas a' còrdadh ri farsaingeachd de dhaoine. 'S ann mar seo a bha cùisean am-bliadhna cuideachd.	**U**
			A' cumail ri sàr inbhean a thaobh ealantais, agus a thaobh cùram do luchd-ceannaich is luchd-seilbh (CnG)	Bha sinn a' sireadh bheachdan an luchd-frithealaidh air seo agus rinn sinn cinnteach gun deach sealltainn às dèidh luchd-maoineachaidh is aoighean le tiocaidean an-asgaidh. Chlàr an luchd-frithealaidh gun robh iad riaraichte le inbhe nan cuirmean agus luach an airgid aig ìre 94%.	**U**

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg ram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios ag èirigh.

Thathar ag iarraidh air buill fa-near a thoirt gum biodh aithisg ùr air a deasachadh aon uair 's gu bheil e air a bhith comasach na toraidhean bho gach aonta maoin a th' againn airson 2012-13 an toirt còmhla. Bidh aithris air adhartas gach ràithe mar is àbhaist, le dùil gum biodh a' chiad aithisg deiseil aig deireadh na ràithe a bhios a' crìochnachadh san Ògmhios 2012.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2012

Fèisean nan Gàidheal

Blas 2012

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.02(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu phlanaichean airson Blas 2012.

Bun Fhiosrachadh

Bidh Blas 2012 a' tachairt eadar 7 agus 15 Sultain.

Cha do choinnich bòrd a' chompanaidh fa-leth, Blas Earranta, air thoiseach air taghaidhean nan ùghdarrasan ionadail agus bidh e a-nise an urra ri Comhairle na Gàidhealtachd riochdairean ùra a chur air adhart leis nach eil dithis a bha air a' bhòrd, An Dtr Mìcheal Foxley agus John Finne, air a' chomhairle tuilleadh.

Cha do shoirbhich leis an tagradh a chuir sinn gu Alba Chruthachail airson £50k agus bidh seo a' ciallachadh buidseat caran tana airson Blas 2012. Tha sinn air tagraidhean a chur gu ochd companaidhean airson taic agus bu chòir toradh nan iarrtasan sin a bhith againn ron choinneamh agus faodaidh sinn am fiosrachadh as ùire a thoirt seachad. Ma thig maoin a bharrachd bidh e comasach dhuinn tuilleadh thachartasan a chur ris a' phròg ram.

Tha sinn an dòchas, le co-obrachadh bho bhuidhnean Gàidhlig eile, gum biodh an aon àireamh de thachartasan againn le barrachd dhiubh sa phròg ram coimhearsnachd. Tha am pròg ram mar a tha e aig an ìre seo a' leantainn le tachartasan a tha air an daingneachadh ann am pinc. Ma thèid leinn le airgead a bharrachd a thogail, bidh sinn a' cur ris a' program le taghadh bho na molaidhean a tha an-dràsta ann an dubh.

Tha sinn ag obair gu ruige cur air bhog den fhèis airson nam meadhanan air 21 Ògmhios aig tachartas ann an Eden Court. Thig cuireadh gu buill a' Bhùird a bhith an làthair air an latha sin.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don phròg ram airson Blas 2012 le mothachadh air a' bhuaidh bho lùghdachadh sa bhuidseat.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2012

UPDATED 16/05/2012

DATE	LOCHABER	SKYE & LOCHALSH	ROSS-SHIRE	CAITH/SUTHERLAND	INVERNESS	BAD/S'SPEY/NAIRN
FRI 7	**ROYBRIDGE** THE MACKENZIES OF MABOU RACHEL WALKER FEIS LOCHABAIR	**KILMIUR** **GAELIC DRAMA** IDEA TO BE FLESHED OUT *(CALUM-ALEX)* FEIS AN EARRAICH	**STRATHPEFFER** **CALUM KENNDEDY TRIBUTE** ARTHUR MC with Fiona K JAMES GRAHAM DARREN MACLEAN KRISTEEN KENNEDY CALUM ALEX	**STRATHY** TATTIE AND HERRING NIGHT ROBERT NAIRN CÈILIDH BAND ALASDAIR WHYTE CATRIONA MACLEOD	**LOCH NESS CRUISE** KRISTAN AND THE SANNA **VENUE TBC** MARGARET STEWART 2012 COMMMISSION **HIGHLAND WEDDING**	
SAT 8	**STRONTIAN** THE MACKENZIES OF MABOU KRISTAN AND THE SANNA FEIS LOCHABAIR	**SLEAT | SABHAL MOR** MARGARET STEWART 2012 COMMMISSION **HIGHLAND WEDDING**	**VENUE TBC** **"THE BIG BLAS SHOW"** REPRISE 2 COMMISSIONS IF WE GET THE MONEY JAMES ROSS / EILIDH	**TORRIDON** **GAELIC DRAMA** IDEA TO BE FLESHED OUT *(CALUM-ALEX)*	**INVERNESS | EMPIRE** **"KICK-START"** HAMISH+FIN MOORE **BREABACH** MOVE *NMPC JUNIOR WINNERS* SURPRISE FLASH MOB	
SUN 9	**GLENFINNAN** SUPPER / TALK /SONG RUAIRIDH MACLEAN AND SESSION	**NOTE: DAY OFF FOR KRISTAN AND THE SANNA**			**INVERNESS CATHEDRAL** **"AIRS AND GRACES"** JOINT EVENT WITH NMPC SERVICE IN THANKS FOR CULTURE AND LANGUAGE GAELIC CHOIRS/PIPES	
MON 10		**PORTREE** THE MACKENZIES OF MABOU	**POOLEWE** MARGARET STEWART 2012 COMMMISSION **HIGHLAND WEDDING**			**INVERNESS AIRPORT** **"GIRLS ALLOWED"** KRISTAN AND THE SANNA VAMM LINDA MACLEOD
TUES 11	**MALLAIG** THE MACKENZIES OF MABOU			**SCOURIE** **"GIRLS ALLOWED"** KRISTAN AND THE SANNA VAMM LINDA MACLEOD		**NAIRN** MARGARET STEWART 2012 COMMMISSION **HIGHLAND WEDDING**
WEDS 12			**RESOLIS** THE MACKENZIES OF MABOU The ELEPHANT SESSIONS			**KINGUSSIE** BLAZIN FIDDLES FIDIL
THU 13	**INVERGARRY** **"GIRLS ALLOWED"** KRISTAN AND THE SANNA VAMM LINDA MACLEOD		**PORTMAHOMACK** BLAZIN FIDDLES FIDL		**INVERNESS | EMPIRE** **VOICES OF THE WORLD** MAEVE MACKINNON + CHOIRS EMILY SMITH JULIE FOWLIS + MUIREANN NIC AMHLAOIBH CANNTAIREACHD	
FRID 14	**FORTWILLIAM** **"THE BIG BLAS SHOW"** REPRISE 2 COMMISSIONS IF WE GET THE MONEY or GARY INNES SHINTY SHOW	**PORTREE** AROS **AONGHAS @70**	**LOCHCARRON** MAEVE MACKINNON TRIO The ELEPHANT SESSIONS	**WICK** BLAZIN FIDDLES FIDL and Local Feisean	**BEAULY** **"GIRLS ALLOWED"** KRISTAN AND THE SANNA VAMM LINDA MACLEOD	
SAT 15		**KYLE/PLOCKTON** **VENUE TBC** KRISTAN AND THE SANNA	**ARDROSS** VENISON SUPPER THE GHILLIES MAGGIE MACDONALD TORMOD	**ARDGAY** CÈILIDH SONG NIGHT (RECORD FOR BBC RADIO) TAKE THE FLOOR TYPE EVENT? OR AONGHAS @70	**INVERNESS | EMPIRE** **GRAND FINALE** BATTLEFIELD BAND BLAZIN FIDDLES FÈIS ROIS MARGARET STEWART 2012 COMMMISSION	

Other Blas Events and Initiatives in 2012

House Cèilidhs
Looking to have around 20 of these across the Blas area
Families host a group of up to 8 at their home- some Gaelic, tea and scones, some music-the feel of the real cèilidh. Comunn na Gàidhlig keen to get involved in Iomairtean areas.

FILM

Eden Court Theatre
A programme of "Gaelic Shorts" in the cinema on the afternoons of Saturday 7 and 15
"Gospel Truths" on Thursday 13th at 6.00 pm introduced by Maeve Mackinnon

Screen Machine
SM will programme some Gaelic films during Blas week

MG Alba
Keen to be involved and provide films for showing in village halls/schools

Clì Gàidhlig
Will hold "Come and Try" Sessions prior to some of the concerts

Outdoor Activities
Whitewave based in Kilmiur Skye will programme outdoor activities with a Gaelic slant

Natural History Events
A programme of talks etc at Aigas House and Field Centre (renowned naturalist and author Sir John Lister-Kaye

Comhairle nan Leabhraichean
Will provide Book Stalls and Writer events as in 2011

Community Programme
1. School Shows, Films and Workshops
2. Highland Rangers Walks and Shows
3. Highland Folk Museum
4. Eden Court Drama Outreach
5. Possible involvement of Meanbh-Chuileag to celebrate 10th anniversary

Fèisean nan Gàidheal

Iarrtas Ballrachd aig Fèis an Rubha

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.02(f)

Adhbhar a' Phàipeir

Tha iarrtas air a thighinn thugainn airson ballrachd agus tha feum air aonta bhon Bhòrd do bhuill ùr sam bith.

Bun Fhiosrachadh

Tha iarrtas againn bho chomataidh Fèis an Rubha a tha ag iarraidh Fèis ath-stèidheachadh ann an Sgìre an Rubha ann an Leòdhas.

Policy

Fon chùmhnant a th' againn le Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), tha againn ri trì fèisean ùra a stèidheachadh ro 2015 anns na coimhearsnachdan a tha air an comharrachadh mar Sgìrean Dùbhlanach. Chan eil Sgìre an Rubha na Sgìre Dhùbhlanach aig InG.

Fon chùmnant a th' againn le Bòrd na Gàidhlig, feumaidh sinn a bhith ao-obrachadh le Iomairtean Gàidhlig gu h-ionadail. Tha Iomairt Ghàidhlig a-nise stèidhichte ann an sgìre Loch a Tuath a tha a' gabhail a-steach Sgìre an Rubha.

'S e an aon chunnart an lùib an iarrtais seo gum biodh feum air taic airgid airson tachartasan sam bith, agus dh'fheumadh sin a thighinn bhon bhuidseat stèidhichte a th' againn airson tabhartasan nam Fèisean. Faodaidh sinn taic a thoirt le bhith a' lorg airgid bhon taobh a-muigh airson ath-stèidheachadh na Fèise seo.

An dèidh breithneachadh air a' chùis, thathar a' moladh a ghabhail ris an iarrtas leis gu bheil e air tighinn bho choimhearsnachd a tha ag amas a dhol an-sàs ann an leasachaidhean Gàidhlig nas fharsainge, le Fèis mar phàirt dhe sin agus bidh i a' cur ris an obair a tha sinn a' dèanamh le Iomairtean Gàidhlig.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird gabhail ris an iarrtas seo airson ballrachd de dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Arthur Cormack
Ceannard
Cèitean 2012

Iarrtas Ballrachd – Membership application

Airson ballrachd a thoirt a-mach le Fèisean nan Gàidheal, feumaidh sinn fiosrachadh fhaighinn bhuaibh a leigeas leinn cead a' Bhùird-Stiùiridh againn fhaotainn ballrachd a thoirt dhuibh. Ma bhios sibh soirbheachail bidh na cùnnraidhean a leanas an cois ur ballrachd.

To be considered for membership of Fèisean nan Gàidheal, we need to get some information from you which will allow us to get approval from our Board of Directors to offer you membership.

1. **Feumaidh gach fèis a bhith a' cur air dòigh cothroman-teagaisg airson òigridh eadar 8 agus 18, le Gàidhlig na pàirt gu math mòr nan lùib, a bharrachd air ceòl bhon dhualchas Gàidhlig agus òrain Gàidhlig a theagasg. Chan urrainnear taic a chumail ri fèisean a tha gu tur airson inbhich.**

   All Fèisean applying for membership must be tuition-based, for young people aged 8-18, with a significant Gaelic language element, as well as tuition of music and song from the Scottish Gaelic tradition. Please note that we cannot support activities specifically for adults.

2. **Feumaidh gach fèis Plana Gàidhlig a chur thugainn, a bhios a' mìneachadh an dòigh anns am bi iad a' fighe a' Ghàidhlig a-steach do gach nì a tha iad a' dèanamh. Tha Poileasaidh Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal – a tha ri fhaighinn air an CD a tha an lùib seo - a dh'fheumas gach fèis a leantainn.**

   All Fèisean must submit a Gaelic Plan to us, detailing how they aim to incorporate Gaelic into all their activities. Fèisean nan Gàidheal has a Gaelic Policy – which is available on the accompanying CD - with which all Fèisean are expected to comply.

3. **Feumaidh gach fèis a bhith deònach gabhail ris Poileasaidh Cùram Chloinne Fèisean nan Gàidheal. Gheibhear leth-bhreac air a' CD an lùib seo. Feumaidh Oifigear Cùram Chloinne a bhith agaibh - cuideigin air a' chomataidh a bhios deònach dèiligeadh ri gnothaichean cùram chloinne. Feumaidh gach neach a tha air a' chomataidh a' dol tro sgrùdadh àrd ìre le Disclosure Scotland.**

   All Fèisean will be required to comply with Fèisean nan Gàidheal's Child Protection Policy, a copy of which is on the accompanying CD. All Fèisean must appoint a Child Protection Officer - a member of the committee who is responsible for ensuring the Child Protection Policy is implemented and records are kept up to date. Enhanced disclosure checks are a requirement for all Fèis tutors and all volunteers.

4. **Feumaidh gach fèis a bhith ag obair taobh a-staigh amasan Fèisean nan Gàidheal a tha air am mìneachadh gu h-ìseal.**

   Each fèis must also be willing to act within the aims and objectives of Fèisean nan Gàidheal, which are detailed below.

Ar dualchas ... ar n-òigridh

'S e caidreabh neo-eisimeileach nàiseanta de dh'Fhèisean teagaisg ionadail a th' ann am Fèisean nan Gàidheal

Tha Fèisean ann a dh'aona-ghnothaich gus dualchas is cànan nan Gàidheal a theagasg do dhaoine òga ann an suidheachadh spòrsail is sàbhailte.

Amas Fèisean nan Gàidheal

Tha e mar amas dhan bhuidhinn gum bi ealain, cànan is dualchas nan Gàidheal rim faotainn agus air am meas le barrachd is barrachd dhaoine le bhith cur taic ri agus a' leudachadh Fèisean teagaisg ionadail, a tha gu sònraichte do dh'òigridh.

Our culture ... our young people

Fèisean nan Gàidheal is an independent national association of tuition-based local festivals known as Fèisean (singular Fèis).

Fèisean are designed to teach young people in a fun, safe environment about Gaelic culture and language.

Aim of Fèisean nan Gàidheal

The aim of the organisation is to make Gaelic Arts, Language and Culture more accessible and more widely appreciated through the support and development of community-based tuition Fèisean, primarily for young people.

'S e na cinn-uidhe:

- Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan
- 'S e prìomh amas cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean, labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh
- Obair nam Fèisean ann an roinn an fhoghlaim a leudachadh
- Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnant a lìbhrigeadh, le com-pàirtichean, 's air an toirt gu buil le Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth
- Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus sàradh a chur air adhart sna Fèisean
- A' cumail oirnn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a leudachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is follaiseach

The objectives are to:

- Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities
- Develop the use of the Gaelic language within the Fèis movement, developing the spoken word as a means of communication and medium for tuition, according to the needs of the community each Fèis serves, is a key objective.
- Develop the work of the Fèisean within the formal education sector
- Deliver strategic projects and contract work, with partners, carried out by Fèisean nan Gàidheal and individual Fèisean
- Develop training to enhance the skills of those involved in Fèisean and promote excellence within the Fèis movement
- Continue to foster closer links between Fèisean, other organisations and other countries, and raise the profile of the Fèis movement through enhanced PR and showcase opportunities

Ma tha sibh riaraichte aontachadh ri na cùnnraidhean a tha seo, agus ma sibh airson a dhol air adhart le ballrachd a thoirt a-mach, cuir thugainn an fhiosrachadh a leanas, le bonn-stèidh agus dearbhadh gu bheil cunntas-banca agaibh ann an ainm na Fèise.

If you are happy to agree to the conditions above, and you want to go ahead with an application for membership, please complete the details below and send it back to us, along with a copy of your Fèis constitution and confirmation of a bank account in the Fèis name.

Ainm Na Fèise – Fèis Name	Fèis An Rubha
Ainm an tagraiche – Applicant's Name	Donna Jane Matheson
Dreuchd - Position	Chair
Seòladh - Address	49 Lower Bayble
	Isle of Lewis
Còd Puist – Post Code	HS2 0QA
Àireamh Fòn – Telephone Number	01851 870145
Àireamh Fòn-làimhe – Mobile Number	01851 705366
Seòladh puist-d – E-mail address	DJmatheson[illegible]@gmail.com
Ceann-làithean na Fèise agaibh – Your proposed Fèis Dates	16 August 10th August 2012.

Tha mi a' dearbhadh gu bheil mi air na cùnnraidhean a leughadh agus gu bheil mi a' gabhail riutha. Tha mi a' tagradh airson ballrachd Fèisean nan Gàidheal às leth na feise tha shuas

I confirm that I have read the conditions and agree to abide by them. I am applying for membership of Fèisean nan Gàidheal on behalf of the abovementioned Fèis

Donna Jane Matheson ..... **Ainm-sgrìobhte**/Signature ..... 14/5/12 **Ceann-là**/Date

Ma bhios ur tagradh soirbheachail, cuiridh sinn cunntas thugaibh airson na cìs ballrachd.

If your application is successful, we will invoice you for the membership fee.

Cuir fiosrachadh air ais gu:
Fèisean nan Gàidheal | Taigh a' Mhill | Port-Rìgh | An t-Eilean Sgitheanach | IV51 9BZ
Please return information to:
Fèisean nan Gàidheal | Meall House | Portree | Isle of Skye | IV51 9BZ

Fèisean nan Gàidheal

Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.03

Anns an aithisg seo:	**Gnìomh a dhìth**
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.03(a)	
Teachd a-steach agus a-mach gu 31 Màrt 2013 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 30 Giblean 2012.	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.03(b)	
Bidh na suimean a th' againn anns a' bhanca air an dearbhadh aig a' choinneimh	Airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.03(c)	
Liosta de na tabhartasan air an gealltainn do na Fèisean airson 2012-13 leis na suimean pàighte gu 30 Giblean 2012.	Airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.03(d)	
Cunntasan Ràitheil gu 31 Màrt 2012, air an ullachadh le Mann Judd Gordon	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Cèitean 2012

Teachd a-steach agus teachd a-mach gu 31 Màrt 2013 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 30 Giblean 2012

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.03(a)

TEACHD A-STEACH	**2011-12**	**ÙINE**	**MAR A THACHAIR**
Core Grants	£ 349,333.00	£ 29,111.08	£ 150,000.00
Management Fees	£ 99,550.00	£ 8,295.83	£ 0.00
Grants Scheme	£ 200,000.00	£ 16,666.67	£ 20,000.00
Fèis Development Fund	£ 5,000.00	£ 416.67	£ 0.00
Annualised Hours	£ 10,000.00	£ 833.33	£ 0.00
Training	£ 20,000.00	£ 1,666.67	£ 2,500.00
Gaelic Development	£ 55,000.00	£ 4,583.33	£ 15,000.00
Youth Music Initiative	£ 219,511.00	£ 18,292.58	£ 0.00
Blas Festival	£ 195,500.00	£ 16,291.67	£ 0.00
Other Earned Income	£ 12,550.00	£ 1,045.83	£ 1,020.73
Meanbh-Chuileag TIE Service	£ 35,000.00	£ 2,916.67	£ 0.00
Support Cèilidh Trails	£ 110,205.00	£ 9,183.75	£ 0.00
Gaelic Drama Summer School	£ 28,000.00	£ 2,333.33	£ 0.00
Song-writing & Collecting Projects	£ 12,500.00	£ 1,041.67	£ 0.00
Press/PR/Website Updates/Newsletter	£ 1,000.00	£ 83.33	£ 0.00
Showcase Opportunities	£ 10,000.00	£ 833.33	£ 0.00
Fèisean Services	£ 24,000.00	£ 2,000.00	£ 0.00
General Funds still to be raised	£ 12,952.00	£ 1,079.33	£ 0.00
IOMLAN	**£ 1,400,101.00**	**£ 116,675.08**	**£188,520.73**
TEACHD A-MACH			
COSGAISEAN RUITH			
Staff Salaries	£ 307,936.00	£ 25,661.33	£25,407.25
NIC Contributions	£ 36,952.00	£ 3,079.33	£2,636.84
Pension Contributions	£ 15,397.00	£ 1,283.08	£659.57
Fèisean Services Staff Wages and NI	£ 24,000.00	£ 2,000.00	£2,082.55
Staff Travel	£ 22,000.00	£ 1,833.33	£203.26
Office Rent & Rates	£ 23,000.00	£ 1,916.67	£2,124.53
Stationery, Printing & Postage	£ 12,000.00	£ 1,000.00	£864.79
Telephone, Fax, E-mail, Heat & Light	£ 13,000.00	£ 1,083.33	£463.72
Board Expenses	£ 5,000.00	£ 416.67	£0.00
Implementation of Child Protection policy	£ 10,000.00	£ 833.33	£636.00
Insurance	£ 6,000.00	£ 500.00	£0.00
Sundry Expenses	£ 1,000.00	£ 83.33	£0.00
Accountancy & Bank Charges	£ 6,100.00	£ 508.33	£0.00
Professional Fees	£ 1,000.00	£ 83.33	£0.00
Instrument Bank Maintenance	£ 2,500.00	£ 208.33	£79.22
Additional Support Needs	£ 500.00	£ 41.67	£0.00
Capital Expenses	£ 3,000.00	£ 250.00	£21.46
COSGAISEAN PHRÒGRAM			
Grants Paid Out	£ 200,000.00	£ 16,666.67	£ 16,642.00
Annualised Hours	£ 10,000.00	£ 833.33	£ 0.00
Fèis Development Fund	£ 5,000.00	£ 416.67	£ 0.00
Training Programme	£ 20,000.00	£ 1,666.67	£ 253.27
Training Programme Management Fee	-£ 3,000.00	-£ 250.00	£ 0.00

Gaelic Language Development	£ 55,000.00	£ 4,583.33	£ 4,908.53
Gaelic Language Development Management Fee	-£ 8,250.00	-£ 687.50	£ 0.00
Youth Music Initiative	£ 219,511.00	£ 18,292.58	£ 285.80
Youth Music Initiative Management Fee	-£ 50,000.00	-£ 4,166.67	£ 0.00
Annual Conference	£ 8,000.00	£ 666.67	£ 0.00
Blas Festival	£ 195,500.00	£ 16,291.67	£ 0.00
Blas Festival Management Fee	-£ 15,000.00	-£ 1,250.00	£ 0.00
Support for Meanbh-Chuileag	£ 35,000.00	£ 2,916.67	£ 0.00
Support Cèilidh Trails	£ 110,205.00	£ 9,183.75	£ 127.40
Cèilidh Trails Management Fee	-£ 12,000.00	-£ 1,000.00	£ 0.00
Gaelic Drama Summer School	£ 28,000.00	£ 2,333.33	£ 0.00
Drama Summer School Management Fee	-£ 2,800.00	-£ 233.33	£ 0.00
Archiving Project	£ 12,500.00	£ 1,041.67	£ 0.00
Archiving Management Fee	-£ 2,000.00	-£ 166.67	£ 0.00
Press/PR/Website Updates/Newsletter	£ 1,000.00	£ 83.33	£ 0.00
Showcase Opportunities	£ 10,000.00	£ 833.33	£ 0.00
Showcase Opportunities Management Fee	-£ 1,500.00	-£ 125.00	£ 0.00
Contingency	£ 1,000.00	£ 83.33	£ 0.00
FO-IOMLAN A-MACH	**£ 1,300,551.00**	**£ 108,379.25**	**£ 59,271.19**
Management Fees	£ 99,550.00	£ 8,295.83	£0.00
TEACHD A-MACH GU H-IOMLAN	**£ 1,400,101.00**	**£ 116,675.08**	**£ 59,271.19**
Transfer to Reserves	£ 17,421.25	£ 1,451.77	£0.00
CÒRR/CALL	**£ 0.00**	**£ 0.00**	**£ 129,249.54**

Tabhartasan nam Fèisean 2012-13 leis na bha pàighte gu 30 Giblean 2012

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.03(c)

Tha an clàr a leanas a' sealltainn tabhartasan a tha air an aontachadh airson nam Fèisean, agus na th' air a bhith pàighte air a' cheann-latha shuas.

Ainm Fèise	InG	InG Dùbhlanach	Prìomh Thabhartas Fèise	Maoin Ùghdarras Ionadail	Tabhartas Leantainneach	Uairean a rèir Bliadhna	Tabhartas Uairean Bliadhnail	Sgeama Leasachaidh	Tabhartas Iomlan air a Thabhann	Còrr Pàighte	Còrr gun rèiteach
Comhairle na Gàidhealtachd											
Fèis an Earraich	√	√	£5,797.47	£3,165.53	£2,000.00	150	£1,125.00	£0.00	£12,088.00	£8,284.50	£3,803.50
Fèis Lochabair	√		£2,842.78	£1,552.22	£1,000.00	100	£750.00	£0.00	£6,145.00	£3,296.00	£2,849.00
Fèis nan Garbh Chrìochan	√	√	£3,686.89	£2,013.11	£3,050.00	20	£150.00	£0.00	£8,900.00	£0.00	£8,900.00
Fèis Chataibh	√		£2,029.08	£1,107.92	£1,872.00	80	£600.00	£0.00	£5,609.00	£0.00	£5,609.00
Fèis a' Bhealaich	√	√	£298.83	£163.17	£532.00	10	£75.00	£0.00	£1,069.00	£0.00	£1,069.00
Fèis Rois Òigridh	√	√	£6,361.50	£3,473.50	£5,345.00	0	£0.00	£0.00	£15,180.00	£0.00	£15,180.00
Fèis Rois nan Deugairean	√	√	£7,244.41	£3,955.59	£0.00	0	£0.00	£0.00	£11,200.00	£0.00	£11,200.00
Fèis Eige	√	√	£877.74	£479.26	£0.00	20	£150.00	£0.00	£1,507.00	£0.00	£1,507.00
Feis Ghallaibh	√	√	£0.00	£0.00	£2,546.00	20	£150.00	£0.00	£2,696.00	£0.00	£2,696.00
Fèis Farr	√		£0.00	£0.00	£850.00	0	£0.00	£0.00	£850.00	£0.00	£850.00
Fèis na h-Òige	√		£711.51	£388.49	£1,160.00	0	£0.00	£0.00	£2,260.00	£0.00	£2,260.00
Fèis Air an Oir	√	√	£732.20	£399.80	£2,480.00	50	£375.00	£0.00	£3,987.00	£0.00	£3,987.00
Feis Ghleann Albainn	√		£1,010.98	£552.02	£2,725.00	0	£0.00	£0.00	£4,288.00	£0.00	£4,288.00
Fèis Ratharsaidh	√	√	£1,466.99	£801.01	£0.00	0	£0.00	£0.00	£2,268.00	£0.00	£2,268.00
Fèis a' Bhaile	√		£1,406.84	£768.16	£1,588.00	100	£750.00	£0.00	£4,513.00	£0.00	£4,513.00
Fèis Òigridh na Mara	√	√	£468.95	£256.05	£5,720.00	200	£1,500.00	£0.00	£7,945.00	£0.00	£7,945.00
Fèis Inbhir Narann	√		£897.15	£489.85	£3,001.00	100	£750.00	£0.00	£5,138.00	£0.00	£5,138.00
Fèis Spè	√		£2,377.07	£1,297.93	£4,706.00	0	£0.00	£0.00	£8,381.00	£0.00	£8,381.00
Fèis an Iar Thuath	√	√	£358.99	£196.01	£300.00	0	£0.00	£0.00	£855.00	£0.00	£855.00
Fèis Thròdairnis	√	√	£2,000.62	£1,092.38	£604.00	0	£0.00	£0.00	£3,697.00	£0.00	£3,697.00
Feis a' Chaolais	√		£0.00	£0.00	£1,520.00	0	£0.00	£0.00	£1,520.00	£0.00	£1,520.00
Iomlan Comhairle na Gàidhealtachd			**£40,570.00**	**£22,152.00**	**£40,999.00**	**850**	**£6,375.00**	**£0.00**	**£110,096.00**	**£11,580.50**	**£98,515.50**
Comhairle nan Eilean Siar											
Fèis Tìr a' Mhurain	√	√	£3,211.00	£1,350.00	£1,732.00	80	£600.00	£0.00	£6,893.00	£0.00	£6,893.00
Fèis Eilean an Fhraoich	√		£3,790.00	£1,800.00	£1,800.00	120	£900.00	£0.00	£8,290.00	£0.00	£8,290.00
Fèis Tìr an Eòrna	√	√	£2,490.00	£1,350.00	£870.00	20	£150.00	£0.00	£4,860.00	£0.00	£4,860.00
Fèis Bharraigh	√	√	£4,475.00	£1,350.00	£3,454.00	60	£450.00	£0.00	£9,729.00	£0.00	£9,729.00

Fèis Eilean na Hearadh	√	√	£1,337.00	£1,350.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£2,837.00	£0.00	£2,837.00
Fèis an Rubha	√		£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Taigh Dhonnchaidh	√	√	£916.00	£1,350.00	£1,144.00	0	£0.00	£0.00	£3,410.00	£2,037.00	£1,373.00
Iomlan Comhairle nan Eilean Siar			**£16,219.00**	**£8,550.00**	**£9,000.00**	**300**	**£2,250.00**	**£0.00**	**£36,019.00**	**£2,037.00**	**£33,982.00**
Earra-Ghàidheal agus Bhòid											
Fèis Cholla	√	√	£1,525.00	£0.00	£1,136.00	20	£150.00	£0.00	£2,811.00	£0.00	£2,811.00
Fèis Latharna	√		£3,231.00	£0.00	£3,100.00	50	£375.00	£0.00	£6,706.00	£2,610.50	£4,095.50
Fèis Mhuile	√	√	£778.00	£0.00	£432.00	20	£150.00	£0.00	£1,360.00	£0.00	£1,360.00
Fèis Thiriodh	√	√	£700.00	£0.00	£550.00	60	£450.00	£0.00	£1,700.00	£0.00	£1,700.00
Fèis Ìle agus Dhùira	√	√	£1,745.00	£0.00	£1,500.00	0	£0.00	£0.00	£3,245.00	£0.00	£3,245.00
Fèis Dhùn Omhain	√	√	£780.00	£0.00	£500.00	20	£150.00	£0.00	£1,430.00	£0.00	£1,430.00
Fèis Cheann Loch Goibhle	√		£1,207.00	£0.00	£1,359.00	40	£300.00	£0.00	£2,866.00	£0.00	£2,866.00
Iomlan Earra-Ghàidheal agus Bhòid			**£9,966.00**	**£0.00**	**£8,577.00**	**210**	**£1,575.00**	**£0.00**	**£20,118.00**	**£2,610.50**	**£17,507.50**
Sgìrean Eile/Bailtean Mòra											
Fèis Arainn	√		£2,550.00	£0.00	£2,456.00	0	£0.00	£0.00	£5,006.00	£0.00	£5,006.00
Fèis Mhoireibh	√	√	£1,353.00	£0.00	£448.00	20	£150.00	£0.00	£1,951.00	£0.00	£1,951.00
IOMLAN InG	**37**	**23**	**£70,658.00**	**£30,702.00**	**£61,480.00**	**1,380**	**£10,350.00**	**£0.00**	**£173,190.00**	**£16,228.00**	**£156,962.00**
Fèis Dhùn Èideann			£2,750.00	£0.00	£6,100.00	300	£2,250.00	£0.00	£11,100.00	£1,125.00	£9,975.00
Fèis Chille Conbhal			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Obair Dheathain			£1,678.00	£0.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£1,828.00	£0.00	£1,828.00
Feis Dhùn Bhreatainn			£0.00	£0.00	£1,932.00	0	£0.00	£0.00	£1,932.00	£0.00	£1,932.00
Fèis Lannraig a Tuath			£878.00	£0.00	£728.00	0	£0.00	£0.00	£1,606.00	£0.00	£1,606.00
Fèis Fhoirt			£3,850.00	£0.00	£2,328.00	50	£375.00	£0.00	£6,553.00	£1,164.00	£5,389.00
Feis Ghlaschu			£2,140.00	£0.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£2,290.00	£0.00	£2,290.00
Fèis Innis an Uillt			£945.00	£0.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£1,095.00	£0.00	£1,095.00
Fèis Lunnainn			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Feis an t-Stratha			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Iomlan Sgìrean Eile/Bailtean Mòra			**£16,144.00**	**£0.00**	**£13,992.00**	**430**	**£3,225.00**	**£0.00**	**£33,361.00**	**£2,289.00**	**£31,072.00**
			Prìomh Thabhartas Fèise	**Maoin Ùghdarras Ionadail**	**Tabhartas Leantainneach**	**Uairean a rèir Bliadhna**	**Tabhartas Uairean Bliadhnail**	**Sgeama Leasachaidh**	**Tabhartas Iomlan air a Thabhann**	**Còrr Pàighte**	**Còrr gun rèiteach**
GU H-IOMLAN			**£ 82,899.00**	**£ 30,702.00**	**£ 72,568.00**	**1,790**	**£ 13,425.00**	**£ 0.00**	**£ 199,594.00**	**£ 18,517.00**	**£ 181,077.00**

Fèisean nan Gàidheal

Cunntasan Ràitheil gu 31 Màrt 2012

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.03(d)

Fèisean nan Gàidheal
Consolidated management accounts
Year ended 31 March 2012

Description	Total	Core activities	Blas Festival	Training	Schools project	Gaelic development	Heritage project
STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES							
INCOMING RESOURCES							
Creative Scotland	403,805	353,000	50,000	805	0		
Highland Council	340,404	47,393	73,500		219,511		
Comhairle nan Eilean Siar	15,980	15,980					
Argyll & Bute Council	7,000	7,000					
Highland & Islands Enterprise	165,985	143,985				22,000	
Bord na Gaidhlig	132,645	51,395	25,000	5,000.00		51,250	
Comunn na Gaidhlig	8,250	2,000				6,250	
Leader (Argyll)	3,417	3,417					
Leader (Highland)	5,523	5,523					
Scotland's Islands	30,000		30,000				
Soillse	(900)	(900)					
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	5,250					5,250	
Membership fees	5,825	5,825					
Sponsorship income	0						
Sale of publications	1,339	1,339					
Instrument bank revenue	7,581	7,581					
Training registration fees	5,370			5,370			
Ceilidh Trails - other income	60,535	60,535					
Management fees	131,258	131,258					
Box office / concerts	39,486		39,486				
Performance fees	4,261	1,650				2,611	
Other income	7,694	2,694	5,000				
Wages reimbursed by Feisean	25,093	25,093					
Bank interest received	728	728					
Total incoming respources	**1,406,529**	**865,495**	**222,986**	**11,175**	**219,511**	**87,361**	**0**
RESOURCES EXPENDED							
Fundraising trading							
Instrument bank costs	4,327	4,327					
Artistes costs	55,972		55,972				
Travel and support	26,406		26,406				
PA& Lighting	23,975		23,975				
Venue hire	1,103		1,103				
PA and lighting	40,839		40,839				
Project manager	39,960		39,960				
Commissions	11,453		11,453				
	204,034	4,327	199,707	0	0	0	0
Charitable activities							
Wages	331,880	331,880					
Development officers & tutors	123,486	9,337			114,149		
Grants to Feisean	197,460	197,460					
Travelling	40,378				32,564	7,814	
Child protection costs	13,034	13,034					
Training	6,381			6,381			
Workshops	28,962			14,429		14,533	
Materials	8,745				8,745		
Sgoil Shamhraidh	33,380					33,380	
Ceilidh trail	90,600	90,600					
Festival costs	16,244					16,244	
Tachartasan Comhnaidh 2012	1,572					1,572	
Project management	15,000				15,000		
Management charge	131,258	52,184	18,500		47,000	13,574	
Sundry expenses	4,826	2,768	2,058				
	1,043,206	697,263	20,558	20,809	217,458	87,117	0
Governance costs							
Audit & accountancy	7,386	6,386	1,000				
Committee expenses	3,350	3,350					
Annual conference	11,137	11,137					
Legal & professional fees	149	149					
	22,022	21,022	1,000	0	0	0	0
Support costs							
Social security	31,344	31,344					
Pensions	8,993	8,993					
Staff travel & expenses	30,401	30,401					
Office rent	26,863	26,863					
Light and heat	7,189	7,189					
Insurance	488		488				
Capital costs	6,807	6,807					
Telephone	7,547	7,547					
Postage and stationery	13,010	13,010					
Website costs	6,440	6,415	25				
Bank charges and interest	572	475	97				
Depreciation	1,397	523	874				
	141,050	139,567	1,483	0	0	0	0
Total resources expended	**1,410,311**	**862,179**	**222,747**	**20,809**	**217,458**	**87,117**	**0**
Net incoming / (outgoing) resources - for year ended 31 March 2012	**(3,782)**	**3,317**	**239**	**(9,634)**	**2,053**	**244**	**0**
Total funds at 1 April 2011	87,837						
Total funds at 31 March 2012	**84,056**						

Fèisean nan Gàidheal
Consolidated management accounts
Year ended 31 March 2012

Description	Total	Core activities	Blas Festival	Training	Schools project	Gaelic development	Heritage project

BALANCE SHEET AS AT 31 MARCH 2012

Fixed assets	
Photocopier - cost	11,042
Computer equipment - cost	2,791
Photocopier - depreciation	(8,421)
Computer equipment - depreciation	(1,221)
	4,191
Current assets	
Grants receivable	89,425
VAT	2,113
	91,538
Bank accounts	
FnG current account	(67,282)
FnG high interest account	75,993
Deposit account	0
Blas Festival current account	1,808
	10,519
Current liabilities	
Social security and other tax	(9,273)
Trade creditors	(5,665)
Unpaid grants to Feisean	0
Accrued expenses	(7,255)
	(22,192)
Net assets as at 31 March 2012	**84,056**

Fèisean nan Gàidheal

Dreach chùmhnant Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean 2012-15

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2012.03(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Cothrom a thoirt do bhuill a' Bhùird sùil a thoirt air an dreach chùmhnant le Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG) airson 2012-15.

Bun Fhiosrachadh

Bidh fios aig buill a' Bhùird gu bheil InG air maoin aontachadh airson na trì bliadhnaichean a tha romhainn: suas ri £170k ann an 2012-13, £160k ann an 2013-14 agus £150k ann an 2014-15.

Maoin 2012-15

The obligations of the Borrower to the Bank under this letter will be secured by all security and/ or guarantees held by the Bank in respect of the liabilities of the Borrower, including those delivered to the Bank under clause 4 in the front part of this letter and at any time in the future.

3 Preparation of Information

3.1 The Borrower will ensure that:

(a) its audited financial statements are prepared in accordance with GAAP (applied in a manner consistent with the preparation of the equivalent financial statements delivered to the Bank under clause 5 in the front part of this letter); and

(b) if (1) there is a change in GAAP or the manner in which it is applied, or (2) the Bank consents to the Borrower changing the method of preparation of its financial statements from GAAP to IFRS or the date of the financial year end, in each case the Borrower will deliver to the Bank with all financial statements delivered to the Bank under clause 5 in the front part of this letter following such change, sufficient information (in form and substance satisfactory to the Bank acting reasonably) to enable the Bank to make an accurate comparison between those financial statements and those prior to such change and to test the financial covenants (if any) in clause 6 in the front part of this letter. If the Bank considers in good faith that amendments are required to such financial covenants as a result of such change, the Bank shall notify the Borrower of such amendments which shall be binding on the Borrower; and

(c) if the Borrower's management accounts are required to be delivered to the Bank under clause 5.1 in the front part of this letter, such accounts include a profit and loss account, a balance sheet and a cashflow forecast, are prepared both in respect of the month to which they relate and the Borrower's financial year to date and contain a commentary from a director on its financial performance during that period including a comparison of actual performance to budgeted performance; and

(d) if the Borrower's annual budget is required to be delivered to the Bank under clause 5.1 in the front part of this letter, such annual budget includes a projected profit and loss account (broken down on a month by month basis) and balance sheet and a cashflow forecast (broken down on a month by month basis) and projected calculations in respect of the financial covenants (if any) in clause 6 in the front part of this letter.

3.2 If the Relevant Person is exempt under the Companies Act 2006 from auditing its financial statements for any financial year, and does not obtain such an audit, any reference to "audited financial statements" in clauses 4.5, 5.1 and 6 of the front part of this letter shall be treated as references to the "financial statements certified by the Relevant Person's accountants as giving a true and fair view of the trading results and financial conditions of the Relevant Person and its subsidiaries (if any)" for the relevant financial year.

4 Calculations

4.1 All interest, charges and commission will accrue on a daily basis (both before and after judgement) and be calculated on the basis of the actual number of days elapsed and a year of 365 days (in respect of amounts in Sterling) or 360 days (in respect of amounts in any other currency) or, if market practice differs, in accordance with the normal market practice for the relevant currency.

4.2 All notifications, determinations and calculations given or made by the Bank under this letter will be conclusive and binding except in any case of manifest error.

5 Expenses and Indemnities

Subject to the Business Current Account terms and conditions:

5.1 The Borrower will, on demand pay to or reimburse the Bank on a full indemnity basis for all legal, valuation, documentation and other fees, costs and expenses (including any applicable VAT) incurred by the Bank in connection with the Relevant Documents, including in respect of any amendment of any Relevant Document or any waiver, enforcement or preservation of the Bank's rights under any Relevant Document.

5.2 The Borrower will indemnify the Bank, on demand, for any expense, loss or liability incurred by the Bank as a consequence of any failure by the Borrower to comply with its obligations under this letter or any other Relevant Document.

5.3 If, for any reason, any amount payable under this letter is paid or recovered (including by way of set-off) in a currency other than that in which it is required to be paid the Borrower will indemnify the Bank on demand against (1) the full cost incurred by the Bank of converting that sum into the currency in which it is required to be paid at the prevailing rate of exchange as the Bank determines appropriate and (2) any shortfall in the amount to be paid under this letter following the application of such converted sum.

6 Transfer and Disclosure

6.1 The Borrower may not assign, transfer or otherwise deal with any of its rights or obligations in respect of this letter or the Loan or any other Relevant Document.

6.2 The Bank may (1) assign any of its rights or benefits and/or (2) transfer by novation any of its obligations, under this letter or any other Relevant Document to another bank or financial institution or to a trust, fund or other entity which is regularly engaged in or established for the purpose of making, purchasing or investing in loans, securities and other financial assets or to any other person or persons and/or (3) otherwise deal with its rights, benefits and/or obligations under this letter or any other Relevant Document, in whole or in part.

6.3 The Bank may enter into any sub-participation or any trust or contractual arrangement (or any other transaction under which payments are to be made by reference to this letter, any other Relevant Document or any Relevant Person) with any person in relation to this letter or any other Relevant Document.

6.4 The Bank may disclose any information obtained at any time from whatever source relating to any Relevant Person, the Facilities or any Relevant Document to (1) any of its associated companies (2) any actual or prospective assignee, transferee or participant, or persons with whom the Bank enters into any such dealings (3) its auditors, advisers or applicable regulatory authorities, rating agencies and investors or any other person who enters or proposes to enter into any transaction with the Bank in relation to this letter or any other Relevant Document (4) any other person in connection with a securitisation of all or any part of the Bank's rights under this letter or any other Relevant Document or (5) anyone who needs such information in respect of such assignation, transfer, dealing or securitisation.

6.5 The Borrower undertakes to execute, and to use its best endeavours to procure that any other Relevant Person executes, all documents (including amendments to this letter and any other Related Document) that the Bank may reasonably require to give effect to such an assignation, transfer, dealing or securitisation and to ensure any related guarantee or security (if applicable) is also properly transferred.

7 Communications

Each notice, consent and other communication in respect of this letter:

7.1 will be in writing (which includes by fax);

7.2 will be sent to the address or fax number most recently designated for this purpose by the recipient;

7.3 given to the Borrower will be effective when left at, or two Business Days after it is posted to, the relevant address or, in the case of a fax, on receipt by the Bank of a fax confirmation sheet; and

7.4 given to the Bank will be effective only on actual receipt by the Bank. If the time of receipt does not fall on a Business Day, the communication will be deemed effective on the first Business Day thereafter.

8 Miscellaneous

8.1 If all or any part of any Facility is denominated in the currency of a state which adopts the euro as its lawful currency after the date of this letter, the Bank will be entitled to make such changes to this letter and any other Relevant Document as it reasonably considers necessary to address such adoption. The Bank will notify the Borrower of such changes in writing 60 days before they come into effect, after which time they will be binding on the Borrower.

8.2 If any provision of this letter is or becomes illegal, invalid or unenforceable, the legality, validity or enforceability of the remaining provisions will not be affected or impaired. Any failure by the Bank to exercise, or delay in exercising, any right or remedy under this letter or any Relevant Document will not constitute a waiver of that right or remedy.

9 Definitions and Interpretation

9.1 Definitions

In this letter, the following words and phrases have the following meanings:

(a) **"Business Day"** means any day (excluding Saturdays, Sundays and bank holidays), on which banks are generally open in the City of London for the transaction of normal banking business;

(b) **"GAAP"** means generally accepted accounting principles in the United Kingdom (excluding IFRS);

(c) **"IFRS"** means international accounting standards within the meaning of IAS Regulation 1606/2002;

(d) **"Optional Currency"** means any currency (including euro) which is freely transferable and convertible into Sterling and is approved by the Bank on the request of the Borrower;

(e) **"Relevant Document"** means (1) this letter (2) each other document under which any person (including the Borrower) grants security or issues a guarantee in respect of the Borrower's obligations under this letter and (3) each letter or agreement varying, amending, supplementing, restating, substituting or novating this letter or such document;

(f) **"Relevant Person"** means (1) the Borrower (2) any other person which enters into a Relevant Document (3) any subsidiary of the Borrower and (4) where a person enters into a Relevant Document in its capacity as a partner of a partnership, that partnership;

(g) **"Sterling"** and **"£"** means the lawful currency of the United Kingdom;

(h) **"Sterling Equivalent"**means in relation to an amount of a Facility in a currency other than Sterling, that amount converted into Sterling at the prevailing rate of exchange for such currency as the Bank determines appropriate on the applicable day; and

(i) **"Unplanned Borrowing"** means borrowing which is the result of the Bank agreeing to a request from the Borrower for a temporary overdraft or temporary increase to an existing overdraft to cover a payment for which the Borrower does not have sufficient funds available.

9.2 Interpretation

References in this letter to:

(a) "guarantee" include any guarantee or indemnity and other financial support (including any participation or other assurance against loss and any deposit or payment) in respect of any person's indebtedness; and

(b) "person" include any individual, company, corporation, firm, government, state or agency of the state and any association, partnership or trust (in each case whether or not it has a separate legal personality); and

(c) "security" include any assignment/assignation by way of security, charge, lien, mortgage, pledge, standard security, right of set-off, right of retention of title or other security interest securing any obligation of any person and any other agreement or arrangement having a similar effect; and

(d) "set-off" include any rights of retention, claims for compensation or rights to balance accounts on insolvency; and

(e) "subsidiary" means a subsidiary undertaking within the meaning of section 1162 of the Companies Act 2006; and

(f) this letter or any other document referred to in it will be construed as references to this letter or such document as varied, amended, supplemented, restated, substituted or novated from time to time; and

(g) a party to a Relevant Document or a Relevant Person includes its successors-in-title, its permitted assigns or assignees and its transferees; and

(h) the singular include the plural and vice versa, as the context permits or requires; and

(i) any provision of any statute, any legislation or of any regulation means at any time the relevant provision as is in force at that time (even if it has been amended, re-enacted or replaced since the date of this letter).

Extract of Board Resolution

I, , being a *Director/the Company Secretary of (the "Company"), hereby certify that the following is a true extract from the minutes of a quorate and duly convened meeting of the Directors of the Company at which all appropriate interests were declared and which was held on .

"There was produced to the meeting a facility letter (the "Facility Letter") from Clydesdale Bank PLC (the "Bank") dated 11/04/2012 which sets out the terms and conditions on which the Bank is prepared to make available overdraft and other facilities (the "Facilities") to the Company.

After due and careful consideration of the terms of the Facility Letter and of all the relevant circumstances, **IT WAS RESOLVED** that:

1 the utilising by the Company of up to the full amount of the Facilities on the terms and conditions set out in the Facility Letter is for the benefit of, and in the best commercial interests of, the Company for the purpose of carrying on its business and that the terms and conditions of such Facility Letter are approved and accepted; and

2 the Facility Letter be executed on behalf of the Company by the Director specified below who is also authorised to sign on behalf of the Company all such other documents, agreements, certificates, notices, communications or confirmations, including amendments, variations, renewals and extensions, as may be required in connection with the Facilities or the Facility Letter

_____."

Signed:
* Director/Company Secretary

Dated:

* Delete as applicable

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Agenda Item: 2.2012.05(a)

Name	**Art MacCarmaig**
Position	**Ceannard**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Bun fhiosrachadh

Bidh fios aig buill a' Bhùird gur e mise a bhios a' cur ri chèile an aithisg fharsaing air Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal gach ràithe. Le sin, bidh mi a' dèiligeadh ri cùisean san aithisg seo nach eil a' nochdadh ann an aithisgean eile dhan Bhòrd.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Is mise prìomh oifigear Fhèisean nan Gàidheal a tha a' dèiligeadh ri Fèis Rois agus choinnich mi ri Fiona Dalgetty, Ceannard Fèis Rois, air 15 Cèitean ann an Inbhir Pheofharain.

Maoin

Bha ceistean aig Fèis Rois mun ìre de dh'airgead a tha Fèisean nan Gàidheal air tabhann dhaibh airson 2012-13 agus tha mi air aontachadh còimhead as ùr ri seo.

Tachartasan

- Chaidh Fèis Rois nan Oileanach air adhart ann an Ulapul eadar 24 agus 26 Gearran, airson oileanaich a tha fileanta sa Ghàidhlig
- Thachair Fèis Rois Òigridh ann an Ulapul eadar 2 agus Giblean 2012 agus bha seo gu math soirbheachail le 135 an làthair
- Chaidh Fèis Rois nan Inbheach a chumail ann an Ulapul eadar 4 agus 7 Cèitean le àireamhan mòra an làthair
- Chaidh bùth-obrach "Sing Out!" air adhart ann an Srath Pheofhair air 25 Gearran
- Tha an Taigh-òsta Nàiseanta ann an Inbhir Pheofharain agus Fèis Rois air a bhith ag obair còmhla air seiseanan ciùil a chur air adhart airson òigridh ann an AS3 agus nas sine, air Dihaoine 24 Gearran, 30 Màrt, 27 Giblean agus 25 Cèitean
- Ghabh 26 pàirt ann am clas ùr fìdhle ann an Inbhir Pheofharain gach oidhche Dhiardaoin agus bidh barrachd air 30 a' tadhal air an t-seisean ann an Caisteal Thulaich gach oidhche Chiadain
- 5 Làithean Fèise Coimhearsnachd ann an Loch Carran - 18 Gearran agus 28 Giblean le barrachd ri thighinn air 23 Ògmhios, 11 Lùnastal agus 3 Samhain

Tha Fèis Rois ag ullachadh an-dràsta airson:

- Trad Trails – pròiseact a bhios iad a' ruith ann an co-bhonn ris an TMSA, a' comharrachadh Bliadhna Alba Chruthachail
- Cèilidh air Chuairt an t-samhraidh
- Pàirt a ghabhail ann am Blas le 'flash mob' agus àite anns a' chuirm dheireannach

Gàidhlig

Chuir Fèis Rois air dòigh naoi uairean de theagasg ann an Gàidhlig air a' mhìos a dh'fhalbh air a lìbhrigeadh le Fiona Dunn. Ghabh 32 pàirt agus bha am fiosrachadh a fhuair iad bhon luchd-ciùil gu math fàbharach le grunn den luchd-teagaisg a' beachdachadh air clasaichean a bharrachd a ghabhail. Bidh seo cuideachail ann an cur an gnìomh ar poileasaidh Gàidhlig.

Trèanadh airson luchd-teagaisg ICO

Tha Rachael Duff air pròiseact fheuchainn far an robh luchd-teagaisg ùr ICO a' faighinn taic bho chuid a tha fìor eòlach air an obair. Bidh seo air a leudachadh do sgìrean eile le aonta bho na co-òrdanaichean ICO nuair a choinnicheas iad air 21 Cèitean.

Coinneamhan is eile bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

25.04.12 Coinneamh le Mòrag Anna NicLeòid airson còmhradh mu aontaidhean le Comhairle na Gàidhealtachd

26.04.12 Coinneamh mu Bhlas le Donna NicRath, Calum Ailig Mac a' Mhaoilean agus Ùisdean MacIllFhinnein ann an Inbhir Pheofharain
01.05.12 Làthaireachd aig Fèis Dhràma Earra-Ghàidheal agus Loch Abar anns an Òban
09.05.12 Coinneamh ann am Port Rìgh le Ann Marie Reid bho InG mu aonta maoineachaidh
10.05.12 Coinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh air fòn
10.05.12 Coinneamh le Seumas Mac an t-Sagairt bho MacTV ann am Port Rìgh
14.05.12 Agallamh air Skype le Nod Knowles mar phàirt den lèirmheas a tha Alba Chruthachail a' dèanamh air ceòl
15.05.12 Coinneamh le Fiona Dalgetty aig oifisean Fèis Rois
21.05.12 Coinneamh le Dòmhnall MacLeòid agus Dòmhnall Mac a' Phiocair bho Chomhairle Earra-Ghàidheal agus Bòid mu aontaidhean maoineachaidh

Ainm	**Calum Ailig MacMhaoilain**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Tha an taic seo a' leantainn le taic bho tri oifigearan leasachaidh agus aon àrd-oifigear leasachaidh. Bidh mi a' cumail taic cunbhalach don sgioba leasachaidh air fad agus dhan stiùireadh mar a bhios iomchaidh.

Tha mi a' coimhead às dèidh 4 Fèisean mar prìomh oifigear

Fèis Fhoirt – Chum an Fhèis tachartas deireadh-seachdain aig deireadh a' Mhàirt far an robh deagh àireamhan an làthair. Tha iad a' cumail oirnn leis na clasaichean leantainneach 's bidh iad a' cumail Fèis eile san t-Sultain.

Tha an Fhèis trang ag ullachadh airson a' chiad 'Ceilidh air Chuairt' aca. Tha iad air buidheann a thaghadh airson a' chuairt 's bidh iad a' cur air dòigh consartan anns na seachdainean ri teachd.

Fèis Ghallaibh – Chaidh mi suas a' dh' fhaicinn Fèis Ghallaibh anns a' Mhàrt 's iad air cuairt timcheall na sgoiltean airson obair na Fèis a bhrosnachadh. Tha iad a' cumail trang le tachartasan a' gabhail àite gach mìos.

Fèis Dhuneideann – Tha an Fhèis trang ag ullachadh airson an Fhèis aca a bhios a' gabhail àite air 19-21 Cèitean. Leis gu robh obraichean a' dol air adhart aig an sgoil a b' àbhaist dhaibh a bhith a' cleachdadh sa Ghearran chuir iad an Fhèis dheth gus an àm seo. Thèid an fhèis air ais chun a' Ghearrain ann an 2013.

Fèis Obar Dheathain – Chan eil tachartasan a' ruith aig Fèis Obar Dheathain an-dràsta. Tha mi air a bhith a' feuchainn coinneamh a chuir air dòigh leis a' chomataidh a chaidh a steidheachadh mu dheireadh ach chan eil seo air a bhith comasach.

1.2 Taic air a thoirt ri co-dhiù dithis tro Sgeama Greis Gnìomhachais/Sgeama Luchd Ceasnachaidh CnaG (BnG)

Bidh sinn a' cumail taic ris an sgeama seo a-rithist le bhith a' fastadh Ellen NicDhòmhnaill à Inbhir Nis airson deich seachdainean tron shamhraidh. Bha Ellen còmhla rinn airson trì seachdainean sa Mhàirt mar phàirt de ghreis-ghniomhachais bho Sabhal Mòr Ostaig.

1.3 A' cumail oirnn a' maoineachadh leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean (AC)

Thug sinn taic do Fèis Tìr a' Mhurain agus an sgioba ac' a bha an sàs le Film-G. Bidh an sgeama airson 2012/13 a' fosgladh a dh'aithghearr.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Tha na h-oifigearan leasachaidh ag obair gu dlùth le na Fèisean aca, a' cumail dlùth cheangal riutha le conaltradh cunbhalach a' tabhann taic dhaibh air gach ni anns a bheil iad an sàs.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)

Le taic bho Comhairle nan Eilean Siar tha sinn a' cumail oifiegar ann an dreuchd san sgire seo.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)
Le taic bho Comhaile Earra-Ghaidheal is Bhoid tha sinn a' cumail oifigear an dreuchd an seo. Tha sinn an dòchas an taic seo a dhearbhadh airson 2012/13 anns na seachdainean a tha romhainn.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach
Thathas a' dèanamh oidhirp gus brathan-naidheachd agus fiosrachadh mu thachartasan Fèisean agus Fèisean nan Gàidheal a' sgaoileadh gu tric, air post-d a' cleachdadh an stòr-data farsaing a th'againn, cuairt-litir gach ràithe, a' cleachdadh na meadhanan ionadail agus Gàidhlig agus lìonraidhean sòisealta

1.12 A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlanach aig InG (InG)
Tha ùidh air nochdadh bho Chanaigh airson Fèis Theaghlaich ùr a thoiseachadh 's tha Maria NicAonghais a' conaltradh leis an coimhearsnachd an sin.

1.12 Taic a thoirt airson Fèisean ùr a stèidheachadh far a bheil coimhearsnachdan gan iarraidh agus ma bhios maoin ann dhaibh (AC)
Tha ùidh air nochdadh bho comhairle Pheairt agus Chinn Rois fèis a thoiseachadh ann an Obar Pheallaidh.

1.14 Na Fèisean ag obair còmhla
Tha cuid mhath dha na Fèisean ag obair còmhla air diofar phròiseactan agus tha barrachd conaltradh a' dol air adhart eadar Fèisean. Leis gum bi an sgeama leasachaidh a' fosgladh a-rithist bidh sinn a' brosnachadh na Fèisean a bhith a' coimhead ri cothroman co-obrachaidh.

1.15 Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail
Chaidh margaid trèanaidh a chumail sa Mhàirt ann an Inbhir Nis. Air sgath 's nach b' urrainn don oide a bhith an lathair thug mi fhìn seachad buth-obrach air Microsoft Excel.

Tha an Iomairt airson oideachadh Gàidhlig a thoirt do luchd-teagaisg nam Fèisean a leanntainn. Tha cuid mhath dhan luchd-teagaisg air clasaichean Ulpan a thoiseachadh agus bidh seiseannan eile air thabhann airson an fheadhainn aig nach eil mòran Gàidhlig idir san àm ri teachd.

1.16 A' cruthachadh Lìonra
Bidh mi a riochdachadh Fèisean nan Gàidheal aig grunn diofar choinneamhan agus tachartasan.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)
Tha na Fèisean gu lèir air a bhith a' dealbhadh planaichean Gàidhlig ùra le taic bho na h-oifigearan leasachaidh, a dhaingnicheas mar a tha a' Ghàidhlig air a leasachadh tro na tachartasan aca.

2.2 Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais. (BnG)
Tha sinn a' toirt taic do na Fèisean ann an diofar dhòighean gus Poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chuir an gnìomh. Gheibh iad taic le eadar-theangachadh, cur-seachadan Gàidhlig, taghadh luchd-teagaisg agus tha Sgioba-G ann gus cuideachadh a thoirt fhad sa tha tachartasan a' gabhail àite. Tha a sgioba-obrach a' toirt taic le iarrtasan maoineachaidh son pròiseactan tro mheadhan na Gàidhlig a chuir air dòigh, 's bha deagh chothrom seo a dhèanamh le maoin Taic Freumhan Coimhearsnachd a chaidh fhosgladh le Bòrd na Gàidhlig a-rithist sa Bhliadhna ùra 's chuir grunn mhath dha na Fèisean iarrtasan a-staigh mu choinneamh seo, 's ged nach robh iad uile soirbheachail fhuair meall math aca an taic a bha a dhith oirr.

2.2 A' cumail taic ri Fèisean le obair Ghàidhlig a' dèanamh feum den Sgioba-G.
Bidh an Sgioba-G a' tahdail air Fèis Dhùn Eideann agus Fèis Mhoireibh a dh' aithghearr.

2.3 Measadh cunbhalach ga dhèanamh air adhartas mu choinneamh poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh. (BnG).
Bidh sinn ag iarraidh air Fèisean leigeil fhaicinn dhuinn an adhartas a tha iad a dèanamh a thaobh seo nuair a tha iad a' lìonadh na tabhartasan aca. Am bliadhna dh' iarr sinn orra plana Gàidhlig slàn a chuir a-staigh thugainn a' sealltainn an ìre de dh'obair a tha iad a dèanamh mu choinneamh am Poileasaidh Gàidhlig agus mar a tha iad a' dol a leasachadh agus leudachadh seo.

Thèid beagan ùrachadh a thoirt air a' phoileasaidh a dh'aithghearr airson na bliadhnaichean 2012-15

2.4 Tachartasan teaghlaich aig Fèisean a chur air dòigh airson neartachadh cleachdadh na Gàidhlig. (AC)

Bha Fèis Lochabair a' ruith tachartasan teaghlaich anns a' Ghearran agus sa Mhàrt, 's bidh iad a' coimhead air cothroman gus seo a dhèanamh a-rithist.

Bidh sinn a' coimhead air mar is urrainn dhuinn barrachd cothroman a thabhann do theaghlaichean tro na Fèisean anns an ùine a tha romhainn.

2.8 Ag obair ann an co-bhonn ri oifigearan Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail gus Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig a chur an gnìomh tro obair làitheil Fèisean nan Gàidheal. (BnG)

Tha sinn a' cumail taic ri ro-innleachd nàiseanta nan Ealain Gàidhlig. Tha conaltradh tric ga chumail eadar an oifigear agus leam fhìn 's gu h-airidh le Fèisean nan Gàidheal. Bidh Dougie Beck agus mi fhìn a' gabhail pàirt ann an coinneamhan GASD airson beachdachadh air dràma na Gàidhlig.

2.10 A' togail air soirbheas ann an 2010, a' cumail a dol le barrachd taic do sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig. (AC)

Bha ceithir daoine òga a' gabhail pàirt ann ' Dùisgibh na h-Òrain Ùr agaibh' anns a' Mhàrt. 'S e pròiseact co-obrachaidh a bha seo eadar Fèisean nan Gàidheal agus Watercolour. Shoirbhich leis a' phròiseact agus tha na h-òrain a chaidh a sgrìobhadh leis an ceathrar air clàradh 's tha sinn a' coimhead air adhart ris na chlàraidhean a chluinntinn.

2.13 Fèis dheugairean tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh aig àm tron bhliadhna (AC)

Shoirbhich leinn gu mòr le 5 Latha aig làithean saora na Càisge. Bha 16 com-pàirtichean an làthair agus fhuair iad cothroman a bhith ag obair le croitear, buain na mòine, còcaireachd, iasgach, a' tadhal air breabadair a bharrachd air bùthan-obrach seinn is ceòl. Chrìochnaich sinn le Ceilidh teaghlaich anns an Talla-Choimhearsnachd ann an Carlabhagh le cha mhòr ceithir fichead duine bhon choimhearsnachd an làthair. Fhuair sinn deagh fhiosrachadh air ais bho na com-pàirtichean 's iad uile airson tilleadh an ath-bhliadhna.

3.6 Ma bhios maoin ann, taic a chumail ri Blas a chumail a' dol (AC)

Tha sinn trang ag obair gus Blas 2012 a chuir air doigh. Bidh co-dhiù 20 consartan a' gabhail àite 's tha sinn ag amas air tuilleadh maoineachaidh is goistidheachd fhaighinn airson barrachd consartan a chuir air doigh. Air iomall na Fèise bidh program sgoile, cuairtean coimhearsnachd, ceilidhean taighe, filmichean ann an taighean-dealbh agus tòrr mòr a bharrachd airson ar ceòl is ar cànan a bhrosnachadh.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Bidh sinn a' cumail taic ri còrr is 43 Fèis ann an 2012-13 agus bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre. Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo, tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas. Tha mi toirt stiùir a thoirt don Oifigear Trèanaidh, Oifigear Dìon Cloinne agus Oifigear Ghnothaichean bho latha gu latha agus luchd obrach eile mar a tha iomchaidh.

Air na mìosan a chaidh seachad:

Bha sin a cumail sùil gheur air gnothaichean ceangailte ri ionmhais bho mìos gu mìos, agus gu deireadh nam bliadhna, 31 Am Màrt 2012. Tha seo leanntaineach.
Bha mi ag obair gu dlùth còmhla ri Andy Cumming airson cunntasan bliadhnail agus ràitheil a cuir air dòigh.
Tharraing mi a-steach £25,857.22 airgead bliadhnail bho Iomairt na Gaidhealtachd gu meadhan a Mhàirt.
Chuidich mi Nicola Simpson ri £11,973.18 airgead LEADER+ fhaighinn a-staigh agus tha iarrtais eile a-staigh airson £4,610.86.
Tha iarrtais air a dol a-staigh airson £3,420.92 gu Leader+ Earra Ghàidheal.

Airgead gu 31 Màirt:
Tharraing mi airgead nam bliadhna air fad a-steach bho Comhairle na Gàidhealtachd.
Fhuair sin airgead nam bliadhna air fad a-staigh bho Alba Cruthachail.
Airgead ràitheil bho Bòrd na Gàidhlig air fad air tighinn a-staigh.

Bho latha gu latha tha mi:
Toirt taic-airgid do Fèisean le bhith dèanamh cinnteach gu bheil sin a' pàigheadh a-mach tabhartasan gu cunbhalach do na Fèisean.
Airgead air a pàigheadh a-mach airson pròiseactan eadar-dhealaichte mar, Blas, YMIS, msaa gu cunbhalach.
Toirt taic do Fèisean a thaobh sgeama tuarastail.
Aithisgean ionmhais ullachadh airson coinneimh a' Bhùird.
Pàipearan ionmhais ullachadh airson coinneimh den Bhuidhinn Ghnìomh.

1.1 A' cumail a' dol le seirbheisean agus pròiseactan a lìbhrigeadh aig àrd ìre, le deagh stiùireadh agus deagh chleachdadh ann am modhan-obrach na buidhne (AC)
An-uiridh dh'ùraich sinn poileasaidhean na buidhne airson deagh stiùireadh agus modhan-obrach a bhrosnachadh, agus bidh gan sgrùdadh gu cunbhalach.

1.1 Plana a chur an gnìomh airson èifeachdas luach 3% de thaic-airgid Bhòrd na Gàidhlig (£3,750) a dhèanamh taobh a-staigh cosgaisean ruith na buidhne agus a thoirt gu leasachaidhean ùra mu choinneamh àrdachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. (BnG)
Tha sinn dòchasach gun gabhadh a choileanadh, tha sinn air sablaidhean mòra a dhèanamh air cosgaisean fon agus postachd.

1.2 Poileasaidh pàighidh a dheasachadh airson airson 2011-12 agus air adhart, a tha a' toirt fa-near Poileasaidh Pàighidh Riaghaltas na h-Alba (BnG)
Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair taobh a-staigh riaghailtean na roinne phoblaich a tha gu math faisg air Poileasaidh Pàighidh an Riaghaltais.

1.3 A' cumail oirnn le Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean (AC)
Sgeama thabhartasan ann agus tabhartasan air an gealltainn airson 2011-12 agus gam buileachadh mar a chaidh aontachadh.

1.3 Taic a chumail ri co-dhiù 40 Fèis tro sgeama maoineachaidh agus comhairle phractaigeach (BnG)
Tabhartasan air an tabhann do 43 Fèisean airson 2012-13. Tabhartasan air an tabhann do 43 Fèisean (36 ann an sgìre IGE) le 23 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £199,594.00 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £18,517.00 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 6 Fèisean.

1.3 Taic do co-dhiù 30 Fèis air a' Ghàidhealtachd 's sna h-Eileanan gach bliadhna (InG)
Tabhartasan air an tabhann do 36 Fèisean ann an sgìre InG, le 23 ann an sgìrean dùbhlanach.

1.4 A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.
1790 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2012-13 mar phàirt de thairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a tha a'dèananh feum de na h-uairean. Tha an Sgioba Leasachaidh cumail orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrachd air am fastadh 2012-13.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)
Jenna Mhoireasdan ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)
Cairistìona Nic an t-Saoir ag obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

1.5 A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)
Bidh co-labhairt 2012 air a cumail ann an Taigh-òsta Ceann an Iar anns An Gearasdan air 21 agus 22 Sultain.

1.6 Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean.
Àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2012 le àrachas ùr iomchaidh. Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh an dràsta. Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas

àrdachadh mar a bha iomchaidh an uiridh. Tha FnG ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith cleachdadh àrachas ghnìomhachais ma tha iad a cleachdadh an carbad aca fhèin airson siubhal.

1.8 Feumar teisteanas sgrùdaidh leasaichte a bhith aig gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.

Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas tha measadh Disclosure air atharrachadh gu Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte (Sgeama PVG) bho 28 An Gearran.
Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr bho £23.00 gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00.

1.8 A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dìon Chloinne taobh a-staigh an t-siostam ùr aig a' bhuidheann Teisteanas Sgrùdaidh Alba (AC)

Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG. Tha Fèisean a cuir a-staigh liosta luchd teagaisg agus feumaidh teisteanas a bhith gnìomh mas tèid airgead a' pàigheadh a-mach. Chan fhaigh Fèisean tabhartas mar a bheil seo air a dèanamh. Tha Sandy Gray a cumail sùil air seo còmhla rinn agus tha fiosrachadh air a sgaoileadh gu bheil sin gu bith gu math cruaidh mu dheidhinn seo cho-èigneachadh.

1.13 A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh agus Fèis Spè. (AC)

A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean Fèis Spè agus Fèis a'Bhaile le seirbheisean iomchaidh.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh.(BnG)

Tha sinn air leth deònach seo a dhèanamh agus cumaidh sinn taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha FnG a' dèanamh oidhirp gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh sgìre Phort-rìgh, tha sinn a' ruith 'cofaidh agus còmhradh' uair san t-seachdain far am faigh daoine cothrom Gàidhlig a bhruidhinn gu nàdarra, agus na sgilean aca a thoirt air adhart.

2.12 A' dèanamh rannsachadh air mar a chruthaichear 'goireas cultarach' nam Fèisean anns am biodh raointean sòisealta, cleasachd agus teagaisg, a' cur teicneòlas airson teagasg air astar agus ceanglaichean ris na gnìomhachasan cruthachail gu feum, ann an coimhearsnachd chugallach Ghàidhlig (InG).

Tha sinn co-obrachadh le Cèolas ann an Uibhist a Deas air rannsachadh mu ionad cultural a stèidheachadh a bheireadh buannachd dha na fèisean ann an Uibhist cuideachd.

Leasachadh Pearsanta

Tha mi ag obair air cùrsa CIMA - teisteanas adhartach ann an cunntasachd, an dràsta.

Ainm	**Iona NicDhòmhnaill**
Dreuchd	**Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.4 A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach: A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.

Chaidh ùrachadh air na poileasaidhean agus an clàr-chunnairt anns a' Ghearran 2012, agus thèid ùrachadh a rèir feum san Fhaoilleach 2013. Chaidh Fèis Trèanaidh 2012 a chumail ann an Inbhir Nis air 10/11 Màirt, aig an robh 44 compàirtichean thar an dà latha. Ged a bha sinn an dùil ri barrachd, chaidh na bùthan-obrach gu math, air am measadh gu h-àrd le muinntir nam fèisean.

1.5 A' Cho-labhairt Bhliadhnail

1.15 Pròg̀ram Trèanaidh Bliadhnail: A toirt trèanadh do 30 fèis sa bhliadhna agus co-dhiù 75 luchd-teagaisg agus luchd eagrachaidh nam fèisean.

Bha 27 aig Trèanadh luchd-teagaisg (SMO) sa Ghearrain, a riochdachadh 5 fèisean (Fèis Fhoirt, Spè, Rois, an Earraich, Ceann Loch Goibhle, agus nan Garbh Chriochan), agus 44 aig FT12 ann an Inbhir Nis, a riochdachadh 14 fèisean (Fèis Dhùn Bhreatainn, Dhùn Èideann, an Earraich, Taigh Dhonnchaidh, Fhoirt, a' Chaolais, Cholla, Bharraigh, Rois, a' Bhaile, Inbhir Nàrainn, Loch Abair, Ghallaibh, na h-Òige). Cuideachd, tha 15 air nochdadh aig clasaichean Ghàidhlig aon-latha air a ruith le Fèisean nan Gàidheal, agus 6 air clasaichean Ùlpan a ghabhail, pàighte le FnG.

1.15 Luchd obrach gu bhith an-sàs ann an co-dhiù ceithir làithean trèanaidh Gàidhlig (BnG)

A' leantainn air adhart. Chaidh dà latha fa-leth a chumail am bliadhna agus bha 11 neach-obrach an-sàs anns na bùthan-obrach aig FT12 thar an dà latha.

2.3 A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal

A' cuideachadh na h-oifigearan eile gus seo a thoirt gu buil. Chaidh aithisg deireannach a thoirt gu Soillse, a mìneachadh na toraidhean rannsachaidh. Tha iomadh dòigh teagaisg/ionnsachaidh air a chleachdadh.

2.7 A' brosnachadh Fhèisean ionadail a bhith a' tasgadh stuthan a ghabhadh a chleachdadh airson teagasg san sgìre aca. 6 pròiseactan dualchais ionadail le muinntir Fèis na sgìre air an ceann, agus seo a' toirt dhuinn stòrais air-loidhne a bhios an asgaidh. (InG)

Beachdan ri chur gu feum a rèir airgid – eg leabhar còcaireachd, a tha a' gabhail a-staigh eachdraidh ionadail, eachdraidh shòisealta, bho dhiofar sgìrean. Tha sinn a' brosnachadh na fèisean ionadail gus stuth ionadail a chruinneachadh agus a chleachdadh.

2.8 Buidheann Leasachaidh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig: An sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus a' toirt taic do dhreuchd an Oifigeir Ealain a tha SAC/BnG a' moladh (CEA)

A' cur taic ris a rèir feum

3.4 Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim

Prìomh òraidiche air "A' teagasg chiùil 1" – modal chùrsa cheum aig SMO. Tha trèanadh luchd teagaisg Ire 2/3 mar phàirt riatanach dheth - (deiseil an-dràsta, chan eil oileanaich ga dhèanamh san teirm seo)

Chaidh òraid a thoirt seachad do "Ainmeil thar Cheudan" aig SMO, air eachdraidh shòisealta/labhartach a chaidh a thogail le clann MhicGhill-Eain.
Dh' fhoillsich (mar dàrna ùghdar, le Mark Sheridan agus Charles Byrne) pàipear air Òrain Ghàidhlig agus Beul-aithris ann an International Journal of Music Education, Vol 29, Issue 2, Cèitean 2011 (pdf ri fhaotainn bhuam).
Pàipear ri thighinn (aig Rannsachadh na Gàidhlig 2012 ann an Glaschu) air biadh na Gàidhealtachd ann an eachdraidh (20 – 23 Lùnasdal, 2012).

Leudachadh/leasachadh Ìre 3 airson luchd-teagaisg

Chaidh Ire 3 a thoirt seachad aig SMO an-uiridh (26/27 An Gearran 2011), a bharrachd air Ire 1 agus 2. Bha 6nar ann aig an ìre sin. Shoirbhich leinn, agus thathar a cleachdadh an luchd-teagaisg gu feum agus gu sgiobalta. Thàinig 3 air Ìre 3 ann an 2012, agus shoirbhich le Hugh Marwick am pàirt deireannach (Observed Class).

Airgead ùr a thogail – 2 iarratas a chur a-staigh gu buidhnean maoineachaidh sa bhliadhna airson cothroman trèanaidh a thoirt air adhart

Iarratas gu Soillse – soirbheachail (£3000 a-staigh, às dèidh aithisg dheireannach)
Chaidh iarrtasan gu ESF agus LEADER airson cùrsaichean Gàidhlig do luchd-teagaisg a ruith ach chaidh an diùltadh, air sgàth 's nach robh iad mar phrìomhachas dhaibh. Iarratas gu Enterprise Music Scotland (trad arts small grant fund) airson Cuairt nam Bàrd – chaidh a dhiùltadh, ach chaidh iarratas eile gu Colm Cille a-staigh Iarratas gu CS/YMI soirbheachail (£2500) airson cùrsa clàraidh/craolaidh a dhèanamh aig FT12

Lean air adhart le Pròg̀ram Trèanaidh san-taigh, a' cumail sùil air buidseat

Leantainneach. Chaidh ceithir làithean trèanaidh a chumail air diofar chuspairean leis am Management Centre còmhla ri Fèis Rois. Bha an luchd-obrach an-sas ann an iomadh rud aig FT12.

Cuir crìoch air gach ullachadh co-cheangailte ri Fèis Trèanaidh 2012 agus fiosrachadh a sgaoileadh

Deiseil airson 2012 – clàrachadh agus podcasting, geamaichean Gàidhlig do chlann, manual handling, dìon chloinne, a' measadh chunnairt , a' cleachdadh Word agus Excel, agus Making a Splash air a' chlàr-ama. Mercure Hotel, Sràid na h-Eaglaise, Inbhir Nis – 10/11 Am Màrt 2012.
http://www.feisean.org/ga/proiseactan/index.php?ID=4
Chan eil e cinnteach fhathast am bi fèis trèanaidh mar seo ann an 2013, oir tha e air fàs cho cosgail, gun na h-àireamhan de dhaoine a' tighinn. Thathar a beachdachadh air trèanadh ionadail ann an 4 sgìrean eadar-dhealaichte an ath-bhliadhna, ach chan eil aontachadh ann fhathast.

Dleastanasan a bharrachd:
Celtic Neighbours – Tha an iomairt seo air a ruith bhon A' Chuimrigh, agus tha planaichean eadar-nàiseanta aca airson nàbaidhean Ceilteach a thoirt còmhla air phròiseactan a tha iomchaidh eadar na Ceiltich. Tha cuairt ann do "Triùir" – còmhlan seinn trì-nàiseantach, agus "Branwen" – co-obrachadh dràma eadar daoine òga nan trì dùthchannan ann an Èirinn sa Ghiblin. Tha obair air tòiseachadh airson co-labhairt air cuspairean Cèilteach aig Sabhal Mòr Ostaig as t-Ògmhios, 2013. Dh'fhaodadh seo a bhith freagarrach fo **1.18 Ceangalaichean Eadar-nàiseanta**.

Seann-nòs na nÒg
Chuir an iomairt Èireannach seo cuireadh dhuinn gus pàirt a ghabhail sa chuirm aca air 2 Dùbhlachd, le dòigh teicnigeach. Chaidh bhideo goirid a chlàradh de dh' òrain, a chaidh a chraoladh mar phàirt dhen fhèis aca.

Cofaidh is Còmhradh
Mar phàirt de na h-Iomairtean ionadail, tha seisean còmhraidh seachdainneach ga chumail aig Fèisean nan Gàidheal. Tha cuireadh fhosgailte ann do mhuinntir na sgìre a tha airson na sgilean còmhraidh Gàidhlig aca a thoirt air adhart tighinn airson cupa cofaidh agus pàirt a ghabhail sa chòmhradh. Tha eadar 4ear agus 9near ann gach seachdain. Thàinig aon bhoireannach às California!

Ainm	**Moreen Pringle**
Dreuchd	**Oifigear Ghnothaichean**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.5 A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)
Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2012 air 21/22 an t-Sultain.

1.7 A' toirt ionnstramaidean do dh'Fhèisean air iasad
Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis Ile agus Dhuira

Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Tha iarrtais air ionnstramaidean ciùil doirbh ro-innse airson gu bheil ionnstramaidean eadar dhealaichte a dhith bho bhliadhna gu bliadhna.

Gu h-iomalan, tha cùmhnantan a-mach airson:

17 Clàrsaich, 9 Fhidheall, 2 Phìob Beag, 18 Bogsa-ciùil agus 1 Giotàr

1.8 Feumar teisteanas sgrùdaidh leasaichte a bhith aig gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.
Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

1.9 A' cumail Stòr-dàta Luchd-teagaisg nam Fèisean
Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

1.10 A' leasachadh, a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte

Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean, m.s.a.a. Tha bùth a-nis air an làrach-lìn aig http://www.feisean.org/Shop/buth.html.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach
Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn agus tha sin a deisealachadh fear eile airson an t-Ògmhios.

1.19 Sanasachd is Margaideachd
Tha pìosan de chòmhdach ionadail a' dol a mach. Tha mi ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean agus tha sin à' dèanamh adhartas.
Tha stuthan ri fhaighinn tron bhùth air loidhne againn aig www.feisean.org ach tha cothroman ann barrachd a dhèanamh le seo.

1.20 An Làrach-lìn agus TFC
Tha Làrach-lìn ur www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach.

3.1 Cùmhnant Iomairt Chiùil na h-Òigridh ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd
Bidh an leabhar-teagaisg Gàidhlig airson fìdeige air a dheasachadh le Taigh na Teud ann a co-bhuinn ri Fèisean nan Gàidheal agus Stòrlann air chuairteachadh nas fharsainge.
Tha feadagan agus innealan-ciùil againn do luchd teagasg ICO a rèir feum.

Ainm	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Drama**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)
Mar phàirt den sgioba a bhios a' coimhead ris a' phoileasaidh Ghàidhlig bidh mi a' tairgse taic agus comhairle do na Fèisean, agus do bhuidheann sam bith eile a thig thugainn.

1.1 Plana a chur an gnìomh airson èifeachdas luach 3% de thaic-airgid Bhòrd na Gàidhlig (£3,750) a dhèanamh taobh a-staigh cosgaisean ruith na buidhne agus a thoirt gu leasachaidhean ùra mu choinneamh àrdachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. (BnG)
Ged a bhios mi a' dèanamh tòrr siubhail an còmhnaidh aig an àm seo den bhliadhna air sgàth obair Loch Abar is Earra Ghàidheal, bu chòir gum bi na cosgaisean agam mu choinneamh seo beagan nas ìsle na 'n àbhaist air sgàth 's gun robh Dùn Omhain a' dèiligeadh leis an dealbh-chluiche aca fhèin. Bha agam ri bàta a' Chorrain a chleachdadh grunn tursan am-bliadhna air sgàth obair-rathaid eadar Ceann Loch Ailleart is Àth Tharracaill, is 's mathaid gun cuir sin na cosgaisean agam suas beagan. Tha sàbhlaidhean eile air a bhith ann am-bliadhna, nam measg ath-chuairteachadh props airson cuairt Meanbh-chuileag, agus tha sinn an dùil gum bi sàbhlaidhean ann a thaobh na Sgoile Samhraidh; tha sinn air gearradh air ais air luchd-teagaisg is bidh a' chlann a' pàigheadh an t-siubhail aca fhèin.

1.10 A' leantainn oirnn a' dèanamh as motha airgead as urrainnear bho reic stuthan-foillsichte
Tha grunn lethbhracan de Bhiorachan Beag agus Biorachan Mòr air fhàgail, agus bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall gus faighinn cuidhteas dhiubh mar as fheàrr as urrainn dhomh.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach
Bidh mi a' cur ri Faileas gach raithe, agus an-dràsta 's a-rithist bidh mi a' sgrìobhadh phìosan do na h-irisean aig buidhnean eile.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)
Mar a chìthear gu h-ìseal tha dàimh leantainneach a' dol air adhart eadar FnG agus an Stòrlann. Tha sinn an sàs ann a bhith a' cruthachadh stòras teagasg dràma do thidsearan is sgoilearan, agus bha sinn ag obair gu dlùth ri chèile air chuairt Meanbh-chuileag. Bidh sinn a' co-obrachadh le MG ALBA a-rithist airson oidhche dheireannach na Sgoile Samhraidh, a thèid a chumail a-rithist anns an stiùideo aca. Tha an ceangal le Urras Nàiseanta na h-Alba fhathast a' dol air adhart, ged nach eil sinn air a bhith an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh cuairtean Gàidhlig dhaibh o chionn ghreis.

2.2 Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais. (BnG)

Bidh mi a' cumail gu dlùth ris a' phoileasaidh, agus tha mi an sàs ann an grunn iomairtean gus a chur an gnìomh, leithid Sgioba G. Bha mi cuideachd an sàs ann a bhith a' deasachadh leabhran Gàidhlig ùr do Fhèis Rois. Tha mi an dùil gum bi mi cuideachd an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh seiseanan trèanaidh Gàidhlig do luchd-teagaisg nam Fèisean.

2.2 A' cumail taic ri Fèisean le obair Ghàidhlig a' dèanamh feum den Sgioba-G.

Mar a mhìnich mi gu h-àrd, tha mi an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Sgioba-G, agus a' deasachadh stuthan air a shon. Bha mi an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Sgioba-G aig Fèis Lochabair, a bha air leth soirbheachail, agus dh'ullaich mi stuthan do dh'Fhèis Cheann Loch Goibhle, le tuilleadh obair ullachaidh ri dhèanamh do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis an Iar Thuath agus Fèis Dhùn Èideann, am measg Fèisean eile. Bidh mi a' sìor chumail sùil a-mach airson geamannan is rudan eile a dh'fhaodadh a bhith math airson a' phròiseict.
Bha am pròiseact pileat ann am bun-sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd a bha ag amas air beagan Gàidhlig a thoirt do chloinn nach eil idir ga h-ionnsachadh gu foirmeil air leth feumail a thaobh a bhith a' cruthachadh stuthan ùra do Sgioba G. Chaidh tòrr ghèamaichean ùra obrachadh a-mach airson a' phròiseict seo, is tha a' mhòr chuid dhiubh air nochdadh mar-thà aig Fèisean.

2.4 A' dèanamh cinnteach à dealas don Ghàidhlig am measg Fhèisean ùra.

Gu tric bidh mi an sàs ann a bhith a' deasachadh no a' lìbhrigeadh stuthan-taice Gàidhlig do Fhèisean ùra, agus a' toirt comhairle dhaibh a thaobh na poileasaidh Gàidhlig.

2.5 A' cur air adhart tachartasan dràma Gàidhlig mar Sgoil Samhraidh Dràma Ghàidhlig agus, ma bhios maoin ann, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann-dràma-oideachaidh. (AC)

Tha ceithir Sgoiltean Samhraidh air a bhith ann bho ghabh FnG an iomairt thairis, agus bhon uair sin tha còrr is 70 òganach air feum a dhèanamh den t-seirbhis. Ann an 2011 chaidh an àireamh de chom-pàirtichean àrdachadh le 50%, ach ged a nochd a' mhòr-chuid gun tilleadh iad ann an 2012 (2 gu 13 Iuchar), tha na h-àireamhan a' dèanamh beagan de dhragh dhuinn aig an ìre seo, le mu dheichnear air bòrd. Tha sinn air an ceann-latha a shìneadh beagan, às dèidh dhuinn barrachd sanasachd a dhèanamh, is tha sinn an dùil gun tig barrachd air adhart. Bidh sinn a' rannsachadh nan adhbharan air cùl an ìsleachaidh seo aon uair 's gum bi an Sgoil Seachad.

Gus focas a thoirt air sgilean sònraichte agus gus airgead a shàbhaladh tha sinn 1.5 neach-teagaisg a ghearradh bhon sgioba-teagaisg. Tha sinn cuideachd ag iarraidh air pàrantan pàigheadh airson cosgaisean siubhail na cloinne aca fhèin, seach sinne bhith ga phàigheadh.

Rinn Meanbh-chuileag obair ann an Eilean Arainn agus Cinn Tìre san t-Samhain (ged a bha sinn air obair-deasachaidh a dhèanamh mu choinneamh dealbh-cluiche, bha againn ri na planaichean againn atharrachadh aig a' mhionaid mu dheireadh air sgàth rudan pearsanta agam fhìn; fhuair na sgoiltean a bha air an cur air dòigh mar-thà bùthan-obrach Gàidhlig an àite dealbh-cluiche. Tha an dealbh-cluiche a chaidh a sgrìobhadh airson a' phròiseict seo fhathast againn ge-tà agus faodaidh sinn a chleachdadh aig àm eile.) Chaidh am panto againn – Flòraidh agus Oidhche nam Bannag – air an rathad seachdain 12 Dùbhlachd. Chaidh a thoirt timcheall ochd sgoiltean air Ghàidhealtachd, agus ged a dh'fheumadh sinn rud no dhà atharrachadh rè na cuairte air sgàth na h-aimsir (sgoiltean a' call nam mullaichean aca etc!) shoirbhich leinn gu mòr.

Bha cuairt air leth soirbhachail aig Meanbh-chuileag, le Debbie NicAoidh, Daibhidh Walker agus Sean MacLeòid againn mar chleasaichean. Bha an sgioba air an rath fad còig seachdainean leis an dealbh-cluiche MacCodruim nan Ròn, is chaidh iad timcheall cha mhòr a h-uile bun-sgoil Ghàidhlig san dùthaich. Bha a' chuairt ga ruith ann an com-pàirteachas leis an Stòrlann (faic gu h-ìseal).

Bidh cuairt eile ann an sgoiltean Beurla a' tachairt às dèidh nan saor-làithean.

2.5 Turas sgoiltean fad 6 seachdainean leis a' bhuidheann dràma Meanbh-Chuileag. (BnG)

Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, bha Meanbh-chuileag ag obair gu dlùth leis an Stòrlann gus dealbh-cluiche 2012 a thoirt gu buill. Chleachd sinn an sgeulachd traidiseanta *MacCodruim nan Ròn* bhon leabhar ùr *Mar a Chuala Mise e*, a chaidh fhoillseachadh an-uiridh. Rinn sinn dealbh-cluiche den sgeulachd seo o chionn faisg air deich bliadhna, agus bha e seo air fear den dealbhan-cluiche a bu shoirbheachail a rinn sinn a-riamh. Ruith a' chuairt eadar am Faoilleach is am Màrt agus a bharrachd air an dealbh-cluiche, tha stuthan do thidsearan is sgoilearan gan deasachadh, stiùir air mar a bheirear sgeulachd traidiseanta gu dràma nam measg. Rinn mi taisbeanadh aig co-labhairt an Stòrlainn as t-Sultain air an dearbh chuspair. Thàinig Alasdair Allan BPA a

dh'fhaicinn an deilbh-cluiche ann an Coille Dobhair, agus bha riochadairean bhon Stòrlann agus buidhnean foghlaim Èireannach an làthair cuideachd.

2.5 A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. (BnG)

Tha sinn air sreath bhùthan-obrach (sgilean dràma) a dhèanamh ann an sgoiltean Uibhist agus anns an Eilean Sgitheanach (obair an Eilein Sgitheanaich fhathast a' dol), agus tha obair a' dol air adhart ann an sgoiltean Leòdhas is na Hearadh an-dràsta fhèin.

Rinn mi còrr is 30 bùth-obrach dràma ann am bun-sgoiltean Loch Abar is Earra Ghàidheal mu choinneamh an latha dràma a chaidh a chumail ann an Tallaichean a' Chorrain, 1 Cèitean. Bha an latha air leth soirbheachail, le seachd sgoiltean an sàs, agus 11 dealbh-cluich air an àrd-ùrlar. Ged a tha e coltach gun do chòrd an latha agus am pròiseact ri na sgoilearan a bh' ann, 's e latha gu math fada a bh' ann agus 's dòcha gum feumar coimhead air dà latha sgìreil a chumail an ath-bhliadhna. Chaidh dòigh-obrach ùr a chleachdadh ann an cuid de na sgoiltean san robh mi fhìn an sàs; chuir sinn na dealbhan-cluiche ri chèile ann an cuid de sgoiltean gun a bhith a' cleachdadh sgriobt – chaidh na pìosan a chur ri chèile tro improvisation. Bha e follaiseach gun robh seo tòrr na b' fheumaile don chloinn a thaobh cànain. Thàinig BBC ALBA chun an tachartais, is nochd pìos nàidheachd air an Latha, le agallamhan bhuainn.

Tha sinn air dà chlub dràma fheuchainn ann an Loch Abar, is cha do shoirbhich le gin aca. Thòisich Club Dràma Loch Abar san Dàmhair, le còignear a' gabhail pàirt, ach thuit na h-àireamhan gu mòr thàr nan ceithir seachdainean a bha sinn ga ruith, agus cha do chùm e a' dol às dèidh na Nollaig. Thòisich sinn club dràma den aon seòrsa ann am Malaig, is ged a thuirt mu sheachdnar gum biodh ùidh aca sa leithid, cha do nochd ach dithis air a' chiad latha, is cha do nochd duine air na làithean eile. 'S e briseadh dùil a tha seo, ach tha sinn airson feuchainn a-rithist anns an sgìre às dèidh nan saor-làithean.

2.5 A' cumail a' dol le sreath Fhèisean dràma (AC)

Mar a mhìnich mi gu h-àrd, bha obair a' dol air adhart ann an Loch Abar is Earra Ghàidheal, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach is Loch Aillse agus tha obair ga dhèanamh ann an Leòdhas is na Hearadh an-dràsta fhèin. 'S e pròiseact Loch Abar is Earra Ghàidheal an aon phròiseact a bha ag amas air latha taisbeanaidh, agus bha e air leth soirbheachail.

2.5 A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)

Chaidh oidhche chrìochnachaidh SSD2011 a chumail ann an co-bhonn le MG ALBA anns an stiùidio aca ann an Slèite. Bha an oidhhe seo air leth soirbheachail, le deagh èisteachd, agus bha na goireasan air leth freagarrach airson a leithid de thachartas.

Bidh sinn anns an stiùideo aca a-rithist am-bliadhna.

2.5 Sgoil Shamhraidh Dràma 2011 air a chumail, le co-dhiù 20 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)

Bha 24 cleasaiche òg an làthair aig SSD2011 – àrdachadh de 50% air a' bhliadhna roimhe. Bha timcheall air 100 san èisteachd – àrdachadh de 185% air bliadhnaichean eile – a' dearbhadh gun d' rinn e diofar mhòr a' chuirm a' gluasad a-mach à Port Rìgh.

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean

'S e an Sgoil Shamhraidh an tachartasan dheugairean as motha anns a bheil mi fhìn an sàs. Faic gu h-àrd airson fiosrachadh mu na clubaichean dràma.

3.4 Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim

Mar a chaidh a chur an cèill gu h-àrd tha sinn an lùib phròiseactan ann am bun-sgoiltean agus Àrd-sgoiltean air feadh Alba, a' mhòr-chuid dhiubh ceangailte ri teagasg dràma ann an clubaichean às dèidh sgoile. Tha an com-pàirteachas leis an Stòrlann gu bhith glè fheumail a thaobh ceanglaichean a thogail le sgoiltean agus buidhnean eile. Mar a thuirt mi gu h-àrd, rinn mi obair ann am bun-sgoiltean ann an Loch Abar, Taobh Siar Rois agus Siorrachd Inbhir Nis nach robh idir a' teagasg na Gàidhlig. Fhuair gach sgoil sia bùthan-obrach cànain, agus tha tidsearan air nochdadh gum bu mhath leotha tuilleadh fhaighinn. Tha iarrtas ann cuideachd airson a leithid ann an Earra Ghàidheal, agus tha mi air bruidhinn ris an oifigear leasachaidh Ghàidhlig ann am Peart is Ceann Rois mu sgèama a ruith san sgìre sin.

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)

Fèis Thrèanaidh Fèisean nan Gàidheal
Mar phàirt den Fhèis Thrèanaidh aig Fèisean nan Gàidheal sa Mhàirt rinn mi trì clasaichean Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh fad latha Disathairne 10/03/12.

1.16 A' cruthachadh Lìonra
A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana. (CEA)

Sradagan Phort Rìgh
As dèidh iarrtas fhaighinn bho Sradagan Phort Rìgh thug mi taic dhaibh le club dràma sa Ghearran agus sa Mhàirt le seisean airson P1-P3 agus seisean eile airson P4-P7. Chaidh na seiseanan a chumail nuair a bha mi ag obair san Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse a' dèanamh 'Sgilean Dràma' le bun-sgoiltean na sgìre air 20 & 21 Gearran & 20 Màrt.
Ma tha cothroman eile ag èirigh ro làithean saora an t-samhraidh thèid fios a chur gu Sradagan Phort Rìgh gus seiseanan dràma eile a chur air dòigh.

Club Gàidhlig – Àrd-sgoil Phort Rìgh
Tha Àrd-sgoil Phort Rìgh air club-òigridh a' stèidheachadh airson sgoilearan le Gàidhlig.
Tha clàr-ama de chur-seachadan eadar-dhealaichte aca gach seachdain agus bha cothrom agam seisean dràma a chumail le mu dheichnear sa Mhàirt 19/03/12.
Chuireadh 'Cleas' fàilte orm seiseanan eile a chumail ma tha dùil agam a bhith san eilean a-rithist le 'Sgilean Dràma' no pròiseactean eile.

Eden Court (Acadamaidh Inbhir Pheofharain & Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis)
Thathar an dùil, le taic bho Ruairidh MacNeacail bho Eden Court, clubaichean-dràma as dèidh sgoile a' stèidheachadh le sgoilearan àrd-sgoile à Inbhir Pheofharain agus Inbhir Nis.

Comhairle na Gàidhealtachd
(Acadamaidh Inbhir Pheofharain & Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis)
Tha comas aig Dolina Ghrannd, tha na h-Oifgear choimhearsnachdan Chomhairle na Gàidhealtachd do sgìre Inbhir Nis, taic a thoirt do Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court leis na planaichean a th'againn ann a bhith a' stèidheachadh Club Dràma as deidh na sgoile airson sgoilearan Àrd-sgoile ann an sgìre Inbhir Nis agus Inbhir Pheofharain.
Tha Dolina cuideachd an sàs ann a bhith a cur air dòigh cur-seachadan samhraidh do chlann eadar 4 agus 16 bliadhna a dh'aois anns na trì seachdainean mu dheireadh de làithean-saora sgoile an t-samhraidh.

Storlann
Thathar a' cur riochd an àrd-ùrlar a chur air cuid de na sgeulachdan bhon leabhar chloinne aig Storlann 'Mar a chuala mise e' agus ag ullachadh goireas no 'dileab' a bhios feumail do luchd-teagaisg agus sgoilearan.
Gheibhear taich bhuapa le goireasan luchd-teagaisg a thèid a dheasachadh fo stiùir Fèisean nan Gàidheal.

1.21 An Làrach-lìn agus TFC
www.feisean.org
Obair leantainneach air duilleagan-lìn ùr a thaisbeanas pròiseactan drama FnG.

www.facebook.com/feisean
A' cruthachadh naidheachdan airson duilleag Facebook aig Fèisean nan Gàidheal.

2 Leasachaidhean Ùra
2.5 A' leasachadh Dràma Gàidhlig

A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (CEA)
Tha sgioba dràma Fèisean nan Gàidheal a' tabhann seirbheis dràma ùr do bhun-sgoiltean le roinnean Gàidhlig ann an Loch Abar, An t-Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse, Uibhist agus Leòdhas 's na Hearadh.
Thèid a' phròiseact a' lìbhrigeadh gu cunbhalach tron bhliadhna agus gheibh na sgoilearan a ghabhas pàirt eòlas air roghainn fharsaing de sgilean dràma tro shreath de bhùthan-obrach.
Thòisich mi fhèin a' lìbhreagadh bùthan-obrach anns an Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse aig toiseach na Sultaine far a bheil seachd sgoiltean le roinnean Gàidhlig a'gabhail pàirt agus 9 buidhnean an sàs.
Chaidh an t-seachdamh seisean de bhùthan-obrach 'Sgilean Dràma' a' lìbhreagadh san Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse eadar 19 agus 22 Màrt.
Aig toiseach na bliadhna-sgoile bhathar an dùil 9 bùthan-obrach 'Sgilean Dràma' a chumail uile gu lèir. Thèid fios a chur gu sgoiltean sa sgìre feuch am biodh cothroman eile ann sreath eile de bhùthan-obrach a chumail ro dheireadh na bliadhna sgoile.

Chaidh Debbie NicAoidh, a tha ag obair air a ceann fhèin mar obraiche dràma, fhastadh gus 'Sgilean Dràma' lìbhreagadh ann an sgoiltean Leòdhas 's na Hearadh anns a' Ghiblean agus sa Chèitean.

Thèid foirmean-measaidh a chur gu na bun-sgoiltean a ghabh pàirt aig deireadh a' phròiseact.
Thèid naidheachd mun phròiseact anns an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse agus Leòdhas 's na Hearadh fhoillseachadh air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal.
Thèid co-dhùnadh a dhèanamh air pròiseact sgoile na h-ath-bhliadhn' mus dùin na sgoiltean ro dheireadh na h-Ògmhios

Clore Duffield Foundation
Anns a' Ghiblean, chaidh tagradh airson taic-airgid a chur gu Clore Duffield Foundation airson 'Sgilean Bàrdachd', beachd airson pròiseact sgoile ùr a ghabhadh àite san Eilean Sgitheanach 's Loch Aillse tron bhliadhna sgoile 2012-2013.
Cha do shoirbhich leis an tagradh ach thathar an dùil tagradh eile airson taic-airgid a chur thuca ron ath-cheann latha aca san Dàmhair.

2.5 Sgoil Shamraidh Dràma 2012 air a chumail, le co-dhiù 17 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)
Tòisichidh an Sgoil Shamhraidh Dhràma air Diluain 2 Iuchair 2012.
A' leantainn structur na sgoile a bh'ann an uiridh thèid clasaichean a chumail ann am Port Rìgh agus oidhche thaisbeanaidh a chumail air Diardaoin 12 Iuchar aig Stiùidio Fàs ann an Slèite.

Air sgàth 's gun robh na h-àireamhan de thagraidhean ìosal sa Ghiblean chaidh dreach ùr de na foirmean-tagraidh a sgaoileadh le ceann-latha ùr airson tagraidhean Dihaoine 18 Cèitean.
Gheibh tagraidhean fios ma tha iad gu bhith soirbheachail no nach eil ro Dihaoine 1 Ògmhios.

2.5 Meanbh-Chuileag
MacCodruim nan Ròn
Eadar 31 Faoilleach agus 8 Màrt bha Meanbh-chuileag, buidheann-oideachaidh dràma Fhèisean nan Gàidheal, trang a' siubhal rathaidean na h-Alba a' brosnachadh beul-aithris na Gàidhlig leis an dealbh-chluich 'MacCodruim nan Ròn'.
Le taic bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig chaidh an turas, a mhair coig seachdainean, a chur air bhog air beulaibh sgoilearan à Bun-sgoil Innis an Uillt ann an Drochaid an Easbaig agus aoigh sònraichte cuideachd, am Ministear airson Ionnsachadh le uallach airson na Gàidhlig an Dtr Alasdair Allan.
'S ann stèidhichte air sgeulachd cumanta ann am beul- aithris na Roinn Eorpa a tha an dealbh-cluich, sgeulachd a nochdas anns an leabhar aig Stòrlann 'Mar a Chuala Mise e', cruinneachadh de sgeulachdan traidiseanta à Alba agus Èirinn.
Ag amas air òigridh le Gàidhlig eadar P4-P7, chaidh an dealbh-chluich a thaisbeanadh le Meanbh-chuileag, le Daibhidh Walker, Debbie NicAoidh agus Sean MacLeòid mar chleasaichean.
Chunnaic **46 sgoiltean** an dealbh-chluich leis an taisbeanadh mu dheireadh air a chumail ann am Bun-sgoil Achadh na Creige, san Òban,air 8mh Màrt. Fhuair sgoiltean cothrom bùth-obrach dhràma a dhèanamh cuideachd, far an deach còmhradh a chumail mu na cuspairean a dh'èirich anns an dealbh-chluich agus ann am buidhnean fhuaireadh cothrom a' chrìoch aca fhèin a chur air na sgeòil 's a chur air an àrd-ùrlar.

MacCodruim nan Ròn - Measadh
Chaidh foirmean-measaidh ullachadh agis a chur gu na sgoiltean a chunnaic an dealbh-cluich.

Chaidh na foirmean-measaidh a thilleadh agus cairtean buidheachais a rinn sgoiltearan bho Bun-sgoil an t-Sàilein agus Bun-sgoil Chnoc na Creige le dealbhan a rinn iad den dealbh-cluich.
Chaidh na freagairtean a chur sgoilearan agus tidsearan thugainn a chlàradh.

2.13 A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean

Clubaichean Dràma as deidh sgoile

Tha Fèisean nan Gàidheal an dùil clubaichean dràma as dèidh sgoile stèidheachadh do dheugairean le Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd a thèid a chumail gu cunbhallach tron bhliadhna.

Aig toiseach na bliadhna-sgoile chaidh ceisteachainn a sgaoileadh air na roinnean Gàidhlig aig Àrd-sgoil Loch Abar, Àrd-sgoil Phort Rìgh, Acadamaidh Inbhir Pheofharain, Àrd-sgoil Ulapuil, Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, Acadamaidh Allt an Muilne, Acadamaidh Chuil Lodair agus Acadamaidh Bhaile Theàrlaich.

Anns an Eilean Sgitheanach, air 18/03/12 dh'èirich cothrom bùth-obrach dràma as dèidh sgoile a chumail mar phàirt den chlàr-ama de chur-seachadan aig a chlub Gàidhlig 'Cleas' aig Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha 'Cleas' air a chumail gach seachdain agus thèid fàilte a chur air bùthan-obrach dràma eile nam biodh cothrom agam tadhal orra a rithist nas fhaide air adhart sa bhliadhna.

Thèid fios a chur gu Acadamaidh Inbhir Pheofharain agus Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis feuch an gabhadh club leithid 'Cleas' a' steidheachadh anns na sgoiltean acasan gus cothrom a thoirt do Fèisean nan Gàidheal taic a thoirt dhaibh.

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2012

'S e an Sgoil Shamhraidh Dhràma an iomairt as motha anns a bheil sinn an sàs as thaobh deugairean.

Tòisichidh an Sgoil Shamhraidh Dhràma air Diluain 2 Iuchair 2012.
A' leantainn structur na sgoile a bh'ann an uiridh thèid clasaichean a chumail ann am Port Rìgh agus oidhche thaisbeanaidh a chumail air Diardaoin 12 Iuchar aig Stiùidio Fàs ann an Slèite.

Air sgàth 's gun robh na h-àireamhan de thagraidhean ìosal sa Ghiblean chaidh dreach ùr de na foirmean-tagraidh a sgaoileadh le ceann-latha ùr airson tagraidhean Dihaoine 18 Cèitean.
Gheibh tagraidhean fios ma tha iad gu bhith soirbheachail no nach eil ro Dihaoine 1 Ògmhios.

3 Cùmhnantan Com-Pàirtichidh

3.3 Obair Ghàidhlig sna sgoiltean

Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha mi an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba.

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Ard Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Ged nach robh prìomh Fhèisean a' gabhail àite san sgìre agam fhìn as t-Earrach, tha a' mhòr-chuid trang an-dràsta le clasaichean leantainneach is deasachadh ron t-Samhradh.

Thug mi taic do dh'Fhèis an Iar Thuath 's iad a' cur tagradh soirbheachail do Bhòrd na Gàidhlig airson taghadh de thachartasan, fèill choimhearsnachd as t-samhradh, deireadh-seachdain bogaidh do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig as t-fhoghar agus a' phrìomh dheireadh-seachdain Fèise aca sa Ghearran nam measg.

Chùm Fèis a' Bhaile dà sheisean obair-chòmhlain, agus tha tuilleadh anns an amharc aca sna mìosan ri teachd. Tha iad an dùil oidhche fhosgailte a chumail san Ògmhios a bheir cothrom do chom-pàirtichean sealltainn na dh'ionnsaich iad aig na seiseanan obair-chòmhlain agus cuideachd aig na clasaichean dràma a bhios a' gabhail àite gach seachdain. 'S e cothrom air leth a bhios ann do chom-pàirtichean ùra is am pàrantan tuilleadh fhaighinn a-mach mun Fhèis.

Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth le Fèis Spè o chionn sia mìosan gus plana leasachaidh ùr agus buidseat ùr obrachadh a-mach airson an ath thrì bliadhna de dh'Fhèisean a' Mhonaidh Ruaidh. Tha sinn air a bhith

soirbheachail ann a bhith a' daingneachadh maoin bho chaochladh thobraichean agus tha sinn ag obair air tagraidhean eile a leigeas leotha dreuchdan nan oifigearan leasachaidh a ghlèidheadh. Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Judith Bullivant a' fàgail na Fèise aig deireadh a' Chèitein 's i a' gluasad bhon sgìre. Tha Judith air obair leasachaidh luachmhor a dhèanamh thar na sia bliadhna a dh'fhalbh.

Chùm comataidh Fèis a' Chaolais a' choinneamh bhliadhnail aca 25 Gearran agus tha am ball-comataidh ùr, Màiri Bauld, a-nise anns a' chathair. Bidh an Fhèis a' cumail an latha mu dheireadh aca airson na seisein seo san Ògmhios, le cèilidh choimhearsnachd às a dhèidh.

Tha Fèis Mhoireibh a' deisleachadh airson an deireadh-seachdain bliadhnail aca a bhios a' gabhail àite 26 agus 27 Cèitean, a' leantainn air grunn seiseanan blasad a chaidh a chumail thar na mìosan a dh'fhalbh.

Bidh Fèis Chataibh agus Fèis na h-Òige a' cumail na seachdain Fèise aca ciad seachdain nan saor-làithean. Tha buill-chomataidh ùra aig an dà Fhèis agus tha mi ag obair còmhla riutha gu dlùth gus na Fèisean aca a chur air dòigh.

Bidh Fèis na h-Òige a' ruith an deireadh-seachdain pìobaireachd is drumaireachd aca ann an saor-làithean an t-samhraidh, le maoin bho Sgèama Taic Freumhan Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig. Bidh an tachartas seo ann an àite ùr am-bliadhna – Ostal Àrd-sgoil Mhalaig.

Thathar an dùil gum bi Fèis a' Bhealaich a' ruith an co-bhonn ro Sgoil Bhàrdachd na Comraich ciad seachdain an Iuchair. Bidh mi a' coinneachadh ri comataidh na Sgoile Bàrdachd às dèidh dhomh tilleadh bhom shaor-làithean aig deireadh na mìos seo gus am pròiseact seo a thoirt air adhart.

1.2 Taic air a thoirt ri co-dhiù dithis tro Sgeama Greis Gnìomhachais/Sgeama Luchd Ceasnachaidh CnaG (BnG)

Chùm Calum Alig 's mi fhìn agallamhan o chionn ghoirid airson Sgèama Greis Ghnìomhachais agus tha sinn air leth toilichte gur i Ellen NicDhòmhnaill a bhios còmhla rinn airson deich seachdainean as t-samhradh. Tha Ellen air trì seachdainean de ghreis ghnìomhachais a dhèanamh còmhla mar-thà.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Gu tric, bidh mi a' toirt taic dha na Fèisean anns an sgìre agam agus dha na feadhainn a tha an sàs anns na Cèilidhean air Chuairt. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an sgioba leasachaidh agus na luchd-obrach eile airson fiosrachaidh agus goireasan a' sgaoileadh.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)

Bidh mi fhathast a' toirt stiùireadh làitheil don Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar.

1.4 Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)

Bidh mi fhathast a' toirt stiùireadh làitheil don Oifigear Leasachaidh Earra-Ghàidheal is Bhòid.

1.12 Taic a thoirt airson Fèisean ùr a stèidheachadh far a bheil coimhearsnachdan gan iarraidh agus ma bhios maoin ann dhaibh (AC)

Tha Fèis Spè gu math toilichte gun d' fhuair iad £10k for Comhairle Peairt is Ceann Rois airson Fèis ùr a' leasachadh ann an sgìre dùthchail Peairt. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an Oifigear Leasachaidh aca airson deanamh cinnteach gun teid an t-airgead a chleachdadh cho math 's as urrainn dhuinn.

1.13 Ann am compàirt ri Fèisean, agus le maoin bho LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Cèilidh (AC)

Gu mì-fhortanach cha do shoirbhich leis an t-iarrtas a chuir Fèis Spè a-steach do Mhaoin Alba Chruthachail airson Cultar is Turasachd, ach chaidh £10K, le cumhachan, a bhuileachadh orra bhon a' Gannochy Trust. Tha iad cuideachd air suimean nas ìsle fhaighinn bho Mhaoin Thabhartasan EMS Trad Arts, bhon Cho-op, agus Bunadh Coimhearsnachd na h-Alba. Tha iad a' feitheamh air co-dhùnadh a thaobh tagradh chun a' Young Start Fund.

1.15 A' leudachadh agus a' neartachadh Chuairtean Cèilidh nam Fèisean, an lùib seo bithear a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh sanasachd air an iomairt gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus mar a tha i a' cur ri turasachd chultarach (InG)

Chaidh mi gu an deireadh-seachdain Fèis Trèanaidh air 10 agus 11 Màrt agus am mìos seo, bha mi aig tachartas-treanaidh airson' Crowd Funding agus Urrasachd a'ruith le HI-Arts agus Arts and Business Scotland.

1.16 A' cruthachadh Lìonra

Tha mi air na seiseanan Cofaidh is Còmhraidh, a tha gan ruith le buidheann eadar-dhealaichte gach turas, a fhrithealadh cho tric 's as urrainn dhomh. Chaidh seiseanan a ruith leinn fhìn, le Bòrd na Gàidhlig, Skills Development Scotland agus Clì.

Bha mi an làthair 17 Màrt aig coinneamh ràitheil TMC Partnership, a chaidh a chumail le Highlife Highland.

Bidh mi a' coinneachadh an t-seachdain seo ri Fiona Dalgetty, Fèis Rois, gus sùil a thoirt air cothroman do na Cuairtean Cèilidh ceangal ris a' Chuairt Chèilidh Nàiseanta a tha ga ruith leis an TMSA. Bidh sinn cuideachd a' coinneachadh ri Fèis Spè iag deireadh na mìos gus dòighean co-obrachaidh ùra a rannsachadh.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)

Tha e coltach gu bheil na bùthan-obrach cànain do luchd-teagaisg ag obair. Tha an luchd-teagaisg ris an do bhruidhinn mi air a bhith gu math dòigheil man deidhinn, agus tha tòrr dhaoine, cuid aca a tha air a bhith a' teagasg fad bhliadhnaichean, a' dèanamh oidhirp mhòr gus na sgilean cànain aca a leasachadh. Tha mi a' dèanamh mar as fheàrr as urrainn dhomh na Fèisean a bhrosnachadh gus luchd-teagaisg le Gàidhlig a chleachdadh.

2.6 Ann am compàirt ri Fèisean, agus le maoin bho LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Cèilidh (AC)

Tha mi fhathast ag obair còmhla ri Anne gu dlùth gus an fhiosrachadh ceart a chruinneachadh do Leader. Bidh an tagradh mu dheireadh airson am bliadhna seo deiseal an t-seachdain sa tighinn.

Bidh Fèis Alba a' tachairt bho 2-6 agus 9-13 an Iuchar ann an Àrd-sgoil a' Phloc. Bidh ochd buidheann a sàs anns an Fhèis bho an t-Eilean Sgithanach, Lochabair, Earra-Ghaidheal, am Monadh Ruadh, Cataibh, Sruighlea agus Na Troiseachan, Rois agus ma buidhean Naiseanta a' gabhail pàirt anns am pròiseact Trad Trails.

Chuir sinn crìoch air na h-agallamhan airson na Ceilidhean air Chuairt aig deireadh a Mhiart agus bidh seasgad duine òg a'gabhail pàirt anns am pròiseact am bliadhna seo. Cuideachd, bidh neach-coordnaiche ag obair anns gach sgìre. Bidh mi ag obair gu dlùth leis na co-oranichean anns na seachdainn a tha tighinn.

Bidh seo am bliadhna mu dheiridh den taic-airgid bho LEADER agus bidh feum againn airson pasgan taic-airgid ùr fhaighinn airson am pròiseact Slighean Ùra seachad air 2012.

2.6 A' leudachadh agus a' neartachadh Chuairtean Cèilidh nam Fèisean, an lùib seo bithear a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh sanasachd air an iomairt gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus mar a tha i a' cur ri turasachd chultarach (InG)

Tha Fèis Fhoirt air a' bhith gu math trang ag obair air an Chuairt Ceilidh ùr anns an sgìre Sruighlea agus Na Troiseachan agus tha mi toillichte a' ràdh gun d'fhuair iad taic-airgid bho am Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a bharrachd air Alba Cuathachail.

Tha mi ag obair leis an Camanachd Association air pròiseact ùr leis na Cèilidhean air Chuairt. Tha sinn dòchas gum bi còmhlan bho na Fèisean a' dol gu Ennis, Co. Clare anns an Dàmhair airson cluich aig an cuairt dheireannach camanachd agus tha sinn ag obair air iarrtais taic-airgid an-drasta.

3.6 A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair agus tro chothroman eile mar a nochdas iad. (AC)

Chaidh cuireadh a thoirt do Chèilidh air Chuairt sa Mhonadh Ruadh a dhol a chluich aig Pàrtaidh Gàrraidh Fèill Rìoghachaidh na Banrigh aig anns an Lunastal. 'S e cothrom gu math sònraichte a tha seo airson na compairtichean agus an Fhèis.

3.8 Leasachadh Blas – A' moladh na Gàidhealtachd

Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas mar riochdaire na Fèisean.

Ainm	**Maria NicAonghais**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na h-ochd Fèisean a tha mi a' cuideachadh. Bha mi aig na tachartasan Fèise a ghabh àite sa Mhàrt agus an Giblein.

- Bha tachartas soirbheachail aig Fèis Òigridh na Mara anns a' Mhàrt 2012, le clasaichean ann am fidheall agus pìobaireachd. Ghabh 29 com-pàirtiche pàirt san 'Latha Fèise'.
- Tha Fèis Òigridh na Mara ag obair còmhla ri Geamaichean Àrasaig airson tachartas a ruith thairis air trì latha, a tha airson com-pàirtichean le beagan eòlais air a bhith a' cluich. Cluichidh na com-pàirtichean aig na Geamaichean, 23 - 25 Iuchar 2012.
- Bha trì Fèisean Teaghlaich aig Fèis Lochabair ann am Baile a' Chaolais, An Gearasdan agus Drochaid na Aonaichean, eadar an Gearran agus toiseachd a' Mhàrt 2012. Bha na tachartasan soirbheachail leis a' ghnothach a' còrdadh ris na com-pàirtichean air fad.
- Ghabh Fèis Lochabair àite eadar 2 – 6 Giblein ann an Àrd-sgoil Loch Abar. Ghabh mu cuairt air 120 com-pàirtichean pàirt anns an Fhèis. Chrìochnaich am Fèis le cèilidh na cloinne a bha gu math soirbheachail air feasgar Dihaoine.
- Ghabh Fèis Ghàidhlig Ghlaschu àite eadar 2 – 6 Giblein ann an Bun-sgoil Hutcheson. Bha còrr as 125 com-pàirtichean aig an Fhèis.
- Tha Fèis Lochabair, còmhla ri còmhlan Aonghas MacNeachail, an dòchas latha de bhùthan-obrach a dhèanamh ann an Àrd-sgoil Lochabair airson òigridh a tha aig ìre meadhanach – ard-ìre, le cèilidh agus dannsa a' gabhail àite ann an Taigh-Chèilidh Skippinish air an oidhche. Gabhaidh seo àite air Disathairne 23 t-Og Mhios 2012.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Tha mi tric a' bruidhinn ri na Fèisean agam tro phuist-d, am fòn agus teachdaireachd-teacsa, a' dol gu coinneamhan a bhios aca agus a' cuideachadh nam Fèisean gu pearsanta, mar a' chiad cheangal aca ri Fèisean nan Gàidheal.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach

Tha mi tric a' cur post-dealain chun nan comataidhean agam, buidhnean ionadail a tha an sàs ann an obair nan Ealain Ghàidhlig agus nam meadhanan le naidheachdan agus a' brosnachadh tachartasan. Bidh mi cuideachd a' cur stuth air an làrach-lìn ùr aig Fèisean nan Gàidheal.

1.14 Na Fèisean ag obair còmhla

Tha Fèisean Lochabair (Fèis Lochabair, Fèis nan Garbh Chrìochan, Fèis Òigridh na Mara, Fèis Eige) an dòchas Fèis nan Deugairean a chur air aghaidh am-bliadhna a-rithist, leis gu robh Fèis nan Deugairean cho soirbheachail ann an 2011, a ghabh àite anns a' Ghearasdan. Tha Fèisean Lochabair a' feuchdainn ri airgead fhaighinn an-dràsta airson am pròiseict a tha seo a chur air bhonn a-rithist, aig àm Blas am bliadhna.

Bha deuchainn-chluiche aig na Cèilidhean air Chuairt aig Fèisean Lochabair air 2 Giblean ann an Àrd-sgoil Loch Abar. Tha 6 com-pàirtiche a' gabhail pàirt anns an Cèilidh air Chuairt aig Fèisean Lochabair am bliadhna. 'Be Fiona Nic an t-Saoir an Co-òrdanaiche am bliadhna airson Cèilidhean air Chuairt aig Fèisean Lochabair, 's tha i ag ullachadh airson lathean trèanadh agus an cuairt fhein an-dràsta.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)

Tha mi tric a' dol gu coinneamhan Iomairt ann an Glaschu agus ann an Loch Abar. Tha mi ag obair gu dlùth le Oifigear Leasachaidh Iomairt Loch Abar airson Gàidhlig a bhrosnachadh anns a' choimhearsnachd. Bha an Oifigear Leasachaidh Tràth-bhliadhnaichean aig Bòrd na Gàidhlig agus Oifigear Leasachaidh Iomairt Loch Abar ag obair còmhla ri Fèis Lochabair air na Fèisean Teaghlaich.

1.21 An Làrach-lìn agus TFC

As deidh trèanadh fhaighinn san làrach-lìn ùr aig Fèisean nan Gàidheal, tha mi tric a' cur stuth air an làrach-lìn a tha ceangailte leis na Fèisean ris a bheil mise a' cumail taic. Bidh mi cuideachd a' cur stuth air an duilleag Facebook aig Fèisean nan Gàidheal.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)

Tha planaichean Gàidhlig aig gach Fèis ris a bheil mise a' cumail taic, a tha a rèir poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal fhèin.

Tha mi air an cùrsa Sgilean Sgrìobhaidh air-loidhne aig Sabhal Mòr Ostaig a thòiseachadh. Bidh an cùrsa deiseil anns a' Chèitean 2012. Leasaichaidh seo a' Ghàidhlig agam fhìn agus bheir e dhomh misneachd cuideachadh a thoirt dha na Fèisean le na Poileasaidhean Gàidhlig aca.

2.5 A' leasachadh Dràma Gàidhlig

Còmhla ri Dougie Beck, bha buidheann Dràma ann an Loch Abar air a chur ri chèile ach le aireamhan ìosal, tha am buidheann air a chur dheth gu an Lùnastal 2012. Bha buidheann Dràma Mhalaig air tòiseachadh air 25 Gearran 2012, ach le aireamhan ìosal, tha am buidheann air a chur dheth gu an Lùnastal 2012.

Fhuair Bun-sgoil Mhalaig agus Bun-sgoil Ath Tharrachail an duais airson 'Dealbh-chluich as èibhinn' aig am Fèis Dràma san Òbain air 1 Cèitean 2012.

2.13 A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean

Ghabh Fèis nan Deugairean àite eadar 8 - 10 Dàmhair 2011 ann an Àrd-sgoil Loch Abar, le 15 com-pàirtichean à sgìre Loch Abar a' gabhail pàirt san Fhèis. Leis gu robh an tachartas cho soirbheachail ann an 2011, tha Fèisean Lochabair ag iarraidh an tachartas a dhèanamh a-rithist ach a ruith còmhla ri fèis Blas. Le luchd-teagaisg tàlantach a' gabhail pàirt ann am Blas, bhiodh luchd-teagaisg diofrach aig Fèis nan Deugairean a' dèanamh bùthan-obrach/sessions airson deugairean tron latha. Chuir Fèis Lochabair iarrtais gu Taic Freumhan Choimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig airson airgead airson Fèis nan Deugairean 2012, ach gu mi-fhòrtanach cha robh Fèis Lochabair soirbheachail leis an seo. Tha Fèisean Lochabair a' coimhead air doighean eile airgead fhaighinn airson a phròiseict seo.

2.6 Taic a' leantainn do Chuairtean Cèilidh nam Fèisean

Ghabh na deuchainn-chluiche aig na Cèilidhean air Chuairt aig Fèisean Lochabair àite air 2 Giblean ann an Àrd-sgoil Loch Abar le Nicola Simpson, Catrìona Nic an t-Saoir agus Iain MacPhàrlain. Bha coig com-pàirtiche soirbheachail à sgìre Loch Abar (dìtis à Baile Chaolais, dìtis à Malaig, fear à Cille Chuimein) agus gille bhon Chèilidh air Chuairt aig Fèis Spe. B' e Fiona Nic an t-Saoir an Co-òrdanaiche am bliadhna airson Cèilidhean air Chuairt aig Fèisean Lochabair, 's tha i trang ag ullachadh airson lathean treanadh agus an cuairt fhein.

Ainm	**Jenna Mhoireasdan**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh na h-Eileanan an Iar agus an t-Eilean Sgitheanach**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

Tha mi ag obair gu dlùth le Cailean Seòras Moireasdan, Oifigear Iomairt Ghàidhlig Loch a Tuath Leòdhais, gus Fèis an Rubha ath-stèidheachadh. Chaidh comataidh a chur air bhonn sa Mhàrt agus tha Fèisean nan Gàidheal air moladh dhaibh iarrtas ballrachd a chur a-staigh air thoiseach air Coinneamh a' Bhùird. San eadar-ama tha mi air iarrtas ullachadh fo sgeama a tha air a ruith le Bunadh Coimhearsnachd na h-Alba airson £2,000.

Chaidh seachdain soirbheachail a chumail le Fèis Taigh Dhonnchaidh aig àm na Càisg. Chuir 17 compàirtiche seachad an t-seachdain ann an Nis a' leasachadh an cuid sgilean ann dràma, ealain agus iomadh inneal-ciùil. A0-bliadhna, le taic £600 bho Bòrd na Gàidhlig, chaidh tachartas ùr a chur air bhonn airson clann sa bhun-sgoil aig ìre P1 – P3. Chaidh an tachartas seo a ruith tromh mheadhan na Gàidhlig agus fhuair compàirtichean an cothrom ealain, seinn, dannsa agus geamaichean a chur an gnìomh tron t-seachdain. Chaidh consairt na cloinne agus cèilidh a thabhann air oidhche Shathairne ann an Talla Bhorgh.

Anns a' Ghiblean, chaidh Fèis an Earraich a ruith ann am Port Rìgh le còrr is 150 an làthair tron t-seachdain. Chaidh cùrsa ùr a thabhann am-bliadhna anns na meadhannan airson deugairean. Fhuair FAE £2,200 bho Bòrd na Gàidhlig mu choinneamh a' phròiseact seo agus chaidh a lìbhrigeadh le Sealladh Tbh. Mar thoradh air plana Gàidhlig ùr na buidhne, fhuair luchd-teagaisg na Fèise cothrom an cuid sgilean cànain a leasachadh tron t-seachdain mar phàirt de chùrsa goirid Ulpan a chaidh a lìbhrigeadh aig deireadh gach latha teagaisg.

Tha Fèis Thròndairnis (£3,900) agus Fèis Eilean an Fhraoich (£2,140) air maoineachadh a ghlèidheadh bho sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig am-bliadhna airson pròiseactan a chaidh a mhìneachadh san aithisg mu dheireadh.

As leth Fèis Bharraigh chur mi a-staigh iarrtas, a shoirbhich, gu Enterprise Music Scotland. Tha iad air £1,000 fhaighinn mu choinneamh bùthan-obrach a bhios iad a ruith airson cobhair a thairgse do chloinn ag ullachadh airson Mòdan aig ìre ionadal agus nàiseanta.

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Tha mi a' leantainn orm le bhith a' cur taic ri na Fèisean gu làitheil, a' freagairt puist-d, a' sgaoileadh farsaingeachd de dh' fiosrachadh agus cothroman trèanaidh, mar a tha iomchaidh. Bidh mi a' coinneachadh le na cuid de na Fèisean sa Chèitean agus an t-Ògmhios airson taic a thoirt dhaibh le obair ullachaidh nam Fèisean.

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach

Tha mi a' leantainn orm ag ullachadh brathan-naidheachd as leth nam Fèisean agus gan cuir air làrach-lìn na buidhne. Bidh mi cuideachd a sgaoileadh na bileagan Gàidhlig aig Fèisean agus tachartasan eile a tha freagarrach.

1.12 Taic a thoirt airson Fèisean ùr a stèidheachadh far a bheil coimhearsnachdan gan iarraidh agus ma bhios maoin ann dhaibh (AC)

Le taic bho Cailean Seòras Moireasdan, tha mi a' cuideachadh comataidh Fèis an Rubha gus Fèis a chur air dòigh san sgìre san Lùnastal. Bha mi an làthair aig a' choinneamh bhliadhnail agus tha mi air iarrtas airson £2,000 ullachadh. Tha mi air poileasaidhean na buidhne a sgaoileadh a-measg buill a' chomataidh cuideachd.

1.15 Pròg̀ram Trèanaidh Bliadhnail

Bha mi an làthair aig an deireadh-seachdain trèanaidh ann an Inbhir Nis.

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)

Bidh mi a' bruidhinn ri na h-oifigearan Iomairt anns na h-Eileanan tric, a' beachdachadh air pròiseactan ùra agus a' cuideachadh le pròiseactan a tha stèidhichte mur tha. As leth Fèisean nan Gàidheal tha mi air coinneamhan a fhrithealadh le Bòrd na Gàidhlig agus Marina Mhoireach 's iad ag amas air Plana Gàidhlig Shiaboist a chur air bhonn. Tha mi an dùil gum bi cothroman ann sa bhliadhna a tha romhainn pròiseactan a chur an gnìomh san sgìre seo airson a' phlana seo a choileanadh gu h-èifeachdach.

Tha mi air cuireadh fhaighinn bho Iain Randall tadhal air Ionad Ravenspoint airson bruidhinn ris mu dheidhinn na cùrsaichean a tha iad a ruith agus an gabhadh an leasachadh le taic bho Fèisean nan Gàidheal. Bidh mi a' coinneachadh ris air Diciadain 16 Cèitean.

Bha mi an làthair aig coinneamh WIGAF air Dimàirt 24 Giblean as leth Fèisean nan Gàidheal. Tha Comhairle nan Eilean Siar ag amas air ealain tromh mheadhan na Gàidheal a thabhann do chloinn anns gach sgoil sna h-Eileanan an Iar le stiùireadh bho WIGAF agus na buidhnean Gàidhlig a tha stèidhichte air feadh na h-Eileanan an Iar.

1.21 An Làrach-lìn agus TFC

Tha mi a' leantainn orm a' cur fiosrachadh ùr agus brathan-naidheachd air làrach-lin na buidhne gu cunbhalach.

2.1 A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt cudromach do gach Fèis, a-rèir poileasaidh Gàidhlig Fhèisean nan Gàidheal (CnG)

Tha Fèis an Earraich air clasaichean Ulpan a thabhann am-bliadhna airson taic a chur ri luchd-teagaisg agus cothrom a thoirt dhaibh na sgilean cànain aca a leasachadh aig àm na Fèise. Tha Fèis an Rubha ag amas air clasaichean Ulpan a thairgse seachdain na Fèise airson pàrantan agus luchd-teagaisg. Thèid Sgioba-G a thabhann aig Fèis Bharraigh am-bliadhna.

2.6 Ann am compàirt ri Fèisean, agus le maoin bho LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Cèilidh (AC)

Chaidh deuchainnean-cluiche a chumail le Fèis an Earraich aig àm na Fèise as t-Earrach. Chaidh ceithear-deug tro dheuchainn-cluiche le seachdnar a' dèanamh an gnothach àite a ghlèidheadh air Ceilear am-bliadhna. Chaidh

Murchadh Camshron ainmeachadh mar co-òrdanaiche am-bliadhna, fear a tha gu math eòlach air a' chuairt agus a rinn obair mhòr an-uiridh airson a' chuairt a chur an gnìomh. Tha mi a' conaltradh le Fèis an Earraich agus Murchadh airson fiosrachaidh a sgaoileadh agus ri Nicola airson fios a chur thice mu adhartas a' chuairt.

Ainm	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

1.1 A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh co-dhiù 40 Fèis fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)

An Gearran: Coinneamh le Ceannard leabhar-lann Dhun Bhretain an Iar
Coinneamh le Fèis Ceann Loch Goibhle
Coinneamh le Iomairt Ìle
Coinneamh le Daibhaidh Mac an t-Saoir mu dheidhinn obair comhla ris An Chomun Gaidhealach

Am Màrt: Coinneamh le na h-Oifigearan Leasachaidh
Cùrsa trèanadh dheireadh-sheachdain, Inbhir Nis

An Giblean: Coinneamh Fèis Latharna
Latha airson luchd-ciùil a lorg airson Céilidh air Chuairt
Coinneamh Céilidh air Chuairt
Coinneamh ri Ceannard Sgoil Sandbank

An Céitean: An Fhèis Dràma Earra-Ghàidheal

1.1 A' cumail a' dol le seirbheisean agus pròiseactan a lìbhrigeadh aig àrd ìre, le deagh stiùireadh agus deagh chleachdadh ann am modhan-obrach na buidhne

Tha na Tabhartasan Iaratas uile crìochnaichte a-nis
Tha mi air Tabhartasan Iaratas a lìonadh a-steach airson Féis Arainn
Tha mi còmhradh le Feis Mhuile mu dheidhinn pròiseactan ùra
Tha mi cuideachd a còmhradh le Fèis Dùn Omhainn mu phròiseactan

1.3 Tabhartasan taice do dh 'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

Than na Formaichean Iaratas aig na Fèisean Earra-Ghàidheal uile crìochnaichte
Tha mi ag obair comhla ri comhairliche Earra-Gheadheal an-còmhnaidh, airson sùil a' chumail air na tha a tachairt a thoabh 's leasachaidh na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal

1.4 A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh 'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh 'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh' innses mu seirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)

Bi mi a cumail coinneamhean cothromach le na Fèisean agam air fad, ag innse dhaibh mu dheidhinn cothroman taic-airgead, pròiseactan ùra agus dhòighean airson luchd-teagasg a lorg

1.4 A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.

Tha me a dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig air bhrosnachadh aig na Fèisean agam agus gu bheil iad uile cinnteach mu dheidhinn na poileasaidhean aig Feisean nan Gàidheal a thoabh a chànan

1.4 A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.

Tha mi ag obair le na Fèisean agam airson gun cum iad suas le na uairean-obrach aca

1.11 A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach

Tha mi daonnan a' sgaoileadh fiosrachaidh gu na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal tro meadhanan post-d agus cuairt-litrichean airson taic a thoirt gu Faileas.

1.13 A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis

Chuir mi crìoch air foirm-iarrtais gu 'Big Lottery' airson Fèis Arainn

Tha mi air iomadach coinneamh a chuir ri chèile ann an Dùn Obhainn, le Bun Sgoil Sandbank, a-réir na tha ri thachairt airson a' *Mhòd Nàiseanta* Rìoghail 2012 agus pròiseactan eile a tha iad airson obair air

Tha mi a cuideachd ag obair comhla ri Fèis Mhuile air bùithean-obrach Fiolm & TBh

1.16 Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean Gàidhlig eile, comhairlean ionadail, riochdairean coimhearsnachd agus Bòrd na Gàidhlig gus Iomairtean Gàidhlig a leudachadh agus prìomh amasan *Ginealach Ùr na Gàidhlig* a chur an gnìomh. (BnG)

Tha mi a feitheamh airson brath bho Daibhaidh Mac an t-Saoir a thoabh 's obair eadar FNG agus An Chomun Ghaidhleach.
Tha mi cuideachd a bruidhinn ri Oifigear Loch Laomainn mu dheidhinn tachartas eadar deugairean bho Earra-Ghàidheal agus feadhainn a Sruighlea.
Tha mi air a bhi còmhradh le Oifigear Taigh-tasgaidh Dhun Omhaulidh s' an t-Oban mu dheidhinn barrachd Gàidhlig agus obair Fèisean a chur air bhog. Tha mi cuideachd a bruidhinn ri Maolcholum Scott mu dheidhinn leasachadh Slighe Chalum Cille ann an Earra-Ghàidheal

1.17 Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba

Bha lath againn anns An Gearran airson luchd-ciùil a lorg airson 'Céilidh air Chuairt' – agus tha na deugairean againn air fad, agus tha sinn air consartan a chuir ri chèile mar-tha. Tha coltas gu bheil bliadhna soirbheachail eile gu bhith againn air an cuairt seo.

1.20 An Làrach-lìn agus TFC

Tha obair air an làrach-lìnn a' dol air adhart

2.1 Dèanamh Cinnteach gu bheil Gàidhlig na slàn pàirt de na Fèisean gu lèir, a leantainn poileasaidh Fèisean nan Gàidheal.

Tha na Fèisean agam air fad cinnteach air na th' aca ri dèanamh a thoabh poileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal

2.2 A cumail a dol le poileasaidh Fèisean nan Ghàidheal tro seirbhis ri fhaighinn tro luchd obrach agus pròiseactan sònraichte

Tha mi an còmhnaidh a toirt misnich do luchd-theagasg na Fèisean airson pàirt a' ghabhail ann an clasaichean Ghàidhlig sam bith a dh' fhaodadh na sgilean aca bhrosnachadh

2.3 Measadh cunbhalach ga dhèanamh air adhartas mu choinneamh poileasaidh Gàidhlig na buidhne a chur an gnìomh. (BnG)

Tha mi air a bhith a' sgaoileadh fiosrachadh gu na Fèisean agam a thoabh leasachaidh na Gàidhlig

2.4 Cuir air dòigh fèisean Gàidhlig airson teaghlaichean gus Gàidhlig a dhèanamh nas làidir.

Bha Consart-Taighe ann an Ard Driosaig air leth math agus tha mi an dòchas feadhainn eile a chuir ri chèile cuideachd

2.6 Ann an compàirt ri Feisean, agus le maoin bh LEADER, a' leantainn le taic do Chuairtean Ceilidh

An-uiridh rinn sgioba na Céilidhean air Chuairt bùth-obrach ann an Tiriodh, agus am bliadhna tha triùir againn bhon eilean a' gabhail pàirt anns an cuairt - tha seo a sealltainn cho math 's bha am bùth-obrach. Tha àiteachan gu leòr aig an sgioba airson céilidhean a chuir air dòigh

2.13 A' cumail taic ri tachartasan airson deugairean

Tha seo doirbh a thaobh 's gu bheil feadhainn aca an sàs ann an tòrr dhiofar rudan. Tha mi air a bhi a bruidhinn ri buidhean a Muile mu bùithean-obrach TBh a dhèanamh airson na deugairean agus tha mi an dòchas gun tig feadhainn den òigridh drama dhan sgoil shamraidh nuair a bhios iad began nas sinne.